

Ciaran 's na Buill Criostal

Caibideil I: Am Malairt

"Na bi a' coimhead orra! Chan fhaod thu coimhead orra uair sam bith!"

Bha a' h-uile duine air seo innse dha, ach airson adhbhar air choreigin b' e guth a' mhàthair a bha e a' cluinntinn a-rithist is a-rithist: "Na bi a' coimhead orra, a' Chìaran. Ge be a' shaolas tu a bhith cluinntinn, na seall suas."

B' e seo an treas uair aig a' Chreig-Mhalairt, is air an dà uair eile cha robh rud air tachairt. Gu dearbh, cha robh dùil aige gun tachradh, 's cha robh dùil aig na Seanairean nas motha, bhiodh e coltach. Ach chèistich a' mhàthair e a h-uile uair a thill e:

"A bheil thu cinnteach, glè chinnteach, nach robh duine timcheall? Uaireannan ialaidh iad faisg air duine gu sàmhach is feumaidh tu do cheann a chumail sìos fad an tìde. Tha aislingean nèonach air a bhith agam mu d' fhèin 's a Chreig-Mhalairt. Chum thu do cheann sìos, nach do chum, fad an tìde?"

"Saoilidh tu nach bidh rud sam bith a' tachairt," bha aon de na Seanairean ag ràdh. "Bidh iad ga do choimhead, ge-tà, eadhan ged nach bidh fios agad air. Gu cinnteach bidh iad a' coimhead a-mach. Feumaidh tu an tabhartas a' dhèanamh sia tursan uile gu lèir. Dèan do dhìcheall, 's an uair sin bidh cothrom aig cuideigin eile. Sin mar is àbhaist. Cùm do cheann sìos, a' bhalaich, is bi modhail. Chan eil dùil againn air barrachd air sin bhuat."

Bha athair air na Seanairean a thaingeachadh airson leigeil le Ciaran feuchainn. " 'S e onair a th' ann dha m' mhac gu robh e air a thaghadh, eadhan a' feuchainn air ainm Fear-Malairt, onair airson ar teaghlach is an Cinneadh. Is sinne an cinneadh as bige, ach cò aig tha fios?" Bha e an uair sin a' tionndadh gu Ciaran: " 'S dòcha gum bidh thu fortanach, a' bhalaich! Gum bidh thusa nad fhear taghta!" Rinn e gàire nuair a thuirt e seo. Bha e àbhaisteach dha athair magadh air an t-saoghal. "Ghlac mi each-mara mòr, mòr air an

deigh an-diugh!" chanadh e air tilleadh bho shealgaireachd an latha. An uair sin dhèanadh e gàire is bhiodh fios aig an teaghlach nach robh e air sìan idir a ghlacadh.

"Is eadhan mur nach tagh iad thusa", dh' fheumadh a' mhàthair a chur ris a h-uile uair. "Cuimhnich gu bheil sinn fhathast pròiseil asad. Cha mhor gum bidh duine sam bith na Fhear-Malairt aig a cheann thall. Feumaidh tu dìreach feuchainn ri bhith a' dol le seòladh an àm."

'S ann air sin a bha na Seanairean a' bruidhinn cuideachd: Co-Chòrdadh, Co-Chòrdadh, Co-Chòrdadh, fad an tìde, a' glagadaich na chluasan gus an tug e gràinn air an fhacal.

"Gu deimhinne cha choimhead mi suas!" ghlaodh e aig a cheann thall ri mhàthair, 's e a' falbh air an turas seo. "Agus bidh mi modhail. Cha leig sibh a leas a bhith ag innse dhomh. Agus tha fios 'm glè mhath mun Co-Chòrdadh eadar na Daoine."

B' e an còigeamh balach dhen bhliadhna a bha gabhail greis aig a' Chreig, is a chiad fhear airson iomadh bliadhna as an Uaimh-Chinnidh aige fhèin. 'S dòcha gur e dìreach leasan mu fhoighidinn a' bh' ann. Bha fios aig a h-uile duine gu robh balaich òg mi-fhoighidneach 's nach robh iad math air suidhe sàmhach. Bha cuid, bha 'n cagair a' dol, nach robh a' creidsinn idir anns na Daoine Beaga, gur e innleachd a bh' ann airson dèanamh air an òigridh a bhith nas modhaile. Cha do dh' èisd Ciaran uair sam bith ri còmhraidh mar sin, ge-tà, 's bha e a cur earbsa anns na sgeulachdan mu na Còig Cinnidhean is na Daoine Beaga bho bha e na phàisde. Bha fianais gu leòr ann gu robh na Daoine Beaga ann.

B' e a' cheist: cha robh fios uair sam bith dè bha iad a' lorg. Cha b' urrainn eadhan na Seanairean mìneachadh mun ghainnead de bhalaich a bha taughte mar Fhear-Malairt.

Bha e air an fheòil 's na bèin a sgaoileadh air a Chreig mar a' dh' iarradh air, dìreach mar a rinn e a' chiad dà uair. Bha torr ann de bhèin madaidh-allaidh is de chreacannan rein-fhiadh, sitheann tiormaichte, mòran de dh' èisg ceòite, lion a bha feumach air càradh, is da sgor-fhiaclan bho each-mara a bha cuideigin air sàbhaladh o chionn ùine mhòr. Bha e cinnteach gum biodh na Daoine Beaga comasach air gu leòr snàighnean a dhèanamh asda.

An dà àm mu-dheireadh bha e air dàil a' dhèanamh airson uairean a thìde ri taobh na tabhartasan aige, ach cha robh rud sam bith air tachairt ach gun do dh' fhàs e fuar is rag le bhith na shuidhe le cheann sìos, ann an crùban. Bha iongnadh air cho doirbh 's a bha e a bhith cumail gun ghluasad. Airson aobhar air choreigin bha e gu math nas doirbhe na bhith a' feitheamh ri taobh toll ròin, a' fuireach airson iasg a ghathadh. Bha crìoch deimhinn air sin, ach an seo aig a' Chreag-Mhalairt bha a h-uile rud neònach is gun chinnt. Mar feitheamh ri neonì. 'S dòcha airson gu robh uiread de ùine aige airson smaoineachadh 's air fiosrachadh mu na bha timcheall air, b' urrainn dha a' chiad blas reòta den gheamhradh fhaighinn san àile. Bha 'n geamhradh a' comharrachadh dorchadas is aig amannan goirt, ach cha robh e uile gu lèir dona: bha e cuideachd a ciallachadh eighreachadh a' mhuir is sealgaireachd airson eich-mara is ròin. Bha e sunndach a-nise 's gu robh e aig aois a' dhol còmhla ris na Sealgairean. Bha an còmhnaidh crith-chunnart mu shealgaireachd 's a' gheamhradh a bha e fhathast òg gu leòr a bhith faireachadh: eagal a bhith coinneachadh ri mathan mòr bàn, uamhas timcheall air a' bhith glacte air cnoc-eighre a bha air bristeadh a-mach bhon eighre phàrantach, na gaothan-bàis 's na gailleannan aig toiseach a' gheamhraidh far am b' urrainn dhut tuiteam nad chadal gun dùsgadh gu bràth. Bha mòran na bheachd agus bha Ciaran a' coimhead air adhart ri tachartasan a' gheamhraidh, is ri sealgaireachd mhath còmhla ri Andi is Raj. Dh' fheumadh e dìreach na sia uairean aig a' Chreig an toiseach. Bha iongnadh air an e Andi no Raj a' bhiodh a' feuchainn an deighe an toiseach, neo cuideigin à Uaimh-Cinnidh eile, mar a thachair cheana.

Mhothaich e air gluasad an àiteigin faisg air. Ged a dh' fhaodadh gur e feòrag-thalmhainn no eun nan creag a' bh' ann, dh'inns dual neònach air choreigin dha nach be sin a' bh' ann. Chum e a' shùilean teann air sgàineadh 's a' chreig fodha is dh' fhuirich e glè shàmhach. Bha an sgàineadh coltach ri tsig-tsag dealanach, a crìochnachadh ann an cearcall garbh. Co mheud Fear-Malairt roimhesan a chùim an sùilean air an sgàineadh sin, 's e a feitheamh air rudeigin a bhith tachairt?

Bha a' mhothachadh nas fosgailte eadhan ne 'n uair a bha e a-muigh ri sealgaireachd, gu h-àraidh am faireachadh ris an canadh Daoine na h-Uaimh "antsara", a' sìor-bhualadh na cheann mar thuinn air creig.

Cagarsaich. 'S e sin a bha e a' cluinntinn, cagarsaich mar sgiamhadh àrd.

"Tha na guthan aca nas àirde ne na guthan againnse," bha aon dhe na Seanairean air mìneachadh. "Ma chluinneas tu iad, feumaidh tu a bhith cumail do cheann sìos, gun leigeil ort idir gu bheil fios agad gu bheil iad ann, an dòigh sam bith. Tha na guthan coltach ri guthan phàisdean, eadhan guthan na h-inbhich nam measg. Pàisdean sgiamhach. Ge be air bith dè nì thu, na dèan fanaid sam bith orra, eadhan ma bhios tu gam faighinn èibhinn. Bi modhail fad an tìde."

Cha robh miann sam bith aig Ciaran fanaid a dhèanamh orra. Bha guthan na Daoine Beaga miorbhaileach: mar bhrùchdadh sruth an dèidh tuiteam sneachda, a' gliongadh 's a falbh thar chlachan 's cnapan-starraidh air an turas. Dè cho aoibhneach 's a bha an ceòl aca! Bha na guthan neo-choltach ri rud sam bith a chual' e a-riamh, ach aoidheil ann an dòigh neònach aig ìre dhomhainn. Chrith is chrith e, chan ann le fuachd tuilleadh. Leum rudeigin na chorp le aithneachas, mar gum biodh fios aige a-riamh gun tigeadh a' mhòmaid seo. Chum e a' cheann sìos is rinn e gnogadh-cinn. Gnog a thàinig à àite falaichte dheth, a dh' inns' cho aithnichte 's a bha na guthan aca; gnog freagairteach, dàimheil, a thuirt: "Tha fios agam oirbh."

Dh' fhairich e anns a' bhad gu robh aon ghuth, am fear a b' fhaisge air, air sàmhachadh. Bha e air stad mar fhreagairt air a' ghnog aige - bha e cinnteach às. Bha na Seanairean air rabhadh a thoirt dha an aghaidh còmhraidh sam bith. Cha robh e ceudaichte. Bha an gnog aige, ge-tà, saor-tholach: freagairt falaichte ris na bha e a' cluinntinn. 'S cinnteach nach fhaigheadh duine sam bith coire dha airson sin. Chum e a' shùilean stèidhichte air an sgàineadh 's a' chreig fodha 's cha do ghluais e.

Chaidh an cagaireachd air adhart timcheall air mar a bha, ach a-nise 's e dìreach an sàmhchair a mhothaich e. B' eadar gu robh aon dhe na Daoine Beaga ga sgrùdadh gu math teann – bha e ga fhaireachadh. Cha robh rud sam bith air aire ach an rannsachadh seo is anail fhèin, neo-àbhaisteach luath.

Chrùb e an sin airson ùine mhòr, gus an do mhothaich e sàmhchair nas motha. Sgreud eun-mara àrd as a' chionn ach timcheall a' Chreig gu leir bha na guthan beaga air falbh. Dh' fhairich e an call sìos domhainn na chorp mas b' urrainn dha a' cheann a' thogail. Bha fios aige nach robh duine ann.

Bha iad air cuid de na craiceannan aotroma a thoirt air falbh agus aon dhe na sgoir-fhiaclan, 's bha fios aige gun tilleadh iad airson a' chuid eile.

Bhiodh a' chuid mhòr dhe na Fir-Malairt aig an ìre seo a' coimhead air taobh eile na creige, a' dh' fhaicinn dè na tabhartasan a bh' ann, ach dh' èirich Ciaran 's choimhead e timcheall an-toiseach. Bha e mothachail air faireachdainn falamh, is air rudeigin iongantach fhaighinn, rudeigin ùr a rinn sgàineadh na bheatha, 's a chaidh air chall a cheart cho luath. Bha a' chasan air chrith is shuidh e sìos a-rithist.

Gabh e anailean dhomhainn 's sheas e le barrachd cùram. Air a shocair, thòisich e air na tiodhlacan a chàradh air a' chairt. Cha mhòr 's gun do sheall e air an obair-ghrèis àlainn air parca bhreagha ùr, no air an càrn mòr de leggings, no eadhan air dusan sgeinan-cnàimh snàighte, is thilg e na mathain beaga bàn air a' mhullach gun smaoineachadh air an toileachas a' dhèanadh clann na Cinnidh riutha. Bha a' chorp fhathast air chrith.

Mar a shlaod e a' chairt throm as a' dhèidh air an turas fhada dhachaidh, bha a' cheann làn, chan ann le smointean air na tiodhlaicean no eadhan le dè chanadh a' theaghlach 's a' charaidean, ach le iongantas gu robh e air a' thaghadh. Bha na Daoine Beaga a' creidsinn gu robh e airidh air a bhith a' cumail suas a' Cho-Chomann eadar na Daoine, airidh air a' bhith na Fhear-Malairt. Bha e doirbh a' chreidsinn ach bha e fìor!

Bha ceòl nan guthan fhathast na cheann. Bha e cinnteach gu robh aonan dhiubh air ceangal a' dhèanamh ris an dòigh air choreigin. Bha aonan dhiubh air a' ghnog fhaicinn, air a' thuigsinn, air coimhead air gu sàmhach nuair a bha càch a' cagartaich. An do chunntais seo mar cheangal? Bha rudeigin air tachairt dha ged nach robh e cinnteach dè. B' e rud cho beag a bh' ann, gnog is sàmhchair air ais. Carson a bha e a gabhail leithid a' bhuidh air?

Caibideil II: Tilleadh don Chinnidh

Cha leig e leas innse gun d' fhaic iad Ciaran fada mus do ràinig e uaimhean an dachaidh.

"Tha! Tha e a' tighinn!" B' e guth a' phiuthir a' chual e an-toiseach. Bha Silbha a' ruith air thoiseach air càch mar a b' àbhaist. "Seallaibh! Seallaibh, a h-uile duine! Tha Malairt ann! Tha Malairt air a bhith ann!"

An dèidh an turas fada air ais, leis fhèin is sàmhach le smaointean, bhris an guth aig Silbha air mar ghath ann an iasg.

"Hai, sibh uile! Chaidh mo bhràthair a thaghadh!" sgreid i. "'S e Fear-Malairt a th' ann! Mo bhràthair, na Fhear-Malairt!"

Ràinig Andi is Raj, na caraidean aige, aig an aon àm, is bhuail Andi e air a' dhruim. "Rinn thu e, a' bhràthair," arsa Raj, 's e a' crùbadh a choimhead air na tiodhlacan. Chòrdadh e ris na caraidean a bhith ag ràdh "bràthair" ri chèile. "Is tu Fear-Malairt! Tha sin miorbhaileach!"

"Abair fear dhuinne na Fhear-Malairt, gu fìor!" arsa Andi, is thug e toileachas do Chiaran gun tuirt e "fear dhuinne", mar sin. Chuir Andi sùil air na tiodhlacan is rinn e gnog toilichte. "Tha stuth math an seo cuideachd!" Choisich na caraidean air gach taobh de Chiaran is chuidich iad le tarraing na cairt. Chum iad orra air bualadh a' dhruim is air glaothaich mu dheidhinn cho iongantach 's a bha e. A dh' aithghearr nochd dòrlach de chlann is chluinnear glaoch 's ùpraid timcheall an àite.

"An ainm a' Chinnidh! 'S e sin parca!" Chruinnich na nigheanan mu chuairt. "Am faca sibh riamh leithid de obair-ghrèis? Seall an obair mìn air a' chochall sin. Tha e miorbhaileach. Cò gheibh e, a' bheil thu a' smaointeachadh?"

"O, 's dòcha Sealgair à fear dhe na cinnidhean eile, mar is àbhaist. Seall am pìos seo. Ciamar a chuir iad dathan cho boidheach nan snàithnean?"

" 'S cò aige tha 'n fheum nas motha air leggings? Hai, am faigh an Uamh-Chinnidh

againnse a' chiad taghadh, a-nise 's gu bheil Fear-Malairt againn?"

" 'S e sin puing! Fear-Malairt as an Uaimh-Chinnidh *againn fhìn*, cò chanadh gun tachradh leithid a rud?"

"Tha iad cho tapaidh, na Daoine Beaga, nach eil?"

"Tha feum aig mo Dhadaidh air barrachd leggings. 'S aig bràthair m' athair cuideachd." B' e seo Glenda, caraid Silbha, 's a' cheart cho ceannsachail ri Silbha fhèin. " 'S tha feum aig Mamaidh air barrachd sgeinan."

" 'S e na Seanairean a bhios ag òrdachadh sin, chan e sinne. 'S cha bhith e uile dhuinne, nas motha. Tha ceithir cinnidhean eile ann, cuideachd." Bha Silbha ag innse dhan a h-uile duine rud air an robh fios aca mar thà. Rinn i gnog rudeigin mòrchuiseach ri Ciaran: "Rinn thu gu math, a' bhràthair. 'S e onair a' th' ann dhan uaimh-dhachaidh againn is airson *ar* teaghlach."

Chrath Ciaran a' cheann rithe. Bha Silbha ag iarraidh a' bhith robh ghlic airson a h-aois agus, ga bhuaireadh, a' feuchainn ri a cuid fhèin dhen ghlòir a ghabhail.

" 'S coimheadaibh! Mathain bàna!" Bha dòrlach de chlann bheag a bha a-nis air nochdadh a' tòiseachadh air èigheach le toileachas 's le dùil. B' e ulaidhean mòra bha 's na mathain beaga molach, ach bha fios aca nach fhaodadh iad rud sam bith a' làimhseachadh gun ceud bho na Seanairean.

"Abair ùpraid mu bheagan stuth suarach." Thainig na faclan fanaideach seo bhon a' cho-ogha na bu shine aig Ciaran, a bha air a' thìde a thoirt air tighinn air ais bho na h-uaimhean le dithis de charaidean. "Cha chanain gur e Malairt mòr a tha seo."

"Bha feum againn air sgeinan shealgaireachd a' bharrachd air rud sam bith eile," ars' a' charaid, Kyril. "Is cinn airson gathan. Carson nach do thuig iad sin? A' bheil iad gòrach neo rudeigin, na Daoine Beaga sin?"

"Nach eil thu toilichte gu bheil Fear-Malairt againn as a' chinnidh againn fhìn? Co-dhiù,

tha sgeinan an sin," arsa Silbha, 's i a sealltainn le corrag. "Thug mo bhràthair sgeinan."

"Thug, sgeinan còcaireachd, amadan bhig," arsa Alban, 's e a cromadh a' thogail fear dhiubh, 's an uair sin ga leigeil air ais le sgreamh. " 'S iad sin sgeinan airson boireannaich, chan e fir."

"Cha chòir dhut a' bhith làimhseachadh an stuth gus am faic na Seanearean e!" dh' èigh Silbha. Chan fhaodar." B' fheàrr le Ciaran gun ionnsachadh Silbha cuin a chumail sàmhach, 's bha e a' dol a chur tosd oirre nuair a thionndaich Alban oirre gu feargach.

"Làimhsaichidh mi e mar a dh' iarras mi," ars' esan, is thug e buille chruaidh dhi air taobh a cinn. "Cuimhnich thusa a' bhith modhail 's tu a' bruidhinn riumsa."

Chaidh Silbha air ais aig a' bhuille, 's thuit i air an làr. Stad Ciaran air tarraing na cairt as a' bhad. Bhiodh e air tionndadh air a' cho-ogha, ach chum an dà charaid na gairdeanan aige ri thaobhan, ga chumail gun ruith a' dhionadh a' phiuthar.

"Trobadh, a' Chiaran," thuirt Andi. "Feumaidh sin an stuth seo a thoirt dhachaidh. Bidh a h-uile duine a' feitheamh."

Dh' fheuch Ciaran e fhèin a' leigeil fo sgaoil.

"Na buail mo phiuthar gu bràth a-rithist!" dh' èigh Ciaran gu feargach air a cho-ogha, a bha fada nas motha na e fhèin.

Rinn Alban 's a' charaidean gàire.

"Is dè nì thusa an uair sin, a ' Chiaran, mu nì mi e? A' bheil còir agam eagal a bhith orm an aghaidh do bhagairtean?"

Rinn Drango 's Kyril fanaid air mar a dh' fheuch e e fhèin a' leigeil fo sgaoil.

"Nach eil do charaidean ga do leigeil às a shabaid, ma tha?"

"Leig leotha, a' Chiaran," thuirt Silbha ann an guth na bu smachdaile. Gu gnàthach bhiodh seo a' buaireadh Ciaran ach an-diugh bha fhearg a' dol a' dh' àit' eile. "Tha Andi ceart," thuirt i, a' sguabadh salchar bho a muilcheann. "Feumaidh tu an stuth a thoirt air ais gu na Seanairean. Bithidh a h-uile duine cho breaslach!"

"Bithidh, bithidh a h-uile duine cho breaslach. B' fheàrr dhut dèanamh mar a chanas i, a' cho-ogha," mhag Alban. B' fheàrr dhut a' bhith umhail ri do phiuthar bheag."

"B' fheàrr, mar gu bheil i uamhasach, uamhasach eagalach!" Rinn Drango, am fear a b' amadaiche de na caraidean aig Alban, gàire is thilg e smugaid a' dh' ionnsaigh Silbha.

Rinn Kyril gàire cuideachd.

Chuir Silbha a-mach a teanga riutha: " 'S e dìreach gu bheil sibh eudmhor airson nach robh duine agaibhse taghte mar Fhear-Malairt."

Sguir an gàire fanaideach anns a' bhad. An uair seo bha Silbha air a' dhol ro fhada, agus bha na briathran aice air fearg bheòthail, an àite fanaid, a' dhùsgadh bhon a' cho-oghaiche is a' charaidean. Choisich Alban ga h-ionnsaigh a thoirt oirre, ach bha Silbha a' feitheamh ris an uair seo is chrùb i roimh a' bhuille. Ruith i air cùlaibh a' chairt Mhalairt.

"Na bi a' cosg do thìde air an isean sin", arsa Kyril, caraid fuar-shùileach aig Alban.

Thigeabh, falbhaidh sinn a dhèanamh cròtal."

Bhreab Alban a' chairt gu dicheallach, is bhreab Drango e cuideachd, cha mhòr a' tuiteam. Dh' fhàs e dearg 's mhallaich e gu faramach.

Thoisich tè no dhà dhe na cloinn na bu bhige, a bha air leithid a' thoileachas a' dhèanamh ris na mathain molach, air cneadadh. Cha robh iad a' tuigsinn dè bha tachairt ach dh' fhairich iad fearg is ragachadh.

Le a dhà charaidean fhathast ga chumail riutha, dh' iarr Ciaran air Silbha a' thighinn air falbh bho dhragh is a' chuideachadh leis a' chairt. Dh' fhàg iad na gilleam bu shine a'

mionnachadh 's a breabadh na clachan timcheall orra, is ghabh iad an rathad a' dh' ionnsaigh uaimhean na dachaidh.

Bha a' phàrantan a' feitheamh còmhla ri tòrr dhe na h-inbhich eile is Seanairean an Uaimh-Chinnidh. B' urrainn do Chiaran pròis athair fhaicinn na shùilean is dh' fhairich e math. Airson a chiad uair cha robh fealla-dhà sam bith a' tighinn bhuidhe is thug seo furtachd dha.

Aon uair 's gun do thog na Seanairean na taghartasan bhon a' chairt 's gun do rinn iad sgrùdadh air a h-uile nì gu teann, chruinnich a h-uile duine timcheall 's thòsaich iad air an sliobadh 's air an làimhseachadh.

"Uill, uill, abair malairt mhath," arsa Hallam, an Seanair a bha 's a cheann, is e a' sliobadh am parca ùr le chorrigan cutach reo-sheargte. " 'S e seo am parca as fheàrr a chunnaic mi airson ùine mhor. Obair-ghrèis cho math 's a geibhead thu. Agus bha feum againn air barrachd sgeinan. O, 's e, malairt mhath gu dearbh. Gu math fadalach ach glè fhuranach."

"Eil fhios agad, tha' n ealain a' fàs nas fheàrr a h-uile uair, thuirt Lachlan, Seanair beagan nas oige. Bha e a' sgrùdadh làmhan na sgeinan. "Càit' am bitheadh sinn gun na Daoine Beaga? Tha ùine bhuidh, barrachd ghealaichean nas toil leam a bhith cunntas, ach cha bu chòir dhuinn idir a bhith call ar creideamh unnta."

"Tha Fear-Malairt ùr againn, a' bhràithrean 's a' pheathraichean. Air a ghabhail air an treas tadhal o' n uaimh dhachaidhail againn fhìnn. A nis se seo adhbhar toileachas an aghaidh a' gheamhraidh. Chan eil Malairt air a' bhith againn airson mòran ghealaichean, 's mar sin 's e naidheachd mhath tha seo dhuinn uile." Ghnog Hallam a cheann an aontachas. "Rinn thu gu math, a' Chiaran. Tha thu air ar dèanamh pròiseil."

"An do chluinn thu iad idir?" B' e seo a' màthair. "Na guthan beaga aca, tha mi a ciallachadh? Is do chùim thu do cheann sìos fad an tìde? Mar a' thuirt mi. An do chùim? An do chuimhnich thu, a' Chiaran, a h-uile rud a thuirt mi . . ."

"Gu cinnteach chuimhnich e, a' Mhamaidh!" Chuir Silbha caisg air a' màthair agus an uair

seo bha Ciaran taingeil airson an teanga luath aice. "Cha leig sibh a leas a' bhith a' cumail oirbh ga cheisteachadh mu dheidhinn!"

"Rinn thu gu math, a' bhalaich." Chuir athair a' chorragan troimh fhalt. "Malairt an dèidh bhith tadhal trì uaireanan. Feumaidh gun do chòrd thu riutha. Chan eil fhios carson!"

"Tha sin fìor," arsa Hallam gu sòlaimte. "Chan e a h-uile duine a' chòrdas riutha."

"Cha do chòrd coltas na co-oghaichean againn riutha, an do chòrd, a' Mhamaidh?" Cha robh fhios aig Silbha cuin a' bhith sàmhach.

"Uist, a' Shilbha!" Bha Ciaran a fas feargach ri phiuthar a-nise. Dh' fhairich e uaireannan gu robh a' phàrantan ro cheadach rithe, a' leigeil leatha a' bhith a' bruidhinn mar seo air beulaibh na Seanairean.

"Gu dearbh, cuir stad air do chabaireachd!" Bha Helga, piuthar a' mhàthair, is màthair Alban is Regan, a' coimhead air chuthach mar a bha fios aige gum biodh.

"Uill, tha e fìor." Sheall Silbha mu chuairt orra uile. An dòigh air choreigin dh' amais i air a bhith am meadhan a' ghnòthaich eadhan air an latha sònraichte aig Ciaran. "Dh' fheuch mo cho-ogha Regan ris a' Mhalairt còig no sia uairean is Alban cuideachd is cha robh Malairt air a' dhèanamh. Cha bu toil leis na Daoine Beaga..."

"A' phiuthar!" shiosarnaich Helga. "Inns' dhi a' bhith a' cumail teanga sàmhach air neo nì cuideigin eile e dhi!"

"Uist, a' Shilbha," ars' a' màthair, gu sèimh. "O, a' phiuthar, chan eil i a' ciallachadh sian. Tha i dìreach toilichte gu bheil a bràthair mòr air amas air Malairt a dhèanamh, rud nach d' rinn càch. Na bi ga ghabhail gu pearsanta. Tha fios aig na Daoine Beaga dè tha iad ag iarraidh, agus tha an gnè sònraichte sin aig cuid 's chan eil aig cuid eile."

O, mo chreach, cha robh sin a' dol a bhith a' còrdadh ri Helga. Choimhead Ciaran air athair, ach mar a b' àbhaist bha snòdh' gàire air mar gum be fealla-dhà a' bh' ann.

"Uill, tha mo mhic am measg na sealgairean as fheàrr sa chinnidh." Bha sùilean Helga a' lasadh le fearg. "Tha Regan a' toirt air ais barrachd feòil air duine sam bith. Tha mi a smaoineachadh gu bheil reusan nas motha agamsa a bhi pròiseil à *sin* na a bhi air a mheas leis na Daoine Beaga gun chiall!"

"Helga, a' phiuthar, feumaidh tu barrachd urram a thoirt do na Daoine Beaga," arsa Hallam gu deiseil. "Cha ghabh mi bruidhinn dhen t-seòrsa sin. Feumaidh sinn an Co-Chomann eadar na Daoine a' chumail suas fad na tìde. Tha a h-uile sian a' crochadh air sin. Tha e fìor gum bu chòir dhuit a bhi pròiseil às do mhic. Is e sealgairean da-rìribh a h' unnta, 's tha sinn uile fada nan comain. Tha feum againn air Fir-Malairt 's air sealgairean, ach feumaidh sinn cuideachd clann modhail, a tha gan giùlain fhèin mar is còir."

Thionndaidh e gu màthair Ciaran. "A-nise, Erika, tha do phiuthar nas sine ceart. Bu chòir dhuit innse don nighinn agad nach fhaod i bruidhinn suas mar a rinn i air ar beulaibh uile. A' phàisd!" Thionndaigh e gu Silbha. "Thoir do leisgeul do phiuthar do mhàthair, is bidh gnothaichean ceart."

Rinn Silbha bus is sheall i air Ciaran le ceist.

"Gabh do leisgeul, a' Shilbha," rinn e siosarnaich oirre.

"'S e Alban a bu chòir a bhi gabhail leisgeul bhuamsa, saoilidh mi. Nuair a chunnaic mi e o chionn greis, e fhèin 's na caraidean grod aig ..."

"A' Shilbha!" Uair eile b' e Ciaran a dh' fheumadh smachd a chur air a' phiuthar, is bha nàire air nach tuirt a' phàrantan sian. "Gabh do leisgeul bho Helga as a' bhad!"

"Tha mi dui-li-ch!" arsa Silbha ann an guth crosda fanaideach, 's an uair sin ruith i air falbh, a-staigh do na h-uaimhean.

Bha fios aig a h-uile duine nach b' e leisgeul ceart a bh' ann agus cha robh toileachas air aodann Helga.

Bha fios aig Ciaran gu robh i air falbh a' chaoineadh an àiteigin, a dh' aindeoin dùil. Cha

do chòrd e rithe gu robh Ciaran crosda rithe is bu bheag orra duine sam bith ga faicinn a' guil. Dh' fhairich e measgachadh de fhearg 's de ghràdh do' n phiuthar bheag rag aige. Bha an t-àm a bu chòir a bhith làn sonas is pròis dha, le toileachas na Seanairean 's an Luchd-Cinnidh, a-nise air a thionndadh na shealladh, na chòmhstri amaideach a bha a cur droch dhreach air a' theaghlach. Carson a dh' fheumadh i Helga a' bhrosnachadh, 's i cho frithearra mu na mìc aice? Is carson a' dh' fheumadh a h-uile rud crìochnachadh an dràma le Silbha timcheall?

Thionndaidh Hallam is na Seanairean eile an aire do obair roinneadh na Taghartasan-Malairt am measg na Cinnidhean. Chaidh am parca breagha do shealgair òg, Dungran, a bha o chionn ghoirid air a chiad mathan mòr bàn a' mharbhadh, 's bha na leggings uisge-diònach cuideachd air an roinneadh eadar na Sealgairean a b' fheàrr, le tòrr air fhàgail airson na ceithir Clann-Cinnidh eile. Bha e math a' chiad taghadh a bhith aca aon uair co-dhiù, 's chan e a bhith a' gabhail stuth air nach robh feum aig càch.

Bha èigheach thoilichte bhon chloinn a fhuair mathan, is gearainean bho chàch. Cha do dhùirich duine a' dhol an aghaidh mar a thuirt na Seanairean, ge-tà, agus dh' fheumadh cur suas ri briseadh-dùil.

An dèidh sin shuidh Ciaran còmhla ri theaghlach 's a' charaidean is iad ag itheadh am brot-èisg. Ruig tòrr de inbhich, eadhan cuid as na h-Uaimhean-Cinnidh eile a bha a' gabhail biadh an fheasgar sin, ga ionnsaigh a' dhèanamh cò-ghairdeachas ris mun t-shuidheachadh ùr. Rinn feadhainn nach do mhothaich dha riamh gnog an aithneachas, ag ràdh: "Obh, obh, tha feum agam air liaghan airson brot," neo "Tha am parca agam a' fàs sean is caithte. Am faic thu, a' Chiaran?" Chleachd daoine ainm, chan e dìreach "balach". Bha e mar gum b' e cuideigin le brìgh a' bh' ann mu dheireadh. Cha do nochd Alban 's a' charaidean idir. Bha iad a-muigh aig sealgaireachd neo a' dèanamh tarcais air crotal liath neo-cheudaichte an àiteigin. Cha robh ach Helga, a-rèir sealladh, a' smaoinachadh orra.

Chan ann san uaimh a bha inntinn Ciaran, ge-tà. Na cheann, bha e fad air falbh bho chòmhstri a theaghlach, bho tharraing às le charaidean, eadhan bho moladh 's pròis a' phàrantan. 'S e na shuidhe air beulaibh an teine bha inntinn air àis aig a' Chreig-Mhalairt is dh' fhairich e a-rithist gluasad is na guthan beaga timcheall air. Bha an tachartas, nuair a stad aon ghuth sònraichte cho luath, beò dha a-rithist. Chruinn-sheall e air an tàmh sin,

tàmh mar fhreagairt dhan ghnog aige fhèin. Bha e air ceangal neònach fhaireachadh eadar e fhèin is aon dhe na Daoine-Beaga. Bhuail a' chridhe na bu luaithe aig an smuain, is rinn e air fhèin smaoineachadh air a-rithist is a-rithist. Cha robh leithid de thachartas beag a-riamh a' faireachadh cho brìgheil: bha fios aige gum biodh e ag aisling air air an oidhche sin.

Caibideil III: Tha Ciaran a' Cunntadh na Gealaichean

"Hai, a' cho-ogha ghealtaich bhig!" Cha robh Alban uair sam bith coibhneil, ach a-nis bha iarann anns an fhanaid aige. "Nach eil thu a' tighinn a-mach a' shealgaireachd, ma-thà, còmhla ris na fir?"

"O, tha e mòran nas prìseile a-nise!" Ghabh Kyril 's Drango a h-uile cothrom a bhith ga thàmailteachadh cuideachd. "Feumaidh e fuireach aig an taigh còmhla ris na boireannaich 's na bodaich!"

"Na biodh dragh ort, chan ionndrainn sinn thu, a' cho-ogha!"

"Fàgaidh sinn e a' glacadh dèideagan mhotanach 's aodach, fhad's a bhios sinne a' faighinn an fheòil."

"Stad dhen an tàireadh amadach sin 's na bi gad ìsleachadh fhèin, a' Bhràthair Bhig!" thuirt Regan le fearg mar a choisich e seachad còmhla ris na caraidean aige fhèin. "Chan eil ann an Ciaran ach balach òg. Chan eil e cudromach dhuinn. 'S e Sealgair a thunnad a-nise, inbhich, 's mar sin feuch ri bhith ga do ghiùlain fhèin mar sin. Airson aon uair, co-dhiù."

Dh' fhàs aodann Alban glè dhearg ach cha do dhùraig e freagart a dhèanamh ri bhràthair na bu shinne. A dh' aindeoin an tàmailt cheana, dh' fhairich Ciaran beagan truas airson a' cho-ogha. Bha briathran Regan nas gèire ne fuachd gaoithean-bàis a' gheamhraidh.

Chuir e as inntinn iad, ge-tà, a' feitheamh air na Seanairean a' thighinn a' thoirt orduighean dha. Dh' fheumadh e feitheamh mòran de gealaichean mus b' urrainn dha a'

dhol air àis don Chreig-Mhalairt. Cha robh e ceadaichte a' dhol eadhan faisg air roimhe sin.

Rinn e mach gu math tràth nach robh a' bheatha a' dol a' bhith mar a bha e roimhe seo. Bha inbhich, eadhan cuid a bha gu math nas aosda 's nan Sealgairean cliùtach, a-nis a' dèanamh gnog ris nuair a thachair iad ris, 's bha e mar gum biodh na Seanairean an-còmhnaidh ùpraidheach timcheall air. Aig an toiseach bha e moiteil air leithid de fhrithealadh, ach an dèidh beagan uine b' fheàrr leis gum fàgadh iad e leis fhèin. Bha Elgin fhèin, Ceann-Feadhna na Cinnidhean Uile, a tighinn a' chur seachad ùine anns an uaimh aig Ciaran. Aon uair, shliob e a' cheann, is e a' cagarsaich rudeigin na chluais nach dèanadh e mach ach a' chrìochnaich leis an ainm aige. Smaoinich fios a bhith aig Elgin air an ainm aige!

Bha pairt dhen fhrithealadh ga dhèanamh pròiseil, air leth, ann an dòigh, air a' dhleasdanas mar Fhear-Malairt. Bha e math a bhith air fhaicinn mar neach cudromach san Chinnidh, chan ann dìreach mar ghille suarach, eadhan 's ga do thagh a' cho-ogha e airson fanaid a' dhèanamh air. A' chiad uair a dh' fheumadh e athair fhaicinn a' falbh còmhla ri còmhlan a' shealgaireachd re trì gealaichean gun e fhèin, ge-tà, cha do dh' fhairich e math idir. Dh' fhàg na coin e, eadhan Hekla còir, is i a' comhartaich 's a leum le toileachas, gun sùil air ais.

"Carson nach fhaod mi a dhol a' shealgaireachd còmhla ri m' athair ?" dh' fhaighnich e do Hallam is Lachlan, a bha ri Eachdraidh a' Mhalairt ionnsachadh dha.

"Chan fhaod sinn do chur an cunnart a bhith air do goirticheadh neo air do chumail air ais ann an dòigh air choreigin," thuirt Hallam ris. "Chan urrainn gum bidh stoirmean a' gheamhraidh fad às. A nise gur e Fear-Malairt a th' unnad, feumaidh tu a bhith deiseil a h-uile seachd gealaichean. Tha feum aig na Cinnidhean air a mhaoin-mhalairt is tha thusa taghte. Tha e cho simplidh ri sin."

"Nach fhaod mi a dhol a dh' iasgach air tìr còmhla ri Andi is Raj?" Bha fios aige gu robh na caraidean a b' fheàrr leis a' falbh le slatan is liontan air turas fad-latha do ghlumagan dhomhainn abhainn Ezra. "Bidh iad air ais leis an ath ghealach. Gu deimhinne."

"An àm gu leòr faodaidh tu sin a dhèanamh", dh' inns iad dha. "*Ma* dh' ionnsaicheas tu do leasan gu math. 'S e seo àm cudromach dhut."

"An do smaoinich thu, a' bhalaich, gu robh a bhith nad Fhear-Malairt uile gu lèir mu shocair is inbhe?"

"Gu dearbh, cha do smaoinich. . .," sguir Ciaran mar a smaoinich e gum be seo dòcha an rud a bha e a' smaoinichadh. Bha an aire a' còrdadh ris: urram bho na h-inbhich, toileachas a' charaidean, eadhan an fharmaid bho cuid dhe na balaich na bu shine, nach robh Taghta. Bha e air a bhith a' faireachadh sònraichte, eadar-dhealaichte bhon a h-uile duin' eile.

"Chan eil fios againn uair sam bith carson a tha na Daoine Beaga a' taghadh cuid de chlann thairis air cuid eile, ach 's e dleasdanas a th' ann cho math ri urram. "Suidh, a' Chiaran." Sheall Hallam creag faisg air an t-sruthan de uisge goileach. "Cha bhidh thu a' fàgail na h-Uaimhean-Dachaidheil an-diugh."

Shuidh Ciaran 's fheuch e ris a' ghruaim briste-dùil a' chumail air falach.

"O, tha fios agam càit am b' fheàrr leat a bhith," arsa Hallam. "Chi mi e nad aodann. Bha sinne mar sin cuideachd, nach robh, a' Lachlan?"

"O bha, bha mi air chuthach, coltach ri sionnach as a' chiall," 's rinn Lachlan snodha gàire 's e ga chuimhneachadh. "Sealgaireachd is iasgach, cha robh rud sam bith ach sin air m' aire."

"Bha sibh....dìreach, bha sibhse uaireigin nar Fir-Malairt?" dh' fhaighnich Ciaran. Bha e doirbh smaoinichadh air na Seanairean mar bhalaich òg. Bha falt is fiasag Hallam nas gille ne sneachd ùr 's bha a làmhnan meallach 's cutach. Cha robh mòran falt aig Lachlan, ach bha fiasag air cuideachd, stiallaidhte le geal 's liath.

"Bha' n dithis againn Taghta, bha. Bha agamsa ri fuireach ceithir amannan 's bha còig aig Lachlan mas robh Malairt air a dhèanamh."

"Gu dearbh, tha trì amannan tearc. Bha Elgin taghte an dèidh trì amannan, mar thu fhèin." B' e Elgin Ceannard na Seanairean. Bha e glè aosda a-nise is eadhan gun dh' fhuair e urram bhon a h-uile duine agus gu robh e fhathast air ainmeachadh mar Cheannard Seanairean na Cinnidhean uile, bha e tric a' cannteil briathran gun chiall, neo a' cumail air mar gum biodh e ag aisling 'na dhùisg. Bha a chiall ga fhàgail, gu bhith a' tighinn air àis aig amannan.

" 'S toil leis na Daoine Beaga a bhith cinnteach gu bheil am fear ceart aca," arsa Hallam. "Chan eil fios againn uair sam bith carson a tha cho mòr dhiubh air an diùltadh, ach tha sinn a' smaoineachadh gu bheil e mu dheidhinn a bhith a toirt urram do Nàdar, is do dhaoine eile. 'S dòcha gu bheil iad a' cumail sùil air mar a dhluthaicheas tu ris a' Chreig, mar a sgaoileas tu na tabhartasan, mar a shuidheas tu gu sìtheil gun a bhith a' sealltainn mi-fhoighidinn. Mar a thuirt mi, chan eil fios againn, neo air carson a' fheumas am Fear-Malairt a bhith trì deug a' dh' aois, airson dìreach bliadhna. 'S e dualchas a th' ann, is chan eil fios againn air sian ach gu bheil feum aca air cuideigin a chumas.....

Chuir Ciaran crìoch air an t-seantans: "a chumas an Co-Chòrdadh a' dol." Bha e a' fàs sgìth dhen abairt 's cha b' urrainn dha sin fhalachadh.

" 'S e, Co-Chòrdadh, tha sin ceart." Chuir Hallam gruaim air. "Seall barrachd urram nuair a chanas tu am facal iad, mas e do thoil e. Feumair Co-Chòrdadh is Meidh fad na tìde. Cha ghabh e innse ro thrì, eadhan 's gu bheil thu sgìth dhe bhith ga chluinntinn, a' Chìaran. Cha b' urrainn dhuinn a bhith beò gun na Daoine Beaga. Tha feum againn air na sgilean aca ann a bhith deanamh 's a' càradh liontan-iasgaich, airson obair-shnaighte, is airson a bhith a' geurachadh sgeinan 's buill-airm. Tha am fuaigheal beag biodach aca a' cumail a-mach an fhuachd 's an t-uisge as an aodach againn. Bithidh tu air seo a chluinntinn tric gu leòr – tha aodach a tha tighinn às a cheile a' leigeil a-staigh taise, a tha cunnartach 's a leanas, 's dòcha, gu bàs. Cha b' urrainn dhuinn cumail oirnn gun aodach, am b' urrainn! Tha sinne a toirt dhaibh feoil ur is iasg air àis. Tha Meidh ann uile gu leir, Co-Chòrdadh."

"Chan ann dhutsa a tha e a bhith a' ceisteachadh Riaghailtean an Co-Chòrdadh, neo a bhith a' fàs sgìth dhiubh, ach a bhith gan ionnsachadh," chuir Lachlan ris.

Fad an fheasgar ad chaidh na h-uairean seachad gu slaodach do Chiaran. Bha fadachd air. Dh' iarr e le a h-uile chridhe a bhith a-muigh a' sealgaireachd còmhla ris na fir 's na coin, neo ag iasgach 's na lochanan domhainn le chàirdean. Ciamar a chuireadh e suas ri seachd gealaichean mu bhiodh na làithean aige mar seo? Bha Hallam a' bruidhinn 's a' bruidhinn mu eachdraidh na Cinnidhean 's mar a bha iad air am fuadachadh bho Thìr a' Phàisde airson an creideamh anns na Daoine Beaga. Bha e eòlach air a chuid mhòr dheth. Shuidh Lachlan gu sàmhach, mar gum biodh e cadalach. Bu toil le Ciaran a bhith a' tuiteam na chadal e fhèin ach bha Hallam dìreach air a' bheulaibh, ag iarraidh aire. Rinn Hallam liost de ainmeannan Fir-Malairt na Cinnidhean troimh Eachdraidh na Daoine is rinn e air Ciaran cuid dhiubh ath-aithris a' shealltainn gu robh e ag èisdeachd. 'S e liost fada neo-inntinneach a bh' ann de ainmeannan is de chàirdeas eadar na h-ainmeannan sin. A-rithist is a-rithist leig e cudrom air nach fhaodadh com-pàirteachadh ris na Daoine Beaga.

"Ach carson nach fhaod sinn com-pàirteachadh riutha?" dh' fhaighnich Ciaran.

"Tha fios againn gu milleadh e an Co-Chòrdadh, am Meidh air fad dhen Nàdar," arsa Hallam. "Feuch nach bi thu a' cuir gruaim ort, a' Chiaran. Tha seo air a thoirt sìos dhuinn troimh iomadach ginealach de Fhir-Malairt. Bidh olc a' tighinn mu bhristeas duine an riaghailt seo, mar a thachair nuair a choimhead Fear-Malairt òg, Reuben, suas a bhruidhinn ris na Daoine Beaga nan cànan fhèin. Bidh fios math agad air an sgeul, mar a' bhàsaich e trì làithean na dhèidh le fiabhras, is an uair sin a h-uile duine dhe theaghlach air bhoile aig a cheann thall. Cha robh Malairt ann fad tòrr ghealaichean an dèidh sin, airson bliadhnaichean, gu dearbh, is fhuiling na Còig Cinnidhean gu mòr. 'S cinnteach gun do chual' thu an sgeul gu math tric bhon t-Seanchaidh. Tha mi cinnteach nach leig mi a leas innse ro mhionaideach an-dràsda."

" 'S mar sin, tha an suidheachadh a-mhàin an luib an aon tachartais sin, a bheil?"

"Chan e tachartas suarach a bh' ann." Bha gruaim air aodann Hallam roimh na ceistean.

"Cha d' thug thu sùil no comharradh sam bith dha na Daoine Beaga, a' Chiaran?" Gu grad ghluais Lachlan dha ionnsaigh. Cha robh a' ghuth cadalach idir.

"Chum mi mo cheann sìos fad an tìde," arsa Ciaran. "Mar a chaidh iarraidh orm."

"Is cha tuirt thu sian?" thuirt e a-rithist. "Gin snotha-gàire, gearain, gluasad, cnogadh neo mar sin? Feumaidh tu innse dhuinn mu thachair rud mar sin eadaraibh."

Aig an fhacal "gnog" dh' fhàs Ciaran dearg. Dìreach mar a bha e a' beachdachadh ciamar a dhèanadh e freagairt firinneach, chual' e Silbha ga ghairm.

"Seallaibh dè th' agam," dh' èigh i. "Seall, a' Chiaran! Dh' thusa is airson na Seanairean."

Cha bu chòir dhi a bhi air bristeadh a-staigh gun a leasgail iarraidh, is bu chòir dhi a radh: "Airson na Seanairean is dh' thusa." Bha e modhail a bhith a' cur na Seanairean an toiseach ann an senteans. Chuir Hallam mùig air. Bha Ciaran, ge-tà, taingeil gun d' thàinig i dìreach aig an àm sin, 's airson an truinnsear de charranan tiormaichte a thug i.

"A bheil e ceadachd a thoirt a-nall?" dh' fhaighnich Ciaran gu modhail dhe na Seanairean, is chunnaic e Silbha a' stad gu grad 's a' coimhead beagan nàirichte.

"O, tha mi duilich," thuirt i, gun feitheamh air freagairt na Seanairean. "Am faod mi dragh a chur oirbh uile?"

"Tha thu air dragh a chur oirnn mu-thrath, a' chaileig," arsa Lachlan. "Trobadh, thoir a-nall do thabhartasan. Tha sinn uile deiseil airson stad beag." Choimhead e a-null gu Ciaran: "Gu h-àiridh do bhràthair, saoilidh mi."

Caibideil IV: Tuilleadh Malairt

Fhuair Ciaran e-fhein gun anail le togarrachd is mi-fhoighidinn nuair a bha na seachd gealaichean seachad is àm falbh air an Dàrna Malairt air tighinn.

Roimhe seo bha e air leigeil le càch na tabhartasan a chur ri cheile is cha d' thug e moran aire air de bh' ann. A-nise, ge-ta, ghabh e uidh as a h-uile sian. Cha robh an Cairt-Malairt cho làn 's bha e a' chiad uair.

“A bheil na closaichean sin cho math ‘s a th’againn?” dh’fhaighnich e. “A bheil gu leor ann dhiubh, saoil?”

“De tha thu a’ ciallachadh?” Bhruidhinn Dungran gu feargach. B’e Sealgair cudthromach a bh’ann is mus robh Ciaran na Fhear-Malairt cha mhor gum biodh e a’ bruidhinn ri Dungran idir.

“Bha mi dìreach a’ smaoinichadh gum biodh sinn a’ toirt barrachd feoil air sin. Is chan eil moran eisg tiormaichte ann nas motha. Nach e iasg tiormaichte as toil leis na Daoine Beaga seach rud sam bith eile?”

“Thoir thusa na tabhartasan don chreig. ‘Se sin an dleasdanas agadsa. A bheil thu faicinn? Tha mise a’ taghadh na tabhartasan is se sin am pàirt agamsa.” Bha guth Dungran iosal, a’ bagairt. “A bheil ceist agad mu mo thaghadh?”

“Uill, chan eil, ‘s e dìreach gu - - “

“Ma-tha, na can nas mo mu-dheidhinn”, arsa Dungran. “Neo ‘s docha gum bidh mi a’ smaoinichadh gu bheil do cho-ogha Alban ceart is gu bheil a bhith na d’ Fhear-Malairt air do dheanamh ro mhor nad shùilean fhein.”

Bha Ciaran a’ faireachadh nàire mar a chaidh e air an rathad. Bha a’ ghruaidhean teth leis an tamailt. Cha bu choir dha a bhi a cur teagamh ann an taghadh fear-cinnidh urramach mar Dungran. Cha be àitesan a bh’ann. Dh’fheumadh e a bhith faiceallach, a bhith a’ cumail suas Co-Chordadh anns a’ Chinnidh, is Co-Chordadh eadar na Daoine. ‘S docha gu robh an togarrachd timcheall an ainmeachadh air a dheanamh ro phroiseil ceart gu leor.

A dh’aith’ghearr, ge ta, thug an turas fada gu na Creagan, leis a ghaoth na fhalt, air a’ thrioblaidean a’ dhichuimnicheadh. ‘S be cuairt bhreagha a bh’ann, le beanntan dorch’ is beanntan-theine ag eiridh fad às ri deas, is am machair mor a shin gu taobh na mara ri chli. Bha an t-adhar, a bha gruamach cheana, le coltas shneachd, a-nis fosgailte, gorm. Bha an saoghal mor, àlainn, is làn de chothrom. Bha a ghaoth air na neoil a’ ruaigeadh fad a-mach os cionn na mara, ‘s mar sin cha dh’fheumadh e suidhe air a’ chreig fhosgailte am measg na ciad bleideagan

dhen gheamhradh, mar a bha eagal air. Sgaoil e na tabhartasan a-mach air a Chreig-Mhalairt gu faiceallach is shuidh e a choimhead sìos air an sgàineadh a-rithist. Chomharraich e an tsig-tsag is an cearcall cruinn le chorràg.

An uair seo a-rithist bha am feitheamh a' faireachadh fada. Bha tide gu leor ann airson smaointean eagalach: de mar nach tigeadh na Daoine Beaga? De mar nach biodh an dàrna Malairt ann? De cho tàmailteach 's a bhiodh e a' dhol air ais gun sian, is de mar a dheanadh Alban 's a charaidean gàire. Bhiodh e nas miosa ne na bhith idir taghte mar Fhear-Malairt. Fada nas miosa! An robh rud mar sin air tachairt uair sam bith eile? An robh duin' eile air a chomharrachadh mar Fhear-Malairt agus an uair sin air a' dhùilteadh? Cha do dh'ainmich na Seanairean sian mar sin.

Agus an uair sin chual' e na guthan aca. Cha robh gluasad beag an uair seo a dh'innseadh gu robh iad ann, dìreach dian-ruith de guthan luath timcheall air. Aig aon mhionaid bha a h-uile rud seibh, is ann am mionaid eile bha an t-adhar làn de na guthan àghmhor aca. Rinn e oithirp an uair seo gun gnog a' dheanamh, gun a' shùilean a thogail. Choimhid e sìos air an sgàineadh tsig-tsag 's a' chreig. Bhris guth beag, nas àirde, eadhon, ne càch, ann an luasgan gàire. A dh'aindeoin a' dhìcheall fhuair Ciaran e fhein a' deanamh snodha-gàire air ais. Rinn e snodha-gàire aig fuaim sona na gàire, am pàirt airson nach robh iad ga dhùilteadh is an tàmailt an-deidh sin, ach am pàirt airson an tlachd a bha e a' gabhail ann am binneas na guthan aca. Cha robh e a-riamh math air na faireachdainn aige a' chumail air falach, is bhris an tolachas aige a-mach ann an snodha-gàire farsaing, fuaim beag air ais. Uair eile, shàmhach an guth, an guth a bha nas mìlse na na guthan uile a dheanadh e mach, dìreach aig a chli.

Dh'fhairich e na gaoiseadean ag eirigh air cùl amhaich is dh'fhas anail nas luatha. Aon uair eile bha e air a sgrudadh à àite gu math faisg. Aon uair eile bha na faireachdainn aige mothachichte, is bha sin air aon dhiubh a' dheanamh sàmhach. Chan e comann a dh'aon ghnòthach a bh'ann. Bha e ro fhinealta: cha b'urrainn

duine cantail gun do bhris e na riaghaltan le bhith a deanamh snodha-gàire. Carson, dh'fhaighnich e dhe fhein, a bha e a' faireachadh leithid de cheangal ris na Fir-Malairt falaichte sin? Carson a bha e cho fìor-fhiosrach air a' ghuth boireannach a stad cho luath a' freagairt an gnog is a-nis an snodha-gàire aige? Bha fios aige, le làn cinnt a' chridhe, gum be guth boireannach a bh'ann ri chli. Bha Ciaran air chrith air feadh tadhal na Daoine Beaga. Am b'urrainn dhaibh fhaicinn cho mor 's a bha e air chrith? Gu dearbh, feumaidh gum b'urrainn do aon dhiubh fhaicinn - - -

Nuair a dh'fhàg e an uair seo dh'fhairich e gu math treigte. Bha e coltach ri bron. Ciamar a chuireadh e suas ri seachd gealaichean eile gus an tilleadh e? Rinn e cnead ard-ghuthach.

Gu faiceallach chuir e na tabhartasan anns a chairt. Bha sgeinan biorach shealgaireachd ann a-nise agus gathan de iomadach seorsa, is bha iongnadh air ciamar a bha fios aca air de a dh'iarradh iad. Bha lion-iasgaich mor a bha ùr agus fear nas lugha min air a chàradh. Cha b'urrainn do dhuine sam bith anns na Coig Cinnidhean liontan a' chàradh cho math ris na Daoine Beaga. Bha trì parcas eile airson inbhich, mu fhichead parca bheag le obair-greis de mhathan-sneachd is de mhadadh-ruadh bhan, is mu dhusan bhrogan de craiceann roin, beag is mor. Cha robh mathan ban molach ann an uair seo ach bha beathaichean beag air an gearradh à cnàmh, is bha fios aige gum bu toil leis a' chlann a bhith cluich leothasan cuideachd. Bha e a' coimhead gu robh moran ann thairis air na thug esan dhaibhsan, agus dh'fhairich Ciaran rudeigin ciontach mu dheidhinn seo. Aon uair eile choinnich iad e le toileachas nuair a ruig e dhachaidh agus a-rithist b'e Silbha a bha air thoiseach.

"Nach math a rinn thu, òhràthair!" dh'eigh i.

"Chan e mise a tha air sian a dheanamh," arsa Ciaran gu grad. Cha robh e airson gum faigheadh càch e air atharrachadh is bosdail. "Chan eil unnamsa ach am fear-giùlain."

Sheall e gu feargach air Silbha mus canadh i facal eile is thug e na tabhartasan gu na Seanairean airson an roinn a-mach, le Andi is Raj ri thaobh.

Bha Elgin, Ceann-Cinnidh na Seanairean uile, ag allaban mu chuairt leis fhein.

Rinn e gnog do Chiaran mar a bha e a-tighinn ga ionnsaigh 's chuir e suas tri corragan. An robh e a' ciallachadh gu robh Ciaran air a thaghadh an-deidh an treas Malairt? Ma bha, 's docha gur e sanas a bh'ann nach robh a chiall air a dhol ro fhada air turas. Nuairsin tharraing e air muilcheann Chiaran is rinn e sreath de dhealbhan san talamh le bhata-coiseachd. Bha e coltach ri sreath de chearcaill, 's cha do chiallaich iad rud sam bith do Chiaran. Bha coltas troimh-a cheile air a bhodach, 's mar sin rinn Ciaran gnog modhail mar gum biodh e a' tuigsinn de bha na cearcaill a' ciallachadh. Bha am bata ag iadhadh timcheall is timcheall, nas luaithe 's nas luaithe, a' sealladh cearcall an deidh cearcall, gus an do stad Elgin as a' bhad mar gum biodh e air dichuimhneachadh càite robh e. Bha e bronach gu robh Ceann-Cinnidh na Seanairean, aig aon uair am fear bu glioca dhiubh uile, a-nise as a chiall moran dhen tide.

Chaidh na seachd gealaichean an deidh seo seachad air doigh gu math slaodach. Dh'fhaodadh e a' dhol as deidh charrannan air an traigh, ach dh'fheumadh e fhathast tide a thoirt do Hallam 's do Lachlan, a bhith ag ionnsachadh barrachd mu Eachdraidh na Daoine agus air a theagasg mu ghiùlain comh à la ri Muinntir na Malairt. Bha aige ri ionnsachadh 's a bhith ag aithris, liost fada de Fhir-Malairt o fhad air ais. Chan e na h-ainmeannan aca a' mhàin, ach ainmeannan na h-athraichean, na seanairean, is an Uaimh-Chinnidh as an à tàinig iad. Carson a dh'fheumar seo, cha robh fios aige. Fios gun chiall, shaoileadh duine! Chan fhaodadh e uair sam bith bruidhinn ris na Daoine Beaga 's bha fios aige ciamar a bhith modhail is foighidneach co-dhiu. Bha e Taghte, aig a cheann thall, 's mar sin cha robh ceist ann mun chreideamh aige unnta. Os cionn a h-uile rud, cha do chord e ris a bhith air a' chumail bhon t-sealgaireachd. Dh'fheuch Hallam e a-rithist is a-rithist air liost ainmeannan, is dh'fheuch Ciaran gun a bhith

sealltainn a' ghràinn mun ni-fheum. Sheinn e iad. Carson a dh'fheumadh e Eachdraidh na Cinnidh ionnsachadh nuair a bhiodh e na b'fheàrr a-muigh a' sealgairachd no ag iasgach? Cha robh cho mor de dh'fheoil aca fhathast, 's bha cùram air na Sealgairean mora. Bha fios eadar na Coig Cinnidhean gum biodh an geamhradh doirbh dhaibh uile.

"Bu choir dhut a bhith air t-onaireachadh, a' Chiaran," chronaich a mhàthair, "gu bheil na Seanairean a cur seachad leithid de dh'ùine comhla riut. Tha a chuid eile dhed bheatha agad airson sealgaireachd 's iasgach. Cha mhair am Malairt ach bliadhna, 's mar sin gabh toileachas anns a mhionaid ghoirid seo de ghloir fhad's a tha i agad."

"Tha mi toilichte leis", ars' esan. "Tha mi mothachail air an onair. 'S e dìreach gu bheil mi sgith dhen Eachdraidh. Chan e fiù's gur e eachdraidh togalach mu bhatailean no sealgaireachd mhathan no cur-a mach na Cinnidhean a Tir a' Phàisd'a th'ann. Feumaidh mi liostaichean fada de dh'ainmeannan ionnsachadh 's chan eil mi a' faicinn carson."

"Uill, tha na liostaichain fada sin a' samhlachadh do dhaoine. Na daoine againne air ais gu ur sinnsearachd bho na Fir-Cadail. 'S e fios cudromach a th'ann, 's feumaidh sinn urram a thoirt do na daoine againne a bha dileas ris na Daoine Beaga, is a bhith gan cuimhneachadh. O chionn ghoirid tha mi air a bhith ag aisling mu fhigearan bhon àm seachad, a' Chiaran. Aislingean air leth neonach. Mar sin, cùm do bheachdan dhut fhein," thuirt a' mhàthair, "s na seall iad air t-aodann. Tha thu ga dheanamh soilleir aig amannan nuair a tha thu sàraichte no crosta. Chi a h-uile duine mar a tha thu a' faireachadh."

"S e, cuir aodann le uidh ort nuair a bhruidhneas na Seanairean riut," arsa Silbha ann an guth bragail. "Smaoinich mi gu robh thu a' coimhead beagan sàraichte an uair mu dheireadh. Tha Mamaidh ceart- feumaidh tu do bharailean a chumail air falach."

"O, an tuirt thu", ghabh Ciaran. "Is cuin a dh'ionnsaich thusa rud sam bith nad

cheann a chumail falach? Fuirich a-mach às, Silbha. Fhalbh ‘s cluich air mathan-deideag comhla ri Glenda agus sguir dhe bhith a’ toirt comhairle dhomhsa.”

Air an rathad don treas Malairt rinn e snotha gàire mar a chuimhnich e air Silbha a cur a teanga a-mach ris. “Bheir mi iongnadh oirt aon latha, ‘s cha bhidh e ro fhada, a bhràthair!” dh’eigh i mar a ruith i air falbh. “Hah! Chi thu a-dh’fhaithghearr gun urrainn dhomhsa cagairean cudromach a’ chumail air falach!”

“Saoil de a dheanadh na Daoine Beaga dhen mhi-fhoighidinn ‘s an sàr ordachadh aig Silbha?” thuirt e ris fhein, is thionndaidh snodha gu gàire a dh’aindeoin an flin reothte a bha a’ seideadh dìreach na aodann fad an turas. “Smaoinich air Silbha mar Fhear-Malairt!”

Mar a chuir e mach na tabhartasan bha e a’ faicinn a-rithist nach robh iad cho faoilidh ‘s a bu choir. Cha robh na Sealgairean fortanach airson iomadach seasan air ais is bha iad air tilleadh falamh bho chionn ghoirid. Saoil am biodh fios aig na Daoine Beaga air leithid a rud?

Nochd na Daoine Beaga nas luaithe an uair seo is bha Ciaran taingeil, oir bha an flin fuar, gathail. Dh’fheuch e gu dian a’ cheann a chumail gun ghluasad agus aodann soilleir. Bha a’ shuilean, mar a b’ àbhaist, air an sgàineadh ‘s a chreag. A dh’fhaithghearr bha na guthan timcheall air ‘s an uair seo dheanadh e mach atharrachadh eadarra an gleus ‘s anns an fhuaim aca. Bha rud a bh’aig an toiseach coltach ri gagaireachd ard, a- nise a’ gabhail cumadh. Fhuair e gum b’urrainn dha guthan deifrichte aithneachadh, fireann is boireann, inbhich is clann; thoisich e air guthan sonraichte a dheanamh a-mach. Bha cuid dhe na Daoine Beaga sona, bha e coltach, is làn de ghàireachdaich ‘s de thoileachas, feadhainn eile nas gearanaiche, a’ caoidh. Co-chomann beothail, atharrachail, smaoinich e.

Bha aon ghuth, guth boireann a bha an comhnaidh ri chli, gu h-àraidh eadar-dhealaichte. B’ e an guth a chord ris os cionn chàich, ach bha e faiceallach mu

bhith a deanamh snodh-gàire no gnog an uair seo. B'urrainn dha aire cheart fhaighinn air a' ghuth shonraichte seo nan dunadh e a' shùilean , a' beachdachadh gu cruaidh. B' e an guth a bu bhinne a chual e riamh is bhris a' chridhe le cianalas, cianalas neo-cheadaichte, a bhith a' coimhead air am Pearsa Bheag a bhoineadh dha. Carson, o carson, a' fheumadh laghannan gun chiall a bhith ann mu chompairteachadh? Cha robh e air smaoineachadh gum biodh ceist mu dheidhinn. Cha b' e rud a thàinig gu inntinn idir cheana. Chum e a shùilean duinte gu teann 's fheuch e ri aodann a chumail gun fiamh. Bha fios aige gu robh fhaireachdainnean a'sealltainn na aodann. Dh'inns a' mhàthair sin dha tric gu leor.

Bha iongnadh air gun do smaoinich e riamh air na guthan mar fhuaim gun chruth. Ciamar a b'urrainn dha sin a smaoineachadh! Thug e an aire don a' Phearsa Bheag ri chli.

Carson a chuir i i fhein an sin a h-uile uair, thuirt e ris fhein. Bha càch a' gluasad timcheall, smaoinich e, 's docha trang ri gnothaichan Malairt. Carson a bha i cho sàmhach? An robh i a' cumail sùil airesen? Leth-dh'fhosgail e a' shuilean is an uair sin dhùin e iad a-rithist. Bha e cho doirbh faireachdainnean a' chumail falaichte nuair a bha iad ag eirigh mar gheysair a' feitheamh ri bristeadh a-mach. Bha an guth aice a tighinn nas fhaighe a-nise, is mhiannaich e an cànan aice a thuigsinn.

Chum Ciaran air a cur smachd air anail, is fheuch e gun a bhith sealltainn mar a bha e air chrith. Ro thràth bha na guthan uile air falbh.

Dh'fhosgail e a' shuilean 's choimhid e sios air an sgàineadh sa' chreag. Bha flùr beag geal a' laighe air, dìreach fodha. 'B e flùr nach romh e air fhaicinn riamh 's bha fios aige nach robh e a' fas timcheall air a' Chreig-Mhalairt. Cait' am b'urrainn do fhlùr cho brisg fas ann an aite cho garg, leis a' gheamhradh a' tighinn?

Cha robh an flùr beag ann roimhe. Bha e cinnteach às. Thog e e is chum e e gu bhilean, san uair sin chuir e e na phocaid. Bha e air chrith le tocadh ged nach robh moran fios aige carson. B' e seo rud eile nach innseadh e gu bràth do na Seanairean.

Rinn e suas inntinn, ge-ta, gun sireadh e Logan, am Fear-Malairt air thoiseach air. Carson nach do smaoinich e air roimhe seo! Bha Logan a' fuireach ann an Uaimh-Cinnidh eadar-dhealaichte, anns an uaimh bu mhotha dhe na coig uaimhean-dachaidh, far an robh a' sheanmhair air taobh a' mhàthair cuideachd. Bha Ciaran eolach air Logan dìreach ri fàilte a chur air. Bha ceangal air choreigin eadar seanmhair Logan agus a' sheanmhair fhein, Seanmhair Elgina. Cha b' e Seanmhair Elgina a' charaid a bu toil leis thar càch, oir bha teanga gheur aice mar a bh'aig piuthar athair, Helga, ach rinn e suas inntinn a' dhol ga faicinn.

Ghabhadh bruidhinn ri Logan an uair sin: bha'n t-àm ann faighinn a-mach barrachd eachdraidh nas ùire mu Mhalairt. Bha liostaichean sinnsearail math gu leor ach bha e ag iarraidh fiosrachadh nas làidire.

'B' e sin e, bhruidhneadh e ri Logan.

Caibideil V : Tha Ciaran a' Tadhal

A dh'aighfhearr chan fheumadh Ciaran fuireach aig an taigh ag ionnsachadh Eachdraidh na Daoine. Cha robh stocan de bhiadh cho mor 's a bu choir, 's bha e a-nise air a bhrosnachadh a bhith a' dol air turasan na h-iasgairean ann's na fìor-uisgeachan comhla ri charaidean Raj is Andi mus tigeadh an reotha mor.

“Suithead ma-tha, a’ Chiaran, co ris a tha e coltach nuair a tha thu na do shuidhe an sin is na Daoine Beaga a’ tighinn?” dh’fhaighnich Raj, ‘s iad a falbh air an turas fhada suas an amhainn gu na lochanan domhainn. ‘S e ceist nàdarrach a bh’ann bho charaid gu caraid eile. Bha fios aig Ciaran gum biodh e fhein air a’ cheart cheist a chur, ach cha d’roinn sin an gnothach nas furasda dha.

“Tha e rudeigin neonach,” thuirt e an deidh tosd mi-chofhurtail. Fhuair e nach robh fios aige de chanadh e, rud a bha neo-abhaisteach nuair a bha e comhla ri charaidean.

“‘S docha nach eil e ceadaichte bruidhinn mu dheidhinn?” arsa Andi. “Cha chan gin dhe na Fir-Malairt sian uair sam bith.” Rinn Andi snodha-gaire bronach is mhothaich Ciaran sanas briseadh-duil na ghuth.

“Ach ‘s cinnteach gun urrainn dhut innseadh dhuinne mu-dheidhinn?” thuirt Andi. “A bheil thu a’ cumail do cheann sios fad an tide?” lean Raj air. “Trobadh, a’ bhràthair! Tha mi a’ ciallachadh, nach fhaigh thu eadhon sùil bheag bhiodach orra?”

“Feumaidh mi mo cheann a’ chumail sios.”

“Ma tha, de seorsa fuaim a bhios iad a’ deanamh? Feumaidh gun cluinn thu iad co-dhiù.”

De, smaoinich Ciaran, a chanadh a’ charaidean mu dh’innseadh e an fhirinn dhaibh: gu robh guthan na Daoine Beaga nas àlainne ne rud sam bith a chual’ e riamh, gu sonraichte an guth boireann aig aon dhiubh ris a robh e air ceangal a’ dheanamh ann an doigh dhomhainn... De chanadh iad nam biodh fios aca mar a sheinn a’ chridhe le toileachas nuair a chluinn e iad, gu robh a’ bheatha a-nis deifrichte, is gun do dh’fhàg aon dhiubh flùr geal dha, a bha a-nise na sheilbh nas priseal na rud sam bith eile.

“Bidh mi a’ cluinntinn seorsa de chronan”, thuirt e. “Coltach ri fuaim air mo chùlaibh.”

“A bheil e neonach? Tha iad a’ radh gu bheil am fuaim gle, gle ard.” Bha Raj ga

choimhead, a' feitheamh ri rudeigin air bharrachd. Bha na tri caraidean a h-uile uair fosgailte is onarach ri cheile 's bha iad air rùnan a chumail comhla cheana. Bhruidhinn iad eadhon mu dheidhinn Malairt 's mar a' dh'fhaireachadh e nam biodh tu a' suidhe sàmhach air creig le ceann sìos, 's a' smaoineachadh mu-dheidhinn an cruth aca, gun ceud a bhith a' coimhead orra. Cha robh dùil sam bith aca gum biodh aonan dhiubh fhein na Fhear-Malairt.

"Uill, tha iad nas àirde ne na guthan againne," thuirt Ciaran mu dheireadh thall. Bha e a' faicinn gu robh an imcheist is an cumail air ais aige a' gortachadh Raj. "Seadh, nas àirde, chanain."

"De cho faisg 's tha iad a' tighinn?"

"Chan eil e soirbh innseadh." Cha robh Ciaran airson a bhith a' cumail sìan bho charaidean, ach bha fios aige gum be seo a bhiodh iad a' smaoineachadh.

"Tha cuid a' radh nach eil na Daoine Beaga ann idir," arsa Raj, 's e a' togail clach mhor 's ga thilgeil dhan amhainn." Tha mi a' ciallachadh, mar a faic duin' iad uair sam bith, eadhon Fear-Malairt, ciamar a tha fios againn a bheil leithid a' rud ann? 'S docha gu robh Sealgairean a' Phàisde ceart fad an tìde is gur e dìreach mìotas a th'ann. Air neo na Seanairean a' feuchainn ri ur mealladh."

Bha fios aig Ciaran gu robh Raj a' feuchainn ri bhrosnachadh airson freagairt nas fheàrr fhaighinn as. Cha bhiodh rud air bith a chanadh e a-nise ach a' tarraing ceistean cearbach eile. Rinn e suas inntinn a bhith sàmhach, is thàinig Andi coir ga chobhair mar a b-àbhaist.

"Tha beachd agam gu bheil sinn a' deanamh duilgheadas dhut, a' bhràthair. Mur nach eil thu airson bruidhinn mu dheidh, tha sin ceart gu leor," ars' Andi. "Sin mar a tha, saoileam. Dichuimhnich gun do fhaighnich sinn. Hai, tha mi'n dochas gum bith sinn fortanach le eisg Ezra an-diugh."

Thionndaidh an comhradh gu iasgach is ghabh Ciaran pàirt ann le tolachas. Bha fios aige, ge-ta, gu robh a' charaidean mothachail air atharrachadh ann. Bha rùn aige, rudeigin nach robh e airson innse dhaibh. Bha fios aca air a-nis is bha

bacadh eatorra, rud dùinte far a' robh fosgladh riamh roimhe.

Chaidh an turas-iasgaich gu math. Dh'obraich na triùir gu math comhla is ghlac iad moran eisg Ezra le feoil pinc. Bha na tri dealrach le prois a' smaoineachadh air an tolachas a bheireadh e dha na Daoine-Cinnidh aig an dachaidh. Dheanadh e ùrachadh furanach bhon a' bhrot de charran is bhon taois-charran a bha iad ag itheadh o chionn ghoirid, a-nise gu robh stocan sithinn a' dol sìos.

Dh'iarr Ciaran ceud bho na Seanairean a bhith a tadhal air a' sheanmhair a' thoirt cuid dhe na h-eisg ga-h-ionnsaigh. A-nise gur e Fear-Malairt a bh'ann, dh'fheumadh e a h-uile uair ceud fhaighinn mus fhàgadh e uaimhean an dachaidh. Fhuair e seo draghail is dh'fheuch e seo a' chumail bho ghuth nuair a dh'fhaighnich e.

"Faodaidh tu, a' Chiaran." B'e Lachlan a fhreagairt. "Bha iongnadh orm cuin a' bhitheadh tu airson a' dhol air thuras an sin." Bha na suilean glic aig Lachlan ag innseadh, smaoinich e, nach robh e cho faisg sin air a' sheanmhair agus gum biodh, 's docha, reusan eile airson an turas.

"Faodaidh mi iasg Ezra a' thoirt ga h-ionnsaigh," arsa Ciaran. "Is tha mi a' smaoinicheadh gu bheil sgeinan is leggings airson na sealgairean as an uaimh ad cuideachd."

"O tha," arsa Hallam. "Tha am pàirt acasan dhe na Tabhartasan-Malairt air a chur air taobh mu thràth. Bha Lachlan a' dol ruithe, 's faodaidh e a' dhol comhla ruit air an rathad. Feumaidh e Sharan, fear dhe na Seanairean againn, fhaicinn an sin."

"Am faod Glenda is mi-thinn tighinn cuideachd! Tha rudan cudromach againn ri dheanamh ann." Rainig Silbha aig a' thaobh gun fhios. Rinn Ciaran gruaim rithe is bha e a'dol a dh'innse dhi a bhith a' cumail a-mach as a' ghnothach nuair a nochd air gum biodh Silbha 's a' caraid, a bha a' cheart cho fuaimneach, math air cumail ceistean mu dheidh fhein air falbh. Cha bhiodh Lachlan deonach air bruidhinn mu na Malairtean nam biodh na nigheanan comhla riutha, is cha robh

Ciaran airson cus cheistean bho Lachlan.

Dh'fhaighnich Lachlan aon uair an robh a h-uile sian a' dol gu math aig a' Chreig-Mhalairt, ach leis na nigheanan a bhith ann cha do dh'fhaighnich e rud sam bith eile. B'e an rud neonach mu na nigheanan, eadhon 's gu robh iad a' cabaireachd ri cheile gun smaoineachadh air sian eile san t-saoghal, gun cluinneadh iad as a' bhad mu chanadh Lachlan 's Ciaran rud sam bith inntinneach, is leumadh iad air, a dh'iarraidh am pàirt fhein as a' chomhradh.

B' e Raban am bràthair a bu shine aig a' mhàthair agus, mar mhac an teaghlaich, bha e a toirt dachaidh do Sheanmhair Elgina cuideachd. Cha robh mic aige fhein fhathast ach bha ceithir nighneagan bheothail. Bha Silbha 's Glenda a' coimhead air adhart ri bhith gam faicinn, 's cha robh Ciaran ro thoilichte mun fhuaim ri tighinn. Gu deimhinn bhiodh iad uile a' suidhe mu chuairt ag eigheach 's a' praoisgeil mu neo-ni.

Chuir e fàilt' air a' cho-oghachan boirreann. Bha iad uile a' deanamh deiseil a' dhol a dh'àiteigin comhla. Bha iad a' coimhead làn de dh'fhein-earbsa, rud a thug snodha gàire do aodann Chiaran. Stad e a' thoirt glac teann don a cho-ogha a b'fheàrr leis, Làra bheag, leanabh an teaghlaich, is an uair sin chrom e nas doigheile a chur fàilt' air a' Sheanmhair, a bha na seasamh ri taobh an t-sruth.

"Ciamar a tha sibh, a' Sheanmhair Elgina?" dh'fhaighnich e.

Leig a' sheanmhair seachad e is rinn i cnog ri Lachlan.

"Fàilte, a' Sheanair. Tha mi'n dochas gu bheil sibh 's ur cinneadh uile gu math. Bidh sibh ag iarraidh Sharan," thuirt i. "Tha e a goil iocshlaintean lusragach thall ri taobh na creagan geal sin. Bidh mo mhac, Raban, duilich gun do chaill e sibh. Tha e a-muigh a' sealgaireachd."

An uair sin dh'iarr i air Silbha 's Glenda an leanabh, Làra, a' thoirt air falbh comhla ris na nigheanan eile mus do thionndaidh i gu Ciaran.

"Well, a' Chiaran. Tha greis ann bhon a bhodraig thu tighinn gar faicinn an seo. Ro thrang le do charaidean airson tadhal air seann bhoireannach, 's docha?"

“Thuirteanmhair Elgina seo ris a h-uile uair, is ged a bha e fìor, smaoinich e uaireannan nach do bhrosnaich seo e gu bhith a’ tadhal oirre nas trice.

“Tha mi duilich e bhith cho fada, a’ Sheanmhair,” thuirte e. “Ach thug mi dhuibh iasg bhon abhainn. Chutaich mi iad is cholpaich mi iad dhuibh. Ghlacadh iad an-de à lochanan Ezra.”

“Tha mi ‘n dochas gun tug thu na cnàmhan uile asda,” thuirte i, a’ gabhail na h-eisg is a’ coimhead orra gu gruamach. “Tha mi a tachdadh air cnàmhan a-nise. Chan e gu bheil sin a’ cur dragh air duine sam bith. Chan eil co-mhothachadh no tuigse aca air mo shon tuilleadh.”

“Bha mi mothachail, is choimhead Mamaidh dho cuideachd.” Carson a’ fheumadh an t-seann bhoireannach a bhith cho suarach, dh’fhaighnich e dhe fhein. Bha i a’ sùghadh a h-uile toileachas bhon tiodhlac aige.

“Cho beag ‘s a bhiodh e aca, dh’fhaoitainn coiseachd air falbh dhan t-sneachd, ‘s a’ dhol a’ chadal ann an cathadh-sneachda,” thuirte i an uair sin. B’e rud a thuirte i gu tric, eadhon am meadhann an t-sàmhraidh, is chum Ciaran sìos ochan de mhi-fhoighidneas ‘s dh’fheuch e air snodha-gàire rithe. “Bha dùil agam gun cordadh iasg ùr ribh, a’ Sheanmhair.”

Cha thuirte Seanmhair Elgina sìan, ach chum i orra a’ coimhead air an iasg.

“Thug Lachlan ‘s mi-fhin a-nall sgeinan ‘s leggings cuideachd,” thuirte e. “Agus brogan airson na Sealgairean an seo. Bhon a’ Mhalairt.”

Bha miann aige gun canadh i rudeigin mu-dheidhinn e bhith Taghte mar Fhear-Malairt. ‘S cinnteach gu robh i proiseil air a shon. B’ e esan an ogha aice fhein.

“Chan eil feum agam air sgeinan ùr,” ars’ ise, ‘s i a’ tionndadh a-staigh don uaimh leis an iasg. “Tha mi toilichte le mo sheann sgeinan. Gu de an feum a th’agam air rudan ùra aig an ìre seo dhe’m bheatha?”

“Bha rudan gle mhath anns a’ Mhalairt mu-dheireadh. ‘S docha gum bu toil leibh . . .”

“Bha do cho-ogha Rogan an seo an-de,” bhris a’ sheanmhair a-steach.

Dhealraich a h-aodann nuair a bhruidhinn i mu Rogan. B' esan an ogha a b'fhearr leatha. "Thug e feoil damh gam ionnsaidh. Tha fios aige gun toil leum e ged nach urrainn dhomh a' chagnadh cho math 's a b'abhaist."

"Tha sin math," arsa Ciaran. Cha robh a' sheanmhair, bha e coltach, a' dol a chantail sian mu dheidhinn e bhith air a' Thaghadh.

"O, tha, 's e sealgair dha-riribh a tha na do cho-ogha Regan. Tha Alban a' tighinn air adhart cuideachd, ach chan eil duine cho gealltanach ri Regan."

Phut i bobhla teth teatha- lusan ga ionnsaidh.

"Bidh am paghadh ort an deidh do thuras." B e a' chiad rud coithneil a thuirt i ris. Thug Ciaran taing dhi is cha robh e cinnteach de chanadh e an uair sin. Dh'ol e an ti aige is choimhead e oirre mar a ghluais i timcheall, 's i fhathast a' sireadh cnàmhan san iasg.

"Chan e droch ghille a' thunnad idir, a' Chiaran," thuirt i mu dheireadh. B' e seo moladh da-riribh bhon t-seann bhoireannach. "Chan eil thu a' gabhail an crotal pùdaraichte coltach ri Alban co-dhiù. Tha mi a' smaoineachadh gu bheil a' charaidean ga chur air seachran."

Bha iongnadh air Ciaran gu robh fios aig a' sheanmhair e a bhith an urra ris a' chrotal. Bha i ceàrr, ge-ta, mu dheidhinn a' charaidean; bha e nas coltaiche gum be Alban a bha a cur càch air seachran. Co-dhiù, bha e druidhteach gu robh fios aice air sian idir mu dheidhinn.

"Uill, tha mi a' smaoineachadh . . . "

"Nas fheàrr gun a' bhith a' smaoineachadh mu dheidhinn," ars' ise. Dheàrrs' a ' suilean le buaidh mar a fhuair i aon chnàmh eisg 's a chum i suas e. "Direach na bi a' deanamh atharrais air. Feuch ri bhi nas coltaiche ri Regan." Chiùinich an guth aice aig ainm an ogha na bu shine aice.

Chuir Ciaran gruaim air, le a bhith cluinntinn ainm a' cho-ogha, Regan, gun stad. Carson a'dh'fheumadh Seanmhair Elgina ainm a thoirt a-staigh don a h-uile comhradh?

“Is bidh thu airson bruidhinn ri Logan,” thuirt i gu grad. “S e sin an adhbhar ceart airson do thadhal, a’ Chiaran. Tha e thall ri taobh na creagan dubh air a’ chladach, a’ teagasg sgilean sealgaireachd do na caileagan, mu chreideas tu e. Na caileagan!” Cha mhor nach do rinn i smugaid mun fhacal “caileagan”. B’fheàrr leatha gillean thar nigheanan is rinn i sin follaiseach.

Aon uair eile ghabh Ciaran iongantas ri sheanmhair. Shaoileadh tu gu robh i a’ cur seachad a’ tide a’ deanamh brot carran, a’ rùisgeadh ainmhidhean is a’ deasachadh biadh na h-Uaimh-Cinnidh, ach bha e soilleir gu robh i mothachail air na bha a’ dol air adhart timcheall orra.

“O, tha, a’ Chiaran, tha mi nas mothachail na tha thu a’ smaoineachadh.” Rinn i snodha-gaire, a’ sheall fiacalan le bearnan, mar gum biodh i air na smaointean aige a leughadh. “Gu math nas mothachail. ‘S urrainn dha mo sheann shùilean faicinn de tha dol as an t-saoghal. Bidh daoine a’ smaoineachadh nach eil fios agam air càil, ach tha iad ceàrr. ‘S docha nach eil mi deiseil fhathast ri bhith dol air turas fhada, eh? A-nis fhalbh is faighnich dhe Logan mu Mhalairt.”

Mar a dh’fhalbh Ciaran, gnog e a cheann ag aontachadh. Bha Seanmhair Elgina ceart gu leor nas mothachail na bha e a’ smaoineachadh: bha i nas geire ne sgian ùr-fhaobhraichte an t-sealgair.

Caibideil VI : Logan’s na Caileagan

Mar a rinn Ciaran air a’ chladach, a’ streapadh thairis air na creagan dhubh, air an cur sìos iomadh gealach air ais leis na Beinn-theine Dhorcha, bha iongnadh air carson nach robh Logan a-muigh a’ sealgaireachd comhla ri daoine na cinnidh. De bha Seanmhair Elgina a’ ciallachadh nuair a thuirt i gu robh e a’ teagasg sgilean sealgaireachd do na caileagan? Cha robh e a’ deanamh ciall. B’ e a’ chiad ghuth a chluinn e, eadhon mus d-ràinig e mullach a’ chreig mu-

dheireadh, nach biodh fios, an guth aig Silbha. Bha an seorsa guth aice a dhireadh os cionn guthan eile.

“Bhuail mi e! Bhuail mi e!” Dh’eigh i le toileachas.

Thug Ciaran sùil thairis air mullach a’ chreig mu dheireadh ‘s leudaich a’ shùilean an iongantas aig an t-sealladh air a’ bheulaibh.

Bha Logan cuartaichte le cnap de chaileagan as an Uaimh-Chinnidh aige fhein is às na ceithir Uaimhean-Chinnidh eile. Bha iad uile ann an sreath, mor is beag, deugan is biodach, ‘s bha Logan gan teagasg ann an rudeigin mar bhoghadaireachd.

‘S e buill-airm ùr a bha ‘s na boghan ‘s na saigheadan grinn dhan a’ Chlann; buill-airm ùr nach robh fios aig duine a chleachdadh. Bha Logan air moran dusan dhiubh a thoirt air ais nuair a bha e na Fhear-Malairt agus bha na Sealgairean na bu shine a’ deanamh fanaid orra.

“De tha ceàrr air gath ‘s air harpoon mar a bh’againn riamh?” dh’fhaighnich iad, is rinn iad spors air Logan airson a bhith a’ feuchainn ri sgilean a’ bhoghadair ionnsachadh le bhith a’ feuchainn air targaidean.

Bha Ciaran air cluinntinn mu Logan ‘s na buill-airm a thug e air ais bho na Daoine Beaga, ach bha e air a chur às inntinn. Smaoinich e gu robh fanaid na Cinne-Daoine air deanamh air an cur ri taobh. A-nis bha e an seo a’ teagasg boghadaireachd do chnap nigheanan!

“Theid mi na cheart-mheadhan an uair seo. Tha mi deimhinne gum buaill mi e.” B’ e seo Rabina, an co-ogha a bu shine aige.. Bha a’ falt fada, dorch, fillte gu snog timcheall a’ ceann, is bha coltas geur air a h-aodann mar a rinn i deiseil airson amas air an targaid. Chum Ciaran sùil orra mar a chuidich Logan i a bhith a cur a gairdean ann an suidheachadh beagan deifrichte. Chum i a ceann àrd is chuir i saighead dìreach am meadhan targaid de craiceann-roin air a shineadh. Abair deagh fhortan!

“Math thu fhein, a cho-ogha Rabina! Abair ionnsaigh fhortanach!” dh’eigh e mar

a leum e sìos bhon a' chreig a' ruith dhan chomhlan. Cha b'urrainn dha a' mheas fhalachadh, is mhiannaich e ionnsaigh a' ghabhail air an targaid e fhein. 'S docha nach robh na buill sin cho gorach idir. Ma b'urrainn do nighean bogha a chur às cho dìreach, smaoinich de dheanadh esan, mar ghille 's mar Shealgair ri tighinn! "Fàilte, a' Chiaran," arsa Logan, 's e ga choimhead le sùil measarra, gun fhiamh. B' e mothalachd fàilte a chur airesan an toiseach, mar Shealgair, mus do bhruidhinn e ri cho-ogha.

"Fàilte, Logan." Cha mhor nach robh Ciaran air dichuimhnicheadh gun do dh'iarr e bruidhinn ri Logan le iongnadh air na leasan a' m boghadaireachd. "Tha mi'n dochas gu bheil sibh gu math. Agus ur cinneadh uile cuideachd."

"Tha, tapadh leat, is thusa is do chinneadh cuideachd, tha mi 'n dochas." Rinn Logan an aon fhàilte doigheil gu fuar.

"S e seo sealladh - uh -- uh -- neo-àbhaisteach, nach e!" Rinn Ciaran snodha gàire ri Logan ach cha d'fhuair e gàire air ais.

"Uill, tha sin a' crochadh air de tha thu a' ciallachadh le neo-àbhaisteach. Tha sealgaireachd doirbh an-dràsda is tha ur stocan gu cunnartach iosal. Feumaidh sinn uile a bhith ag ionnsachadh sealgaireachd. Chan eil mi a' faicinn rud sam bith neonach mu bhith ag obair air ur sgilean mar seo."

"Tha sibh a' ciallachadh nigheanan cuideachd? Tha mi a' ciallachadh, 's urrainn do nigheanan a' dhol a' dh'iasgach 's a' chruinneachadh, ach - - "

Cha do chuir e crìoch air an t-seantans oir bha Rabina a' toirt sùil fheargach air.

"Ach de, a' cho-ogha?" Bha a guth cho fuar ri deigh. "Iasgach is cruinneachadh? An e sin na tha sinn comasach air?"

"Uill, tha mi a' ciallachadh - 's chan eil mi a' minigeadh sian leis - cha bhi nigheanan a' deanamh feum de bhuill-airm, am bi?"

"Tha ceist agad mu nigheanan a bhith ag ionnsachadh cleachdadh buill?" Bha Rabina feargach a-nis, 's choimhead i gu Logan airson taic a' chumail rithe.

"S docha gum bu toil le Ciaran pàirt a' gabhail as a' chlas," arsa Logan is dh'eirich

fuaim de dheidhealachd bhon na nigheanan mun cuairt air.

“Leigeabh leis feuchainn!”

“ Seadh, a’ Chiaran – leig dhuinn faighinn a-mach an urrainn dhut buill a’ laimhsicheadh nas fhearr na sinne!”

Direach mar a bha Ciaran a’ beachdachadh air ciamar a sheachnadh e tàmailt, b’ e Silbha a thàinig ga chobhair.

“A’ Chiaran! Faic mise!” Dhanns’ i timcheall air ghoil, a’ crathadh am bogha aice.

“Seall mar as urrainn dhomh saithhead a chur!”

“Shsh, Silbha, cha leig thu leas a bhith ag eigheach fad an tide,” arsa Ciaran, eadhon ‘s gu robh e toilichte gu robh i air an t-sùil gheur aig Logan ‘s an t-aodann gruamach aig Rabina a’ thionndadh bhuaidhe an dràsda.

“Am faod mi, Logan,” dh’fhaighnich i, le barrachd ùmhlachd ri Logan. “Am faod mi sealltainn do mo bhràthair na theagaisg sibh dhomh?”

“Carson nach seall?” Rinn Logan snodha-gaire mu dheireadh, is b’e gaire choibhneil a bh’ann, gaire a dhealraich troimh a’ shùilean mar ghrian air an uisge. “Siuthad, Silbha. Feuch e.”

Rinn Ciaran amas air a’ ghàire a chumal sìos, ‘s e a’ coimhead air aodann Silbha a’ dol ann an cumaidhean neonach. Chuir i seachad torr ùine a’ gluasad a’ casan , ‘s an uairsin sheas i, a taobh ris an targaid, is spleuchd i air gu teann mar a dh’amais i air. De cho neonach ‘s a bha an cumadh aice! Bu mhiann leis gum b’urrainn do Andi is Raj a bhith ann ga faicinn.

Chaidh stad air a’ ghàire an taobh a-staigh, ge-ta, nuair a leig i as an saighead.

Direach cho ceart ri sathadh Sealgair sam bith, rinn e air an targaid de craiceann roin. Cha do bhual e a cheart mheadhan mar a rinn an co-ogha fortanach eile na bu shine aice, Rabina, ach cha robh e fad’ air falbh. B’ e oidhirp drùiteach a bh’ann do dhuine sam bith, is do nighean aig aois naoi bliadhna bha e

miorbhaileach.

Bha iomadh paidhir de shuilean dealrach a' coimhead a-nise ga ionnsaidh. B 'e Silbha an aon phearsa nach robh ga choimhead, chanadh tu. Bha i a' sgrùdadh an targaid le prois.

"Uill, fhear-cinnidh." B e Logan a bhruidhinn. "De tha thu a' smaoineachadh mu sgilean do phiuthar? Chan eil e dona airson nighean bheag, a' bheil? No an e amas fortanach eile a bh'ann?"

"Cha mhor gu bheil fios agam de chanas mi," arsa Ciaran. Thionndaidh e is lùb e do na nigheanan uile air a' bheulaibh. "Tha mi a' gabhail ur leisgeil uile gu leir airson an fhanaid a dh'fhairich mi nam chridhe is a nochd nam aodann. Tha mi air mo nàrachadh. Tha dùileam gu bheil fios aig a h-uile duine nach teid mi faisg air an targaid ad. Smaoinichidh mi gum bithinn fortanach a' mhuir a' bhualadh! Chan eil fios'am fiù 's ciamar a bu choir dho am bogha a' laimhseachadh.

Feuchaidh mi e mus toil leibh, ach saoilidh mi gu bheil fios againn uile gu bheil mi a' dol a' choimhead gu math gorach. Silbha, tha mi moiteil asad!"

Rinn Logan faite-gàire ris, is b' e faite càirdeil a bh'ann a-nise. Rug e air laimh Ciaran na dha lamhan fhein.

"Gur math a thubhairt thu, a' Chiaran. Tha sinn a' gabhail ri do leisgeul. Tha mi a' faicinn gu bheil cridhe mor agad is chi mi carson a thagh iad thu mar Fhear-Malairt."

Dh'fhas Ciaran dearg le toileachas aig faclan Logan. Mar a rinn an dithis aca cnog ri cheile, a' gabhail tlachd 's a' mhomaid, tharraing Silbha a' mhuilcheann.

"A' bheil thu ceart gu leor proiseil asam, a' Chiaran?" dh'fhaighnich i "Gu firinneach? Tha mi a' ciallachadh, cha tuirt thu sin uair sam bith eile!"

"Tha mi proiseil is lan speis, Silbha. 'S docha gun teagaisg thu dhomhsa uaireigin bogha is saighead a' laimhseachadh."

Leum Silbha sìos is suas le toileachas, is dh'iàrr Glenda air Ciaran a bhi ga coimhead-sa cuideachd is i a' cur as saighead.

Sheas e comhla ri Logan 's Rabina mar a thug na nigheanan caran a' sealltainn an sgilean mar bhoghadairean. Rinn Lara bheag greim air a' chasan is dh'iàrr i a bhith faisg air re an taisbeanadh.

"Aon latha 's e mise an te as fheàrr, Ciaran, mo cho-ogha," chagair i.

"Tha mi cinnteach as!" dh'aontaich Ciaran, 's e a' deanamh sguab air a ceann.

Bha cuid dhe na nigheanan nas fheàrr ne càch ach bha iad uile gleusta.

"Cha robh sian de d'fhios'am gum be seo a bha iad ris nuair a bha iad a' tighinn an seo," arsa Ciaran. "Mas urrainn dhaibh targaid a bhualadh cho math sin bidh iad feumail aig an t-sealgaireachd. Gu follaiseach, cha mharbhadh seathad ron neo each-mara, ach bheireadh e eun sios as an adhar. Tha seo gu math togarrach. Chan urrainn dhomh creidsinn gun do dh'amas sibh uile air seo a' chumail falaichte!"

"S urrainn do nigheanan rudan a' chumail falaichte gle mhath, gu dearbh," arsa Silbha.

"S e Rabina am boghaidear as fheàrr," arsa Logan. "B'urrainn dhi sealltainn dha na sealgairean mor againn ciamar a bhith a' toirt sios fiadh og neo tunnag fhiadhaich.

'S docha gum bidh naidheachd neo dhà ri tighinn do na fir againn 's a gheamhradh seo. De chanas tu, Rabina?"

Dh'fhàs Rabina dearg is rinn i gàire.

"Am faod mi bruidhinn ribh uaireigin, Logan, nuair a bhios sibh deiseil leis an leasan?" dh'fhaighnich Ciaran, a' cuimhneachadh carson a bha e a' tadhal. "Ma bhios e freagarrach dhuibh, 's e sin.

"Faodaidh Rabina m'àite a' ghabhail an seo. Carson nach gabh sinn ceum ri taobh a' chladaich an-dràsda?"

Rinn Logan gnog ri Rabina is rinn i gnog air ais. An uair sin d'fhalbh e comhla ri Ciaran ri taobh a' chladaich.

Choisich an dithis aca airson ùine gun bhruidhinn, leis an fhairg fhuar ghlas ri'n

deas.

“Bha thu airson bruidhinn mu Mhalairt, tha mi a’ smaoineachadh?” d’fhaighnich Logan an deidh greis.

“Uill, bha.” Bha iongnadh air Ciaran ciamar a thoiseachadh e.

“Tha e gle ùidheil aig an toiseach,” thuirt Logan, ‘s e a’ coimhead à aon taobh air Ciaran. “Tha thu a’ faireachadh sonraichte, deifrichte bho do charaidean.”

“Tha,” arsa Ciaran. Tha mi a’ smaoineachadh gur e sin a tha mi a’ faireachadh. Chan eil sian mar a bha e roimhe.”

“Chan eil duine a dh’fhàs eolach air na Daoine Beaga gu bràth mar a bha iad. Tha mise air atharrachadh gu cinnteach.”

“Ciamar?”

“S urrainn dhomh bruidhinn mu phàirt dheth,” thuirt Logan. “Ach pàirt dheth cumaidh mi glaiste na mo chridhe fhein.”

“An do---an d’ rinn sibh com-pàirteachadh idir ruidhe?” Dh’fhairich Ciaran sath grad de ghluasad, farmad, thuig e.

“Chan eil sin ceidichte,” arsa Logan.

“Is chan e sin freagart,” arsa Ciaran.

“A’ Chiaran, tha thu aig toiseach do bhliadhna Malairt,” thuirt Logan. “Tha thu a’ faireachdainn deifrichte mar-thà. Aig a cheann thall bidh tu atharraichte a-rithist. Uill, ‘s docha nach bidh thu atharraichte ach leasaichte. Thig na tha math unnad a-mach is bidh e nas làidire. Bidh na Daoine Beaga air do thaghadh a dh’aon ghnothach agus thig thu gu sin fhaicinn. Nam chùis fhin --- de chanas mi mum chùis fhin?”

Stad e ‘s choisich Ciaran gu sàmhach ri thaobh, a’ feitheamh gus an toiseachadh e a-rithist. Bhruidhinn Logan cha mhor mar Eildear, ach cha robh e màirnealach mar a bha na h-Eildearan uaireannan.

“Na mo chùis-se, b’e na boghan ‘s na saghaidean pàirt dhe mo rùn.” Thionndaidh Logan a’ choimhead air a’ mhuir. “Cha robh fios’am air seo aig an toiseach. Bha a h-uile duine a’ magadh orm mar a chùm mi orm gan toirt air ais bhon a’ Chreig-Mhalairt. An toiseach bha’n fhearg orm, feumaidh mi a ràdh. Bha mi feargach ris na Daoine Beaga. Cha robh mi a’ faicinn ciall anns na boghan ‘s na saghaidean, ‘s bha gràinn agam air fanaid na Sealgairean. Thuirt iad gum be mise am Fear-Malairt a bu mhiosa riamh. Thuirt iad gu robh mi gun fheum. Saoilidh mi gu robh cuid dhiubh farmadach, is gu robh sin reusan gu leor a’ bhith tarraing asam. “S toil le cuid a bhith an comhnaidh a’ fanaid air feadhainn eile ‘s cha leig iad a leas adhbhar mor sam bith. An uair sin dh’iàrr na Daoine Beaga orm toiseachadh air boghadaireachd a chleachdadh . . . “

“Dh’iarr iad oirbh!” Rinn Ciaran greim air gairdean Logan, ‘s e a’ plubraich le togarrachd.

“Cha do dh’iarr iad orm ann an comhradh mar a tha sinn a’ deanamh an-dràsda,” arsa Logan. “Chan eil mi a’ dol a’ ràdh rud sam bith eile, a’ Chiaran. Tha cainnt shomhraichte aca, rathad a’ bhith leigeil leat fhein an co-dhùnadh ceart a’ dheanamh. Gheibh thu mach nuair a bhios e freagarrach dhut. ‘S e ‘n dleasdanas agamsa a bhith teagasg sgilean ùr do na Sealgairean, ‘s do na nigheanan cuideachd. Tha mi a’ creidsinn gur e mo dhleasdanas, mo dhleasdanas naomh, is gun sàbhail boghadaireachd sinn uile bhon t-acras, neo ‘s docha bho na naimhdean air an Taobh Deas - - “

“Air an Taobh Deas? De, a bheil sibh a’ ciallachadh na Cinnidhean bho Thir a’ Phàisde na Chadal?”

“Tha, dh’fhaodadh bagradh tighinn a sin an àm ri teachd. Tha bruidhinn ann am

measg na Sealgairean. Fathannan.”

“Fathannan mu dheidhinn?”

“Tha iad a’ ràdh gu robh iad air Cinnidhean-Paisde fhaicinn nar tirean. Chan eil fios againn de tha e a’ ciallachadh, ach ‘s docha gu bheil droch amannan a’ tighinn dhuinn uile. Tha ur stòran de bhith gle iosal, fada nas isle na bu choir, leis a’ gheamhradh gu bhith againn. ‘S docha gu bheil stòran bidh na Daoine Beaga iosal cuideachd. Ge b’e thachras, tha mi a’ smaoinachadh gu bheil na Daoine Beaga a’ feuchainn ri ur deanamh deiseil, agus ‘s docha gum bidh boghadaireachd feumail. ‘S e onair dhomhsa gu robh mi ceangailte ris is tha mi dìreach duilich nach cluinn mi na guthan binn sin tuilleadh. Tha mi cinnteach gun tuig thu de tha mi a’ ciallachadh. A- nis, feumaidh tu gealladh a thoirt dhomh nach inns thu rud sam bith a thuirt mi riut.”

Rinn Ciaran gnog solaimte. “Tha mi a’ mionnachadh air na Daoine Beaga.”

“Ni iad follaiseach do dhleasdanas sonraichte dhut,” arsa Logan. Cha bhruidhinn na h-Eildearan mu seo riut. Feumaidh tu fhaighinn a-mach dhut fhein. A-nis thig, bu choir dhomh deanamh air ais a dh’fhaicinn ciamar a tha na nighneagan seo a’ deanamh as m-aonais.

Thill iad air ais is bhruidhinn iad mu rudan eile.

Dhian-ruith smaointean is faireachdainnean timcheall ann an ceann Ciaran. De an dleasdanas a bhiodh aiges? Is ciamar a dh’innseadh na Daoine Beaga sin dha? An robh Logan taghte le aon phearsa gu sonraichte, an dh’fhuair e flùr geal? Ach bha fios aige nach b’urrainn dha gu bràth ceist mar sin fhaighneachd. Cha bhiodh e fhein airson ceist mar sin a fhreagart.

Bha Logan ceart: bhiodh pàirtean dhen Mhalairt air an cumail glaiste na chridhe.

Caibideil VII : Stoirmean a' Gheamhraidh

Bha an t-adhar air a bhith làn de shneachd airson ùine air ais, ach bha gaothan geur o thuath air na sgothan a sheideadh fad a-mach air a' mhuir. Bha e mar gum biodh an Geamhradh a' rabhadh, 's an uair sin a' rabhadh 's a' rabhadh, gu robh e a' tighinn. Bha'n geamhradh ag innse dhaibh uile a bhith deiseil, a bhith dharribh deiseil airson na ceudan stoirmean uabhasach sin.

B'e an cuis nach robh iad deiseil gu leor. Cha robh lon gu leor aig Daoine na Coig Cinnidhean a chumadh iad a'dol troimh an tide dhoirbh ri tighinn, 's bha fios aig a h-uile duine air. Bha na beist-ionaltraidh, na daimh mor is beag, air falbh fad air ais don deas, pios mor na bha cumanta,'s cha robh e ceadaichte a' dhol as an deidh aon uair 's gun robh iad seachad air Comhnardan Mor Eas Ezra. Bha e coltach gum biodh duine sam bith a chaidh air seacharan ann an Tir a' Phàisde na Chadal sealgte 's chan ann a' sealgaireachd. Bha Cinneadh a' Phaisde a' cumail na crìochan gu teann, 's bha iomadh sgeul aig na Sgeulaichean mun fheadhainn nach do thill.

As a' bhad, mar shionnach ban a' dol mun cuairt air feorag-talmhainn, a' feitheamh ris a' mhomaid thaghta, leum an Geamhradh orr' uile. Thàinig an sneachd sìos mu chuairt ann an sreath de chathaidhean cruaidh, a' mhinig gu feumadh iad uile fuireach gu domhainn 's na h-Uaimhean- Dachaidhail. Chan e nach b'urrainn duine a-nis a' dheanamh air Comhnardan Ezra ri deas, ach nach b'urrainn do Dhaoine na Coig Cinnidhean a' dhol a' thadhal air a' cheile. Cha mhor gu faiceadh tu do làmh fhein a' sineadh fad do ghairdean.

Airson a h-uile duine ach Ciaran b'e na storasan bidh an cuspair a bu cudromaiche. Ciamar a' mhaireadh iad mar am faigheadh na Sealgairean a-mach? Bha e riatanach a' bhith a' cumail blàth airson lùths a' chumail suas is

chuir iad uile uairean a-thide seachad as na h-ionnladan a bha air an cumail a-dol le fuaranan teth air cùl na h-uaimhean. Gun an t-uisge maireannach seo bha fios aca gu robh na Daoine aca air bàsachadh o chionn fhada. Le blàths mhiorbhaileach na h-ionnladan chan fheumadh iad cho mor itheadh, is chum na salannan is na meinnearan math iad fallain is gun tinneasan sam bith.

Bha na Daoine Beaga barrachd air inntinn Chiaran. Chaidh e eadhon a' choimhead airson Lachlan a' bhruidhinn ris mu dheidhinn.

“Cha leig thu leas dragh a' bhith ort,” thuirt Lachlan ris. “Tha iad a' cumail a' dol an doigh air choreigin, mar a rinn iad riamh. Feumaidh gu bheil liontan de uaimhean falaichte aca fhein. 'S docha gu bheil eadhon lochan teth ionnlaid aca.” “Ach ciamar a bhios biadh gu leor aca mur nach urrainn dhuinn Malairt a' chleachdadh leotha? Is am bidh iongnadh orra mur nach nochd mi air mo thuras sheachdainil?”

“An ainm na Coig Cinnidhean, a' Chiaran, tha mi a' smaoineachadh gum bidh fios gle mhath aca far a bheil thu. Chan urrainn do dhuine sam bith a' dhol a-mach dha na stoirmean sin is bidh na Daoine Beaga mothachail air sin. Feumaidh tu foighidinn ionnsachadh. Chan e rud ur sam bith a th'ann an droch thide, 's cha mhair na doineannan tràth seo ach deich gealaich co-dhiu.”

Bha Lachlan ceàrr, ge-ta. An deidh dà sheachdain, bha na doineannan fhathast ro fhiadhaich airson leigeil le duine a dhol a-mach. A h-uile là bha na stoirmean nas miosa: bha e geal uile-gu-leir. Thugadh na coin-shealgair eachd a-staigh bho na gaoithean reothte, 's air teadhair dìreach a-staigh aig beul na h-uaimh. Le bhith air an cumail a-staigh, bha iad a' dranndanaich ri cheile. Thug an galla a bh'fheàrr le Silbha breith do àl de chuileanan is dh'fheumadh an cur sìos a chionn 's nach biodh biadh a bharrachd ann dhaibh. Bha Silbha, a bha air feuchainn ri cuid dhe na cuileannan a' chur air falach, ann an droch staid le bron. Bha Ciaran e fhein gu math sìos, eadhon 's gu robh fios aige gun fheumadh e a' dheanamh. Bha ulfhartachd a' ghalla, caoineadh cloinn na Cinnidh, is ràin a'

phiuthair bhig a' sabaid ri fuaime uabhasach a' ghaoith, is ga dheanamh nas miannaichte air an Uaimh-Chinnidh fhàgail.

Bha a h-uile duine air bhìrean, 's bha trod ag eiridh eatarra gu tric. Chum Ciaran air falbh bho Alban 's a' charaidean. Bha fios aige gum biodh iad air falach am bad dorch air choreigin de na h-uaimhean, fo bhuidh a' chrotal gorm pudaraichte, is nochd iad a-mach as na seasanan sin gu math greannach. Shuidh e comhla ri Andi is Raj, a' geurachadh lannan na sgeinan, ach bha iad uile a' fas sgith 's cha robh moran aca ri ràdh ri cheile. Bha Grimman, an Sgeuladair, a bhiodh cumanta a' fuireach comhla ri muinntir an Treas Uaimh-Chinnidh, air a chumail air ais as an uaimh acasan aig toiseach na stoirmean, 's cha robh an cion fois aigesan a' cuideachadh a' chuis. Bha e crosda mu bhith air a' chumail cho fad' air falbh bho chàirdean 's choisich e sìos is suas an talla, a' deanamh gearan ris fhein. Ged a' dh'inns e na sgeulachdan aige timcheall an teine, cha robh iad cho beothachail 's a b'abhais, 's bha e follaiseach gu robh e mi-fhoisneach 's frionasach.

B'e 'n aon rud inntinneach, Dungran a bhith air aideachadh gu follaiseach mar Shealgair nan Coig Cinnidhean. Bu choir do Elgin, mar Cheannard na h-Eildearan gu leir, a bhith os cionn an deas-ghnàth ach bha e mar nach robh e cinnteach ca' robh e, is chaidh e mu chuairt a' tarraing chearcail leis a' bhata-coiseachd aige, 's a' cronan ris fhein. Bha inntinn air seacharan a-rithist, 's mar sin thuirt Hallam 's Lachlan na faclan beul-aithriseach, is chuir Dungran an geall a bhith a' sealgaireachd airson na Coig Cinnidhean, aig amannan math no dona. Chaidh na coig shreathan trasdanach na Coig Cinnidhean a loisgeadh air a' ghairdean. Dh'eigh a' chlann mar a b'abhais nuair a loisg an aithinne teth an fheoil aige, 's an uair sin thog a h-uile duine iolach. Dh'fhaodadh Dungran fhaicinn a' dunadh fhiacalan gu cruaidh ach cha do rinn e fuaim. Bha iongnadh air Ciaran, mar a bha an comhnaidh aig na h-amannan sin, am b'urrainn dha fhein fuireach cho sàmhach nuair a thigeadh an t-am aige fhein.

An deidh ceithir sheachdainean, nuair a bha fearg na stoirmean a' leasachadh beagan, 's nach robh sgreideil a' ghaoidh gan deanamh bodhar tuilleadh, dh'fhalbh cuid dhe na Sealgairean a-mach a' dh'fhaicinn de 'n uiread dhen mhuir a bha air reodhadh, is a lorg roin is eich-mara. Chaidh Ciaran do na h-Eildearan is dh'fhaighnich e am b'urrainn dha'n Carn-Slaoid-Malairt a ghabhail (cha robh feum as a' chairt san t-sneachd) 's a dhol a dheanamh Malairt. Bha e gu math fadalach.

"Chan eil an t-àm ann fhathast," arsa Hallam. "Chan eil eadhon na Sealgairean Calma a' dol a-mach ach ann an comhlanan faiceallach. Tha a' Chreag-Mhalairt ro fhad air falbh is bhithead thu ann an cunnart mu dh'atharrachadh an tide as a' bhad. Feumaidh tu feitheamh gus am fosgail an t-adhar."

"Ach dh'fhaodadh gum bith sin seachdainean!" Cha b'urrainn do Chiaran a' mhi-fhoighidinn a chumail air falach.

"Uill, 's de ma dh'fhaodas?" Bhruidhinn Hallam gu deas. "Chan e do gnothach-se a th'ann."

"Leigeibh dhomh feuchainn, mas e ur toil e", thagraich Ciaran. "Tha mi a' gealltainn gun tig mi air ais mu dh'fhàsas an tide nas miosa."

"An do chluinn thu mar a thuirt Hallam?" arsa Lachlan. "Seall urram, a' Chiaran."

"Tha mi duilich ma choimhead e mar cion-urram," arsa Ciaran. "Cha do mhiannich mi sin, is gabhabh mo leisgeul. 'S e dìreach gu bheil feum mor againn air tuilleadh aodach blath is tha mi cinnteach gu bheil feum aig na Daoine Beaga air barrachd feoil is iasg. Bha an stòraidh aig Grimman a-raoir gu math eagnaigh, mu mar a bha an Cinneadh aige a cur feum air leggings is parcas. Tha iad a' faireachadh nach eil iad air a bhith a' faighinn an cuid de pàirt dhen aodach Malairt. Bhruidhinn e gu mor air roinneadh is air Co-Sheirm eadar na Cinnidhean, 's bha e a' coimhead ormsa mar a rinn e sin."

“Tha fios agam gle mhath mar a thuirt Grimman!” Bha Hallam feargach. “Is mar a thuirt mi, chan eil gnothach agad ris na rudan sin! Is tusa an gille-teachdaire, ‘s e sin uile!”

“Leigibh leis a’ ghille feuchainn!” Leum a h-uile duine le iongantas mar a nochd Elgin nam measg as a’ bhad.

Dh’fhosgail Hallam a’ bheul a’ bhruidhinn, ach chuir Elgin stad air le gluasad. Bha aogas ughdarrasail, seimh, a’ ghiulan uasal mar Cheann-Cinnidh na h-Eildearan Uile, air ais, ‘s bha inntinn, a bha air falbh air turasan diomhair, air tighinn dha a-rithist, mar a thachair uaireannan bho uine ghoirid.

“Tha an tide garbh, ach tha ur feumannan garbh cuideachd,” arsa Elgin. “‘S e Fear-Taghte a th’ann’s a ghille seo. Ni e cho math ‘s as urrainn dha air air ur son uile.”

Choimhead Hallam ‘s Lachlan air a cheile an teagamh, is thuirt Lachlan ri Elgin le iomaguin: “A’ Cheannard, tha e math a bhith gar cluinntinn air ais a-rithist. Ciamar a tha sibh an-diugh?”

“O, tha mi gu math, tapadh leat,” arsa Elgin. “Tha mi air ais comhla ribh uile a-rithist.”

“Chan eil sinn a’ smaoineachadh gu bheil an tide ceart fhathast airson a’ ghille - -

“Agus tha mise ag ràdh gu feum e falbh,” arsa Elgin, is thuirt e sin ann an doigh nach gabhadh cur na aghaidh.

Dh’fheuch Ciaran an toileachas a dh’fhairich e a chumail bho aodann, is chrom e a’ cheann do Elgin.

“Tapadh leibh, a’ Cheannard na h-Eildeirean Uile,” thuirt e. “Falbhaidh mi a dheanamh deiseil as a’ bhad.”

Bha càrn de chreacannan ‘s de bhein ann, bha e coltach airson a’ Mhalairt, ach cha robh iad fhathast air an sgrudadh le Dungran. Chuir Ciaran e uile le cheile, le feoil saillte is iasg thiormaichte. Bha na Sealgairean air a’ dhol a-mach a’

dh'fheuchainn a' mhuir reota a ruigeadh, 's mar sin cha robh duine ann airson suil a chumail air. Dh'obraich e gu luath is cheangail e uile iad air Càrn-Slaoid a' Mhalairt.

"A bheil seo math gu leor?" Mar a chaidh Ciaran seachad air na tri Eildeirean, cha do bhruidhinn e ach ri Elgin. Cha do choimhead e air Hallam neo Lachlan. Rinn an seann duine gnog gum bu robh.

"Tha, a ghille, cum ort," thuirt e. "Bidh an turas doirbh. Doirbh, tha mi ag innse dhut, ach fiach a dheanamh."

"S e turas nach bu choir a dheanamh idir," arsa Hallam gu gruamach.

"An d'fhuair thu cead bho do pharantan?" dh'fhaighnich Lachlan.

"Tha m'athair comhla ris na Sealgairean", thuirt Ciaran, is rinn e air beul na h-uaimh, a' tarraing an slaodan as a dheidh, mus biodh Lachlann ag ràdh rud sam bith eile.

"Thoir cu leat," thuirt Elgin.

"Am faod mi sin a dheanamh?" dh'fhaighnich Ciaran. "Bha duil agam nach robh e ceadaichte coin a thoirt faisg air a' Chreig-Malairt."

"Bidh e coltach gu bheil curam ort as a' bhad mu rudan ceadaichte," arsa Lachlann gu gruamach. "Siuthad, mu fheumas tu falbh, thoir cu leat airson do cuideachadh leis an t-slaodan, is cuimhnich gun till thu air ais mu dh'fhàsas an tide nas miosa. Tha na speuran a' coimhead trom."

"Faodaidh tu a cheangal pios air falbh bhon a' Chreig nuair a ruigeas tu," thuirt Hallam.

"Mu ruigeas tu." Thuirt Lachlann 's choisich e air ais do dhoimhneachd na h-uaimh 's chaidh Hallam as a dheidh, a' crathadh a' chinn.

Cha robh ann ach Elgin ga fhaicinn air falbh. Choimhid an seann duine mar a cheangail Ciaran an galla a bh'fheàrr leis, Hekla, do'n t-slaodan aige. Thoisich e air rudeigin a ràdh ach cha robh na faclan aige cho taisbeanach 's a bha iad. As a' bhad bha e a' coimhead fad às mar nach robh e a' faicinn Ciaran tuilleadh. Bha e

mar gum biodh e a' faicinn rud fad, fad air falbh, leis an t-seann shnotha gàire gun fhiacalan. Thoisich e air cronan, is chum Ciaran suil air mar a chaidh an solas bho shuilean 's mar a chaidh inntinn air ais air fhuadan falaichte. Dh'fhalbh e gu luath, mus fhaiceadh na h-Eildearean eile seo cuideachd. Nuair a bha inntinn Elgin air seacharan, bha Hallam os cionn ghnothaichean. Bha an t-àm ann falbh. A dh'aindeoin fuachd a thug t-anail anns an do choisich e, dh'fhairich e toileachas blàth na chridhe. Bha e a' dol a bhith comhla ris na Daoine Beaga a-rithist!

nas boidhche, a' Chiaran. "Chan eil thu a' coimhead cho math, thu fhein, a' bhrathair," arsa Ciaran. Tha suilean dubh ort fhein 's air Andi. Tionndaidh iad dathan uile a' bhogha-frois air feadh an gealaich ri tighinn!"

"Cuir mi te air Kyril, ge-ta," arsa Raj. "Direach air a' shron."

"S fhuair mise te air Alban. Dh'fhairich sin math!" Shuath Andi a lamh.

"Eadhon's gun do phian e mise cho mor 's a phian e esan. 'S docha barrachd!"

Rinn na balaich gaire comhla, a' dol air ais air an t-sabaid, buail an deidh buail.

Ged a thainig iad dheth moran nas miosa ne na Sealgairean nas aosda, dh'fhairich iad sasaichte gun do rinn iad air sabaid air ais is air beagan bhuillean a thoirt seachad. Bha ceangal an càirdeas a' faireachadh nas laidire na bha e riamh.

Bha cead aig Ciaran pairt a gabhail anns an ath thuras sealgaireachd do dheigh na mara. Cha b'urrainn do Dhungran coiseachd, 's bha aige ri fuireach a-staigh, is a leontan a bhith ioc-comhdaichte. Bha leontan a' chasan dona 's cha robh fios aig duine cuin, ma gu bràth, a choisicheadh e a-rithist.

Choinnich na Sealgairean à uaimh dachaigh Chiaran comhla ri Sealgairean as na ceithir Cinnidhean eile, is bhruidhinn iad mu na h-àiteachan a b'fheàrr far an suidheachadh iad iad fhein. Bha iad air a bhith a-muigh an latha roimhe sin is air faighinn a-mach far a robh na tuill-anail. Bha iad uile armaichte le morghathan air driamlaich. Bha dragh air a h-uile duine mu Dungran is b'e esan am prìomh chuspair dhen chomhradh. Bha Ciaran e-fhein air fhàilteachadh, am pàirt le gnogan càirdeal 's am pàirt le geur-amharcairn naimhdeil. Dh'fhuirich e comhla ri Andi is Raj, a' feitheamh gus an toireadh iad toll-anail dha.

Thug iad e gu aite gu math air leth is dh'fhiarr iad air a bhith furachail.

Bha a h-uile duine air bhioran an deidh tachartas a' Mhathan Mhor Bhàn is b'fheàrr le Ciaran gu robh e nas fhaighe air a' charaidean. Cha robh e ann an suidheachadh airson a bhith a' gearain, ge-ta, is bha fios aige nach cuireadh moran fàilte air aig a mhionaid mar co-Shealgair dluth dhaibh. Chaidh e faisg air an toll gu faiceallach airson nach cluinneadh ron a' snàmh fon deigh e.

Dh'fhaodadh faire mar seo uine mhor a ghabhail. 'S docha nach tachradh sian airson uine mhor, oir cha robh fios aig duine de na tuill a dh'fhaodadh na roin a chleachdadh. Nuair a nochd an ron b' e cnac na cuise a bhith deiseil leis a' mhorghath.

Chum e air a' coimhead timcheall air, a' sgrudadh an fhàire airson sealladh sam bith dhen Mhathan Mhor Bhàn. Thug e tuaiream gum biodh cach a' deanamh an aon rud, ged nach robh duine air bruidhinn air.

Dh'iarr Ciaran gu làidir gun glacadh e ron, a bhith a toirt eirig an suilean a'

Chinnidh. Bha e an comhnaidh iongantach moladh fhaighinn mar Fhear-Giulain Feoil.

Cha ghabhadh e deanamh a bhith a' suidhe deiseil re uairean a thide, ge-ta, 's thionndaidh inntinn Chiaran gun a' Bhall Criostal.

Caibideil 5 : Tha Ciaran a' Tadhal

Ann an uine bheag cha robh duil gum biodh Ciaran a' fuireach a-staigh ag ionnsachadh Eachdraidh na Daoine. Cha robh stòran de bhiadh airson a' gheamhraidh ri tighinn cho pailt is bu choir, 's bha e a-nis air a mhisneachadh pàirt a ghabhail an turasan do uisge fionnar comhla ri charaidean Raj is Andi roimh'n reodhadh mor.

"Siubhad, a' Chiaran, co ris a tha e coltach nuair a tha thu nad shuidhe an sin is gun tig na Daoine Beaga seo?" dh'fhoighnich Raj, mar a dh'fhalbh iad air an turas fhada suas an amhainn gu na glumagan domhain. B' e ceist nadarrach a bh'ann bho aon charaid dluth ri fear eile. Bha fios aig Ciaran gun robh e fhein air an aon rud fhaighneachadh, ach cha do rinn sin e nas soirbhe dha.

"Tha e rudeigin neonach," thuirt e an deidh sàmhchair chearbach. Fhuair e nach robh fios aige de chanadh e, rud a bha neo-àbhaisteach nuair a bha e comhla ri charaidean.

" 'S docha nach coir dhut bruidhinn mu dheidhinn?" arsa Andi. "Cha bhidh fear sam bith dhe na Fir-Tagairt ga dheanamh uair sam bith. Rinn Andi snot' gaire bronach is chual Ciaran rudeigin docharach na ghuth.

"Ach 's cinnteach gu faod thu innseadh dhuinne mu dheidhinn. A' bheil thu a' cumail do cheann sìos fad an tìde?" chum Raj air. "Siuthad, a' bhràthair! Tha mi a' ciallachadh, nach fhaigh thu eadhon sealladh beag biodach orra?"

"Feumaidh mi mo cheann a chumail sìos."

"De'n seorsa fuaim a bhios iad a' deanamh, ma tha? Feumaidh gun cluinn thu

iad, co-dhiu.”

Smaoinich Ciaran air de chanadh a’ charaidean nan robh fios aca air an fhirinn: gum be guthan na Daoine Beaga am fuaim a bh’fhearr a chual’ e a-riamh, gu sonraichte aon ghuth boireann ris an robh e air ceangal a dheanamh ann an doigh domhainn, gluasadach. De chanadh iad nam biodh fios aca mar a sheinn a’ chridhe le toileachas an uair a chluinn e iad, gu robh am beatha a-nis uile gu leir diofraichte seach mar a bha e, is gun do dh’fhàg aon dhe na Daoine Beaga flur dha, rud a bha a-nis an ni bu luachmhore a bh’aige.

Caibeidil VIII : An Turas Uamhasach

Bha fios aig Ciaran gu be àm cunnartach a bha’n toiseach a’ gheamhraidh, ‘s bha na ciad gaoithean sin an comhnaidh uamhasach nan gairge. Bha am bliadhna seo nas miosa na bha cuimhne aig duine.

An deidh ceud slat bha am fuachd fhathast a’ toirt anail air falbh. Bha e a’smaoinicheadh mu thràth air cho taingeil ‘s a bhiodh e airson amar-ionnlaid blàth nuair a thilleadh e. Co-dhiu bha a’ ghaoth air a dhol sìos ‘s bha an àile gu neonach sàmh.

Choimhead Hekla gu bronach air ‘s i a tarraing an slaodan. Cha robh i a’ coimhead toilichte.

“De tha ceàrr, a’ chalag?” dh’fhaighnich e, a’ suathadh am bian garbh mu h-amhaich. “Bha duil’am gun cordadh turas mu chuairt ruit an deidh a bhith a-staigh cho fada.”

Rinn Hekla caoidhearan air ais. Cha be seo mar a b’abhast dhi bhith, a’ leum le toileachas, is bha seo a cur iongnadh air. An robh i tinn? Bha na coin uile air a bhith air leth-bhiadh is docha nach robh i cho làidir ‘s a bha i. ‘S docha gu robh cianalas oirre airson a bhith a-muigh comhla ris na Sealgairean.

Chum iad orra comhla gu màirnealach. Bha na sgothan mar gum biodh iad a' fàs nas trioma 's nas trioma, 's bha na beanntan a bha aig uairean eile a' coimhead cho grinn nan comhdach geal geamhraidh, a' coimhead drithleannach is droch-shuarach. Bhiodh a' mhuir, fad as thairis air na comhnardan mora ri chli, làn de dh'eigh bog is de eileanan beaga de dheigh na bu chruaidhe, 's bha iongnadh air Ciaran, is e air chrith mar a choisich e, ciamar a bha na Sealgairean a' faighinn air adhart.

As a' bhad, a' gearradh a-staigh bhon a' mhuir, dh'eirich gaoth suas a' bhual an aghaidh aodainn. B' e gaoth a thug air falbh anail gu tur 's nach mor nach do chuir e dhe chasan. Rinn Hekla oithirp air cumail oirre a' tarraing an t-slaodan is choisich e ri a' taobh, ag eigheach faclan misneachail.

An deidh sin, nuair a chuimhnich e air an turas, mhothaich e gum be seo an t-àite far am bu choir dha bhith air tionndadh air ais. Bha e beagan roimh le-thurais don Chreig-Mhalairt is bhiodh e comasach ruitheachd dhachaidh. Stad Hekla is choimhid i air gu tailceasach mar gun robh i an dul gun deachadh iad air ais. An àite sin, bhrosnaich Ciaran air adhart i is shlaod e an stoc aige thairis air aodann airson gum b'urrainn dha anail a' ghabhail.

Bha cumail air dol doirbh. Cha do dh'fhairich e riamh leithid a' ghaoth fhuar. Chaidh i troimh aodach bhlàth is rug i air a' chridhe fhein na greim reothta. Dh'fhàs e nas doirbhe aon chas a chur air beulaibh an t' eile is be dìreach dul sona a bhith comhla ris na Daoine Beaga a-rithist a chum a' dol e. A dh'aithghearr bha e tri no ceithir roinntean dhen rathad don Chreig-Mhalairt, is dh'atharraich na comhnardan reidh geal gu cnapan mora geal. Bha e air na h-achaidhean mor làbha a ruigheachd, a bha dol gu Tir na Daoine Beaga. Bha na creagan, a b'àbhaist a bhith dubh, geal is cruinn le sneachd is bha iad a' coimhead gu tur deifrichte. Stad Ciaran a dh'fhaicinn an robh e dìreach far a bu choir dha. Sin nuair a dh'fhosgail an t-adhar is gun tàinig an sneachd. Cha do thuit e dìreach sìos, ach thàinig bleideagan mor, ag iathadh 's a' tionndadh as a h-uile

àit', is ann am mionaid thionndaidh iad an saoghal do àit' neo-aithnichte. Sheas Ciaran is Hekla gu sàmhach. Bha iad ann an cathadh geal is cha robh feum ann a bhith a' cumail orra. Bha Hekla a' coimhead air troimh a' ghaoith 's an t-sneachd 's bha a suilean muladach is tailceasach. Mar gum biodh iad ag ràdh: "Uill, a' Chiaran, tha thu air a dhol ro fhada gu cinnteach a-nise."

"Tha e ceart gu leor, Hekla," thuirt e gu ciuin. "Bidh sinn ceart gu leor. Togaidh mi seomar de shneachd an seo dhuinn ris a chreig mhor seo. Tha biadh gu leor againn airson ar cumail tron a' phàirt as miosa dhe. Tha mi a' smaoinicheadh gun tuig na Daoine Beaga mu dh'itheas sinn pàirt dhen Taghartas aca."

Dh'fheuch e ri ghuth a chumail suilbhir mar a thoisich e air sneachd a phutadh ri te dhe na creagan, ach bha eagal a' toiseachadh air a' chridhe a ghlacadh. Cha b'urrainn dha sian idir fhaicinn is gann gum b'urrainn dha anail fhaighinn an aghaidh a' ghaoith san t-shneachd na aodann. Bha e air a bhith air a theagasg iomadach uair mar a thogadh e seomar-sneachd, ach bha a làmhan cho fuar's nach robh e soirbh deanamh orra obrachadh ceart. Eadhon le miotagan, bha a' chorrigan rag is cearbach. Och, nach biodh e a-staigh ann an uaimh bhlàth a-mach as a' ghaoith.

Mar a dh'obair e, thoisich smuain dhe na h-uaimhean aig na Daoine Beaga buaidh a thoirt air. 'S docha gu robh iad dìreach fogha, fon talamh chruaidh chreagach fon t-shneachd. An toiseach shaoil e gum be seo smuain amaideach, ach an uair sin smaoinich e, bha, bha e coltach gu robh liontan de uaimhean beaga fo'n achadh làbha, is docha slighean falaichte suas gu na creagan far an robh e ag obair. 'S docha gun treoraichadh an seomar-sneachd aige do na Daoine Beaga e, is gun tigeadh e gun fhios orra uile, a' briseadh a-staigh don t-saoghal aca. De cho eibhinn 's a bhiodh sin! An canadh iad gur e com-pàirteachadh a bh'ann nuair a thigeadh an t-àm a bhith ag innse dha na h-Eildeirean? Rinn e gàire mhor nuair a smaoinich e air seo mar a chum e air a' putadh sneachd ris a'

chreig mhor. Airson mionaid stad e a dh'fhaighneachd dhe fhein carson a bha e a' gàireachdaich nuair a bha a shuidheachadh cho doirbh. Is carson a bha na smaointinn sin aige mu na Daoine Beaga? A' robh am fuachd a' toirt buaidh air inntinn? Cha b'urrainn dha Hekla no an Slaodan-Malairt fhaicinn tuilleadh ach gu neonach rinn seo air gàireachdaich nas motha. An àite a bhith a' faireachadh fuar thoisich e air faireachadh blàth 's gu snog, cadalach. Bha e doirbh a bhith feuchainn ri uaimh-shneachd a thogail, is bhiodh e nas comasaiche obair an deidh stad beag. Bha, bha e pongail stad a dheanamh. Carson nach do smaoinich e air sin roithe? 'S e beachd math dha-riribh a bh'ann!

Direach mar a bha e a' dol sìos airson cadal, bhuail e e fhein gu cruaidh.

Dh'fheumadh e cumail a' dol, a dh'fhaighinn thairis air a' mhiann gharbh seo airson cadal. Bha fios aige gum biodh e marbhtach.

Chrath e e fhein is rinn e air fhein cumail air leis an togail. B' e obair màirnealach a bh'ann is gle sgitheil. Bha fhiacalan a' gnogadh 's bha a làmhan fuar-ragach. "Tha e cho talaidheach, ge tà." Fhuair e e fhein a' fàs nas maille 's a' deanamh snodha-gàire a-rithist. "Tha mi airidh air dìreach cadal beag, tha mi a' smaointeachadh."

Rinn Ciaran gàire mar a shocraich e dhan t-seomar leth-thoigte aige. Bha e mothachail air Hekla a' putadh le a sroin is a' deanamh caoidhearan. Dh'fhairich e spog fhliuch air aodann, is chaidh e ga sliobadh, ach cha do shuath e ris a' bhian aice. Spog i e a-rithist, ach bha e robh sgith airson freagart a thoirt dhi. "Dìreach cadal beag, a' chaileag," thuirt e an guth màirnealach, mus do ghabh cadal buaidh air, is a leth-dhuin e a' shuilean.

Bha pàirt bheag, bheag dhe inntinn na duisg, ag eigheach air nach biodh e a' tuiteam dhan a' Chadal-Sneachd uamhasach as nach duisg moran, ach bha e cho math a bhith a' socrachadh sìos do bhlàths is cofhurtachd cadal domhainn nach gabhadh e diulteadh.

“Direach norrag bheag, Hekla,” ars’ e le cronan.

“Dh’fhàs an cathadh nas seimhe, ga shuathadh gu ciuin, is rinn an sneachd pàtranan àlainn mar a’ ghluais e. Ciamar nach robh e air na pàtranan san t-shneachd fhaicinn riamh roimhe? Bha iad maiseach. Carson a bha leithid de ghràinn aig daoine air cathadh-sneachda? Bha na bleideagan a’dol le cheile leis a’ ghaoith is a’ tionndadh gu mathan a’ marsail, ‘s an uair sin madaidhean-allaidh, ealta eoin, a’ tionndadh ‘s ag atharrachadh air beulaibh a’ shuilean. Is ciamar nach do mhothaich e riamh gum b’urrainn do shneachd a bhith blàth cho math ri fuar! Cho miormhaileach ‘s a bha e! Cha robh duine a’ tuigsinn sneachd idir. Rinn Ciaran gàire le toileachas. Abair fealla-dhà a dh’innse do Raj is Andi nuair a chitheadh e iad a-rithist!

“Na biodh dragh ort mu Hekla,” chagair guth beag na chluais. “Tha i comhla ruinne ‘s tha i sona.”

“Tha sin math,” rinn Ciaran cronan. Thug e mionaid mus do thuig e gum be an guth a chluinn e guth ciuin binn am Pearsa Beag sonraichte aige fhein. A’ robh a shuilean duinte no fosgailte? Cha b’urrainn dha innse ‘s cha ghabhadh sian fhaicinn, ach bha’n guth seo sonraichte is bhloisg e le iongantas.

“Cait’ a bheil thu?” Dh’fheuch e ri gluasad ach fhuair e nach b’urrainn dha.

“Sh, laigh gu sàmhach. Direach cadail ort, a’ Chiaran. Tha fios againn gun do chuir thu do bheatha an cunnart a’ feuchainn ris a’ Chreag-Mhalairt a ruigeadh, ‘s tha sinn taingeil.”

“O, carson nach fhaic mi thu?” Sheall Ciaran troimh na dealbhan-sneachda ach cha b’urrainn dha an te leis a’ ghuth àraidh fhaicinn. “Càit’ a bheil thu? Is de an t-ainm a th’ort?”

“Leithid de cheistean, a’ Chiaran. Na boidrig thu fhein le ceistean.”

“O, mas e do thoil e, inns’ dho d’ainm.”

“Tha fios agad nach urrainn dhuinn na rudan sin innse dhut, a’ Chiaran. Tha fios agad nach ‘eil a leithid sin de chom-pàirteachadh ceadichte.” Bha an guth aice

mar cheilearadh na h-uile eun ann an adhar samhraidh. Bha e cho àlainn 's gun do rinn e

air anail a chall. "Direach gabh fois airson greis. Tha thu sàbhailte comhla ruinne an seo, ach bithidh tu ann an torr dragh nuair a theid thu air ais do na daoine agad fhein."

"Chan eil mi airson a' dhol air ais comhla riuthe," arsa Ciaran gu cadalach. "Tha mi airson fuireach an seo comhla riutsa."

"Cha ghabh sin a dheanamh."

"O, mas e do thoil e, leig dhomh fuireach comhla riut!"

"Sshh, a' Chiaran, chan eil fios agad de tha thu ag iarraidh. Tha feadhainn ann a bhitheadh toilichte leigil leat fuireach an seo ach tha mi air impidh a chur orra gu feum thu a dhol air ais. A nise, leig dhomh do sheinn a' chadal," chiuinich i.

"Leig dhomh do thàladh gu cadal."

Bha an t-oran aice cho àlainn 's gun do ghoirtich e. Bha e airson a bhith a' gàireachdainn 's a' caoineadh aig an aon am. B' e binneas a bh'ann air an do dh'fhairich e fios a bhith aige fad a' bheatha, binneas air an robh fios aige re milltean de bhliadhnachan, roimh thoiseach Eachdraidh na Daoine. Rinn e sabaid a bhith ga chumail fhein na dhusgadh airson barrachd a chluinntinn. Bha e tathachail, neo-fhulingeach na mhaise. Ghleac is ghleac e a dh'fhuireach na dhuisgeadh. Cha b'urrainn dha gu bràth gu leor dhe a chluinntinn, ach cha robh Oran-Cadail na Daoine Beaga deilbhte airson a chluinntinn airson uine mhor, 's anns a' bhad bha Ciaran ann an cadal suain, suain - - -

Caibideil IX : Ciaran ann am Moran Dragh

"Seo e!"

“Càite?”

“A’ bhos a’ seo ri taobh a’ chreig seo. Seall!”

“A bheil e beo!”

“Tha. Tha mi ga fhaicinn a’ gluasad!”

“Ciamar an ainm na Coig Cinnidhean a bheil e beo!”

“An ainm a’ Phàist’ a’ Bhios a’ Cadal Gu Brath, ciamar a tha e beo?”

Bhrist guthan na càirdean aig Ciaran a-staigh air inntinn. De cho ard ‘s cho ghleadhrach ‘s a bha iad an deidh an h- Orain àlainn a chuir a’ chadal e.

Bh’fhearr leis gum biodh iad sàmhach, a’ leigeil leis an t-seinn a chluinntinn a-rithist.

Bha cuideigin a’ crathadh a’ ghualainnean is dh’fhosgail e a’ shuilean a dh’ionnsachadh gum be a cho-ogha Regan a bh’ann.

“Ciaran! A bheil thu ceart gu leor? Duisg!” Cha do chual’ e Regan riamh cho curamach mu dheidhinn.

Dh’fhosgail Ciaran a’ bheul ach cha d’thàinig sian as.

“Ciaran!” Ruith athair a-nall ‘s rinn e greim teann air. “A bheil thu ceart gu leor?” Carson a bha iad uile a’ faighneachd a’ robh e ceart gu leor? Cha do fhairich e cho math riamh roimhe!

B’ e, “Tha an cu marbh,” an ath rud a chluinn e, is chaidh na faclan troimhe mar shathad a te dhe na boghan ura iad. Shuidh e suas is dh’fhosgail e a’ shuilean gu farsaing. As a’ bhad bha e air duisgeadh ceart. An sin, a’ laighe ri thaobh, bha corp marbh Hekla, comhdaichte le cota aotram de shneachd ur.

“Hekla!” thuirt e. “Chan e! O, chan e!”

“Feuch na làmhan aige,” chual’ e cuideigin a’ cantail.

Mar a bha iad a dol a tharraing na miotagan dhe, mhothaich Ciaran gu robh greim aige air ball gle chruinn de rud coltach ri deigh na làmhan.

“Stad!” dh’eigh e. Dh’eirich e, gu nàdarrach ga chur air culaibh a’ dhruim. “Tha mi ceart gu leor,” thuirt e. “Gu tur. Na toireamh aire sam bith dhomhsa.”

“Tha thu air a bhith a-muigh a’ seo fad dà ghealach,” ars athair. “Ann an cathadh bàsmhor. A’ bheil thu cinnteach gu bheil thu ceart gu leor? Hei, de bha thu a’ feuchainn ri thogail a’ seo, a’ Chiaran? An canadh tu uaimh-shneachda dhe sin!” Leth-thoisich athair air fealla-dha a dheanamh, ‘s an uair sin stad e mar a bha mi-run na Sealgairean eile a sior-nochdadh.

Cha mhor gun do chluinn Ciaran iad. Chrub e mu chorp Hekla. Bha Hekla grinn aige air falbh. Phut e an sneachd bho a h-aodann is ghuil e.

“Feum sam bith a bhith a’ guil, amadain bhig gorach!” ars’ a cho-ogha Regan le dranndan. Bha curam is co-mhothachadh air tionndadh gu fearg. “Tha thu air an lon a chall, chaill thu cu sealgaireachd luachmhor is chuir thu ar beatha gu leir ann an cunnart is chosg thu tide dhuinn nuair a dh’fhaodadh sinn a bhith a-muigh a’ sealgaireachd. Tha mi nàirichte gu bheil mi càirdeach dhut, a’ Chiaran!” A-nis nuair a’ dh’fhaic iad gu robh e ceart gu leor, stad na Fir-Cinnidhean uile, eadhon athair, a bhith draghail mu dheidhinn ‘s sheall iad an fhearg a bha iad a’ faireachadh.

“Tha e airidh air buillean math!” B’ e seo, bhiodh tu cinnteach, an co-ogha aige, Alban.

Cha robh an turas dhachaidh taitneach do Chiaran. Bha e mallaichte leis na Sealgairean uile is cha b’urrainn eadhon athair rud sam bith eibhinn a’ ràdh mun a’ ghnothach.

“Ciamar a’ dhuraig thu ur lon uile a chur airson a’ Mhalairt gun cead bhuamsa?” arsa Dungran. “Is a-nise tha e gu tur air falbh gun sian na ait.”

Choimhid Ciaran air a chàrn-slaoid Malairt airson a chiad uair. Bha e air a thoirt dheth Hekla coir ‘s bha te dhe na coin aig Regan ga tharraing. Cha robh sian ann.

“Can Fear-Malairt riut fhein,” bha guth Alban a’ gearradh mar a b’ àbhaist.

“Thàinig na Daoine Beaga is ghabh iad brath air nuair a bha e na chadal. Thug iad ur lon gu leir ‘s dh’fhàg iad sinn le neoni.”

“Sgum beag bradach!” ars’ a’ charaid, Kyril. Cha robh fios aig Ciaran an robh seo

mu dheidhinn fhein neo na Daoine Beaga.

“Chan e! Chan ann mar sin a bha!” thuirt e. Choimhid e sìos air a’ rud a bha fhathast na làimh. Cha b’ e ball de dheigh a bh’ann, ach bha e trid-shoilleir mar dheigh, is snàighte de chruinne choileanta. Chuir e i na phocaid is cho-dhuin e a bhith coimhead oirre an deidh sin. An dràsda, cha robh duine ann an gean a bhith ag eisteachd ri rud sam bith a bh’aige ri radh. Aon uair ‘s gun do ruig e uaimhean an dachaidh b’urrainn dha ionnlaid is bobhla brot carran fhaighinn, mus robh e air a tharraing an làthair na h-Eildeirean.

“Bha thu eas-umhail a’ dh’aon ghnòthach!” arsa Hallam, a’ shuilean a’ dealradh le fearg.

“Thuirt sinn riut gun a bhith falbh,” arsa Lachlan.

Thug Ciaran suil a-null air Elgin, ach bha ciall an t-seann duine gu follaiseach air falbh a-riobhast. Bha e a’ tulgadh air ais ‘s air adhart, a’ piocadh air bian sgaoilte air na botanan aige.

“Na bidh eadhon a’ smaoinichadh air feum a’ dheanamh de Elgin mar leisgeul, a’ ghille!” Chan fhaca Ciaran Hallam riamh cho feargach. “Bha beagan mhionaidean goirid de shoilleireachd aige is rinn thu feum dhe sin air do shon fhein ‘s ghabh thu rud a thuirt e gu litireil. Ruith thu do na stòran gun fhaighneachd, ‘s thug thu rudan luachmhor a tha a-nis air chall!”

“An do smaoinich thu gu robh thu, mar Fhear-Malairt, ceadaichte ar riaghailtean uile a sheachnadh?” dh’fhaighnich Lachlan. “An do smaoinich thu gu robh thu os cionn a’ lagh, a’ ghille ladarna?”

“Tha do phàrantan air a bhith as an ciall le dragh ‘s mulad is b’fheudar dha na Sealgairean uile an sealgaireachd fhàgail is a dhol a-mach an toir ort. Bha an t-side cunnartach, mar a dh’inns sinn dhut mas do dh’fhalbh thu. Dh’fhaodadh iomadh beatha a bhith air chall air do shon. ‘S e seo gu dearbh giulan gun leisgeul!”

Chaidh an ghnòthach air adhart mar sin airson uine mhor, is cha b’urrainn do

Chiaran sian a dheanamh ach a bhith a' crochadh a' chinn le nàire.

Dh'fhàisg a mhàthair e gu teann,'s an uair sin thoisich i air a' chàineadh gu searbh mu ghiulan neo-smaointeachail. Aig aon mhionaid bha i a' coineadh le faochadh gu robh e sàbhailte, 's an ath mhionaid bha i ag eigheach air: "Ciamar a b'urrainn dhut ar cur uile tron an dragh seo, a' Chiaran? Chan eil mi air cadal airson dà ghealach. Chan eil mi air fois neo aisling fhaighinn. Ciamar a dheanadh tu e!" Dà ghealach? A' robh e air falbh airson da ghealach a-muigh as an t-sneachd? "'S do dhioghaltas an-drasda nach fhaod thu a dhol a-mach a' dh'iasgach neo a' shealgair eachd comhla ri do charaidean," arsa Hallam. Tha seo dona dhutsa, ach dhuinne cuideachd oir tha feum air a h-uile Sealgair a bhith ag obair airson ur math uile. Bu choir dhut a bhith faireachadh gle chiontach mu do ghiulan. 'S tuilleadh, chan fhaod thu bhith ri Malairt gus an toir sinn cead dhut. Tha Co-Chordadh na Daoine air a chur troimh a' cheile gu mor!"

Shuidh Ciaran gun ghuth troimh oraid air Co-Chordadh, 's an uair sin chuireadh e don talla-uaimh air an taobh a-muigh, far a' robh cuid dhe na coin air teadhair. Bha liontan air a thoirt dha airson an cur air doigh, obair gràineil, ach thoisich e gu calma, a dheanamh suas airson a' nàire. Chan fhada gus an robh a làmhan goirt is gun chreacann re bhith a' sabaid ris na caingealan 's na snaithnean.

Dh'obraich e gun stad, ge- ta, 's chum e a'cheann sios.

"Am faod mi do chuideachadh, a' bhràthair?" Mar na b'àbhaist dhi, bhruidhinn Silbha ann an guth iosal, ciuin. Is mar na b'àbhaist, cha do chuir Ciaran air falbh i.

"Faodaidh, bu toil leum sin, Silbha," thuirt e.

“Chan eil mi a’ dol ga d’fhàisgeadh, a’ Chiaran,” ars’ ise, ‘s i a’ togail oisean dhen lion. “Tha mi a’ smaoineachadh, nan deanainn sin, gun coineadh tu.”

Rinn Ciaran gnog – cha b’urrainn dha bruidhinn.

Dh’obair iad gu sàmhach comhla, is an uair sin fhuair Ciaran gu robh e a’ sabaid deuran co-dhiu. Chan ann air a shon fhein a bha e, ach airson Hekla choir, marbh air sgath an fheinealachd aige. B’e mulad a’ thum thairis air uile gu leir.

“Tha e iongantach gun do chum thusa beo ‘s nach do chum Hekla,” thuirt Silbha, mar gum biodh i a’ leughadh na smointean aige.

Ghabh e boladh is ghnog e.

“Tha mi a’ ciallachadh, cha do chaill thu eadhon aon ludag do reo-sheargadh,” arsa Silbha. “Corrag neo ludag. Tha sin gu math iongantach. Chan urrainn do dhuine a thuigsinn.”

\Rinn i oidhirp air ceangal mor fhosgladh. “S tha e coltach gun do chreach na Daoine Beaga thu nuair a bha thu nad chadal. Tha a h-uile duine feargach mu’n sin. Tha mi a’ ciallachadh, tha iad feargach ris na Daoine Beaga a bharrachd ortsa.”

Rinn i gruaim mar a choimhid i air an lion troimh a cheile air a’ beulaibh. “Tha a h-uile duine crosta ruit, bi e coltach, eadhon Mamaidh is Dadaidh. Ach chan eil mise. Gu dearbh, dh’iarr mi air Alban a bhith sàmhach,” thuirt i, “s an uair sin ruith mi air falbh mus b’urrainn dha mo bhualadh. Cha leig mi leis a bhith ga do chàineadh, a’ Chiaran. Tha fios agad air sin.”

Rinn Ciaran snodha gàire ri a’ phiuthar bheag.

“An urrainn dhut run a chumail, Silbha?” dh’fhaighnich e gu bras.

“Nach eil fios gun urrainn!” Bha a suilean cho mor ri deideagan. “Nach eil fhios gun urrainn.”

“Tha run a’ ciallachadh nach inns thu e do dhuine sam bith, chan ann do Mhamaidh, eadhon do Ghlanda. A bheil thu a’ tuigsinn?”

“Tha mi a’ tuigsinn,” thuirt i gu solaimte.

“Tha mi ga chiallachadh, Silbha.”

“Tha fios ‘am de th’ann an run! Cha do dh’inns mi mu na leasan an boghadaireachd, an do dh’inns?”

“Cha do ghoid na Daoine Beaga an stuth againn,” thuirt e. “Chum iad blàth mi is shàbhail iad mo bheatha as a’ chathadh-sneachd. Dh’fhuirich iad comhla rium fhad’s a chadail mi an Cadal-Sneachd marbhtach is sheinn iad rium.” Bha suilean a’ phiuthar mor is làn de creideas ann. “Bha mi a’ gàireachdaich ‘s a’ feuchainn ri mo mhiotagan a thoirt dhìom, eadhon’s gu robh mo làmhan gun fhaireachadh leis an fhuachd. ‘S e Amadas-Sneachd a bh’ann, a’ Hilbha, is bhithinn gu deimhinnte air bàsachadh leis an fhuachd leum fhin. Cha do chuir mi eadhon crioich air an t-saobhaidh-shneachda a bha mi a’ feuchainn ri dheanamh. B’ e seo an fhuachd as miosa a fhuair mi riamh, is cha robh cothrom idir agam fuireach beo leum fhin a-muigh an sìd, ach cha b’urrainn dhomh sìan a dheanamh ach gàireachdaich. An uair sin thuit mi na mo chadal. Tha fios agam gu bheil na Daoine Beaga a’ coimhead as deidh spiorad Hekla.” Chuimhnich e an guth milis seimh ag innse dha gu robh Hekla comhla riuthe is gu robh i sona a-nise. “Na faighnich mu dheidhinn!” Chuir e a chorrach ri bhilean. “Chan urrainn dho mion-chunntas a thoirt dhut. Ach cha do dh’fhàg iad mi le neoni.”

“De tha thu a’ ciallachadh?” dh’fhaighnich Silbha.

Chuir e a’ làmh na phocaid.

“Cha do dh’fhag iad mi le neoni. Bha Malairt ann.”

Caibideil X : Am Ball Criostal

Chum Ciaran am ball criostal suas ris an t-solas is dhealraich e mar ghrian an t-

samhraidh air uisge.

“De tha sin?” dh’fhaighnich Silbha.

“Chan eil fios ‘am fhathast. Fhuair mi e na mo lamhan nuair a dhuisc mi an deidh an Cadal-Sneachda.”

“De tha thu a’ ciallachadh, fhuair thu e na do lamhan?”

“Tha mi a’ ciallachadh gur feum gun d’thug na Daoine Beaga na taghartasan againn is gun do dh’fhag iad seo air ais.”

“A’ faod mi fhaicinn?” Thug Silbha am ball is choimhid i air gu mionaideach. “Cha chanadh tu gur e seo moran mar Mhalairt, an canadh?”

“Feumaidh gu bheil barrachd an cois air na chanadh tu,” arsa Ciaran gu dion.

“Tha creideas agam as na Daoine Beaga. Feumaidh gu bheil e sonraichte ann an doigh air choreigin. Cha ghabhadh iad an stuth againn a thoirt brusgar dhuinn air ais.”

“Uill, ‘s e rud miorbhaileach a th’ann,” arsa Silbha. “Chan eil sian a’ dh’fhios’am ciamar a tha iad a’ deanamh rudan cho alainn. Ach mu sheallas tu e do chach - - “

“Tha fios’am, tha fios’am,” arsa Ciaran. “Bidh iad a’ magadh. Tha daoine an comhnaidh a’ magadh.

“Tha mi cinnteach gum biodh iad ceadaichte a bhith crosda, Ciaran, mu bheireadh thu sin mar a’ Mhalairt oifigeil airson ar feoil ‘s ar bein luachmhor uile.”

“Tha mi a’ dol a dheanamh a-mach de th’ann mus inns mi e,” arsa Ciaran.

“Feumaidh gu bheil math ann. ‘S docha gur e inneal ur a th’ann coltach ris na boghanan ‘s na saigheadan. Smaoinich a h-uile duine gum b’e Malairt gun fheum a bh’unnta, nach cuimhnich thu? A-nis na bidh a’ dol a bhruidhinn ri duine sam bith.”

“Thuirt mi mar-tha gun urrainn dhomh run a chumail, nach tuirt?”

“Uill, tha mi an dochas gun urrainn.”

Thug Ciaran air ais e bho phiuthar, is thug e suil gheur na dhoighneachd. Chuir e roimhe na ruin aige fhaighinn a-mach, ge be de cho fada ‘s a ghabhadh e.

“Tha cuideigin a’ tighinn,” arsa Silbha, is phut Ciaran am Ball Criostal air ais na phocaid.

“A’ leigeil seachad an obair-lion, a’ Chiaran?” b’e piuthar-mathair Helga a’ bh’ann.

“Cha d’rinn thu moran, bidh e coltach.”

“Gu dearbh, tha e air miltean de snaidhmeannan fhosgladh.” Bha aig Silbha ri cur ris mar a b’abhaist. “bha an lion ann an staid uabhasach mus do thoisich Ciaran air.”

“Cha leig thu a leas bruidhinn air ais rium as a’ ghleus bheadaidh sin, a’ chaileag,” thuirt Helga. “Cha robh mi a’ bruidhinn riutsa.”

Chaidh i a sealladh ann am fear de phreasan an stòrais is thàinig i a-mach le feoil tiormaichte.

“Chan eil uiread an staigh a’ sin ‘s a bu choir,” thuirt i ann an guth biorach. “na gu leor idir, ‘s tha mi a’ smaoineachadh gu bheil fios againn uile carson.”

Dh’fhosgail Silbha a beul a fhreagairt ach chuir Ciaran làimh air a gairdean is dh’inns a’ shuilean dhi a bhith sàmhach.

“Uill, feumaidh sinn seors’ air choreigin de bhiadh a dheanamh deiseil airson na Sealgairean againn,” arsa Helga. “Bidh iad airidh air rudeigin math nuair a thig iad a-staigh. Tha mo mhic a’ deanamh cho math ‘s is urrainn dhaibh airson a’ chinneadh. Chan ann mar chuid mun aite seo.”

“O, tha na briathran aice nas geura na fìaclan sìorc,” arsa Silbha nuair a dh’fhalbh i.

“Direach leig leatha, Silbha, is na bith a’ feuchainn ri mo dhion. Tha mi coma de chanas i.”

Thill Ciaran gu càradh na linn is an deidh uine bha cabaireachd a' phiuthair a' toiseachadh air a bhuaireadh. Bha a' mhomaid de bhith faisg air a cheile seachad is chaidh iad air ais gu connsachadh mar a b'abhais.

CAIBIDEIL XI: Na Sealgairean a' Tilleadh

An deidh uine bheag dh'fhàg Silbha càradh na liontan is chuimhnich i air rudeigin cudthromach a bh'aice ri innse do Ghlena.

“Direach cuimhnich nach inns thu do dhuine mun a' Bhall Criostal.”

“Tha mi air innse dhut ceud uairean, a' Chiaran. Tha do run gorach sàbhailte leamsa!”

Dh'fhuirich Ciaran air leis fhein, a' càradh na liontan. Bha a' chorrigan abh is fuilteach leis an obair, ach rinn am pian air a bhith a' faireachadh nas fheàrr. Bha fios aige gum bu choir dha fulang airson mar a roinn e. Thug e tolachas neonach ann a bhith a' tarraing fuil.

Smaoinich e air na bha air tachairt: an rathad a bha an Cuthach-Sneachda air ealadh suas air, ga dheanamh gun churam mun fhuachd. Bha a' sheanmhair Elgina an comhnaidh a' bruidhinn mu bhi a' gabhail turas fada as an t'sneachd is an uair sin a' dol a' chadal. As na làithean a dh'fhalbh, nuair a bha biadh gann, b'abhais do sheann daoine sin a dheanamh. Cha b'urrainn dha a' sheanmhair aosda, rag, fhaicinn a' deanamh sin – bhiodh e coltach gum biodh i beo ann an cathadh nas fhaide ne duine dhiubh, smaoinich e. Chuimhnich e cuideachd bàs Hekla is mar a chum e fhein beo gu miorbhaileach. Os cionn a h-uile ni, smaoinich e air guth an Neach Beag ag innse dha gu robh Hekla sàbhailte comhla

riutha-san is gu robh i sona. B’e iomhaigh a bh’ann a thug moran comhurtachd dha. Cha b’urrainn dha a’dealbh fhaighinn air de’n seorsa cumadh a ghabhadh an spiorad aice is ciamar a bhiodh na Daoine Beaga a’ coimhead as a deidh, ach chuir e earbsa as a’ ghuth iongantach a chual e. Bha fios aige nach b’e pàirt dhen a’ Chuthach-Sneachda; bha am pàirt ad fìor. Dh’fheuch e cuideachd air maise spioradail na h-Orain-Tàlaidh a thoirt air ais gu inntinn. Bha e tathaichte leis. Smaoinich e air fad an tìde. Bha e mar gun do dh’aithnich e e, cho ciuin, ach cha b’urrainn dha aon loine dhen oran no dhen chiuil a’ chuimhneachadh.

An deidh barrachd uairean a’ thide de obair, thàinig Lachlan is shuidh e ri thaobh.

“Cha mhor nach eil thu air an lion seo a chrìochnachadh, a’ Chiaran.”

“Cha mhor, ach chan eil uile gu leir.”

“Stad a-nise. Tha torr fuil air do lamhan . Seo, thug mi ola-leighis gad ionnsaigh.”

“Tha mi airson crìoch a chur air an-toiseach,” thuirt e, gun coimhead suas.

“Tha fios’am gu bheil, ‘s tha sin math,” thuirt Lachlan. “Tha thu airson eirig a dheanamh airson a’ rud a rinn thu. Ach chan e an comhnaidh mar a dh’iarras tu, ge-ta. Tha mi air iarraidh ort stad a-nise is an ola seo a chur air do lamhan. A bheil thu a’ dol a bhith umhail dho neo a bhith diorrasach ‘s rag-mhuinealach a-rithist? Nach do ionnsaich thu rud sam bith?”

Chuir Ciaran sìos an lion.

“Tha mi duilich,” thuirt e “Stadaidh mi a bhith ag obair gus an iarr sibh orm toiseachadh a-rithist.”

Thug e an ola bho Lachlan ‘s fheuch e gun eigheachd mar a shuath e i air a lamhan fhuilteach.

“Smaoinichidh mi gum bu choir dhut fois a ghabhail a-nise,” thuirt Lachlan.

“Faodaidh an lion seo fuireach. Tha biadh deiseil as an talla mhor, ‘s bidh na Sealgairean a’ tighinn dhachaidh ann an uine bheag.”

“Chan eil mi airidh air a bhith ag ithe comhla ris na Sealgairean,” thuirt Ciaran.

“Cha leig thu a leas drama a dheanamh dhen t-suidheachadh seo, a’ Chiaran. Ithidh tu comhla ris a’ chuid eile dhen Chinnidh. Mus e gur e smachdachadh a tha thu ag iarraidh, gheibh thu faclan cruaidh gu leor bho cuid de do chairdean, tha mi deimhinne.”

Bha Lachlan ceart, ‘s cha robh fada aig Ciaran ri feitheamh.

Thug comhartaich air bhoile na coin fios gu robh na Sealgairean a-tighinn is ruith a’ chlann uile gu leir airson failte a chur orra. Chaidh Ciaran gu faiceallach as an deidh.

Chualar clisgeadh de mhi-mhisneach nuair a nochd e nach robh na Sealgairean a-mhain air tilleadh falach bhon d’eigh-mara ach gu robh Dungran, an Sealgair ur dhe na Coig Cinnidhean, na laighe leonta air slaod ‘s feumach air a thogail a-staigh.

Bha leithid de upraid is de dh’eigheach bho na boireannaich ‘s gu robh e doirbh deanamh a-mach de thachair.

Nochd Andi is Raj, is ghabh Ciaran an cothrom a dh'fhaighneachd dhaibh ciamar a thachair an leon aig Dungran.

“Bha sinn as deidh roin,” thuirt Raj. “Bha sinn a’ deanamh feum dhe na coin gar cuideachadh a lorg na tuill-analach. Tha sinn ann an eiginn airson roin, a’ bhrathair. Tha fios agad air sin.”

An robh beagan tarcais na ghuth, oir an robh e fhein ga dhealbhadh?

Fhuair sinn uamhas de thuill,” arsa Andi.

“‘S an uair sin – a-mach a neoni – thainig mathan ban!” arsa Raj, ‘s dh’fhosgail suilean Ciaran farsaing le uamhas. “Thachair e uile cho luath. Rinn e air casan Dungran, ga reubadh, mus d’fhuair e an gath aige a tharraing, ‘s an uair sin ruaig na coin air falbh e. Tha’m парка ur aig Dungran air a shracadh ‘s tha leon beag air a- thaobh. Nas miosa ne sin, tha a’ chas ceart air a’ leon gu dona ‘s chan urrainn dha coiseachd.”

“Mharbh e te ghe na coin,” thuirt Andi. “Te dhe na coin a b’fhearr againn, Asher. Tha fios agad, le Soltan, as an Treasamh Uaimh-Cinnidh. Tha dha dhe na coin og air an goirteachadh ach bu choir dhaibhsan a bhi beo.”

“‘B e a chuid as miosa dheth,” arsa Raj le dranndan, “b’e an rud as miosa dheth gu robh sinn uile air ar glacadh gun fhiosda is ged a thilg sinn gathan, cha do bhuail

sinn e. Thum e e fhein dhan a' mhuir 's chaill sinn e."

"De cho dona 's a tha Dungran? Am bi e comasach dha coiseachd a-rithist?"

Cha mhor gu robh Ciaran air a cheist fhaigheachd mus robh e air a thilgeal dhe chasan. Bha rudeigin air a bhualadh as a cheann is thug e momaid mus robh fios aige gum be a cho-ogha Alban a bha air tighinn air a chulaibh 's ga bhualadh gu cruaidh.

"Seo an gille a tha a' cruinneachadh ursan deideagach mar a tha sinne a-muigh a cur ar beatha ann an cunnart le ursan ceart!" Sheas Alban as a chionn mar a laigh e air a làr le clisgeadh.

"An gille a tha a' truailleadh ar feoil 's ar iasg, air an cosnadh gu daor." Dh'fheuch caraid Alban, Kyril, breab air stamag Chiaran mar a bha e air an làr, a' toirt an anail bhuaithe. Phlosg e leis a phian.

Mus b'urrainn do Chiaran eiridh, ruith Andi air Kyril le dhornan suas. Gu mi-fhortanach bha Kyril gu math nas motha 's nas làidire is thionndaidh e gu luath ga dhion fhein, 's an uair sin bhuail e Andi as a cheann, ga chur air a' làr.

Chuir an ionnsaigh air a charaid dileas an cuthach air Ciaran is thug e pàirt as an t-sabaid, is gu grad bha Raj is Drango an sin cuideachd. B’e cath neo-ionnan a bh’ann ach dh’fheuch na tri balaich iad fhein a dhionadh cho math ‘s a b’urrainn dhaibh.

Bha Ciaran a’ mothachadh blas fhiarainn fuil na bheul mar a shabaid e ri taobh a charaidean. Bha buillean, shaoil e, a’ tighinn o gach taobh. Chum e dhe cho mor dhiubh ‘s a b’urrainn dha, is dh’fheuch e buillean a dh’amas air Alban, an nàmhaid a-mhàin aige.

“Stad dhe as a’ bhad!” B’e guth feargach Hallam a bh’ann.”De tha a’ dol a’ seo?”

Cha do sguir an stri a’s a mhionaid mar a dh’fheuch an dà thaobh ris a’ bhuile mu dheireadh fhaighinn.

“De tha a’ tachairt, dh’fhaighnich mi?” dh’eigh Hallam, mar a ràinig Lachlan is feadhainn eile cuideachd. Aig a cheann thall dhealaich cuid dhe na Sealgairean a bu shinne iad uile bho cheile.

“Ciaran, a bheil thu ceart gu leor?” Chual e guth a’ mhàthair ach chuir e gruaim air rithe. Cha robh e airson upraid sam bith mu dheidhinn. Bha Andi is Raj a’ coimhead

air an claidh ‘s am bruthadh is dh’fhairich e beagan fuil a’ sileadh sìos aodann, a shuath e air falbh.

“Sibhse, na tri Sealgairean,” Arsa Hallam ri Alban is a’ dhithis chàirdean le fearg na ghuth,”bu choir dhuibh barrachd ciall a bhi agaibh na bhi sabaid ri balaich nas oige mar seo. Cha ghabh ar dol-a-mach tuigsinn. Dh’fhaodadh fear dhiubh a bhith air a leonadh gu mor.”

“S e sin a bha sinn a’ feuchainn ri dheanamh,” arsa Alban, is rinn Alban ‘s an dithis charaidean snodha gaire.

Stad anail a h-uile duine. Cha robh e ceadaichte do dhuine sam bith bruidhinn le dimeas mar seo ris na Seanairean.

“Bu choir dhut do leisgeul a gabhail bhon Chinnidh airson leithid seo de dhol a-mach ‘s de ghleus inntinn,” thuirt Hallam. “Chan e seo a tha sinn ag iarraidh bho Shealgair na Coig Cinnidh.”

“Cha ghabh mi mo leisgeul bho dhuine sam bith,” arsa Alban, “gu h-araidh bhon amadan og sin!” is thionndaidh e ‘s dh’fhag e Talla na h-Uaimh, le Kyril ‘s Drango air a’ chulaibh.

Thuit samhchair trom. Phut Auntie Helga i fhein air adhart.

“Chan eil mo mhac a’ ciallachadh a’ rud a tha e a cantail,” thuirt i, a’ bruidhinn ris na Seanairean. “Le durachd, smaoinichidh mi gum feum sinn cunntas a dheanamh dhen chlisgeadh a fhuair na Sealgairean uile an-diugh bhon Mhathan Mhor Bhan. Bha iad a-muigh a’ sealgaireachd, a’ cur am beatha ann an cunnart air ar son, ‘s chan ann a’ toirt air falbh an fheoil luachmhor againn, mar chuid ‘s an aite seo!”

“Tha mi fhathast gle fheargach, ach tha fios agam gu robh cunnart bais ann an-diugh air deigh na mara. Airson sin a’ mhain gabhaidh mi leisgeal do mhac airson an dimeas aige, Helga. Chuingealaich a’ shuilean oirre. “Tha fios’am gu bheil iad uile clisgte, ach cha gabh sinn ri foirneart no dimeas mar seo idir tuilleadh. Bu choir dhut sin innse dha do mhac.”

Dh’fhairich Ciaran toileachas neonach gu robh e air comas fhaighinn buaileadh air ais air a’ cho-ogha a dh’aindeoin am pian ploggartach na cheann ‘s na ghruaidh, is nuair a bha na tri caraidean leotha fhein a-rithist rinn iad coimeas eadar leontan a cheile.

“Tha cnap uamhasach mor air do cheann,” arsa Raj, ‘s e a’ deanamh faire-gaire ris. “Coltach ri ugh buthaid! Agus gearradh grannda air do bhathais. Tha do shuil chli gu math at cuideachd. Chan eil e ga do dheanamh idir nas breagha, a’

Chiaran.

“Chan eil thu fhein a’ coimhead ro mhath, a’ bhrathair,” arsa Ciaran. “Tha suilean dubh agad fhein ‘s aig Andi. Tionndaidh iad a h-uile dath dhen bhogha-frois thairis air gealach no tri ri tighinn!”

“Chuir mi te air Kyril, ge-ta,” thuirt Raj. “Direach air a’ shroin.”

“S fhuair mise te air Alban. Dh’fhairich sin math!” Shuath Andi a lamh. “Eadhon ‘s gun do ghoirtich e mise cho mor ris fhein. ‘S docha nas motha!”

Ghairich na gillean comhla, a’ dol air ais air an t-sabaid, buile ri buile. Ged a bha iad air tighinn dhe gu math nas miosa na na Sealgairean a bu shine, dh’fhairich iad toilichte gu robh iad air sabaid air ais is air buile no dha a thoirt seachad. Bha an ceangal eatorra a’ faireachadh nas laidire na bha e riamh.

Caibideil XIII : Latha air Deigh na Mara

Thuair Cairn cead a’ dh’ol air an ath thuras gun deigh-mara. Cha b’urrainn do Dhungran coiseachd, ‘s dh’fheumadh e fuireach aig an dachaidh airson gum biodh an leantàn aige air an ioc-chomhdachadh. Bha an leontàn dha chasan dona ‘s cha robh fios aig duine cuin, neo an gabhadh e deanadh idir, a b’urrainn dha coiseachd a-rithist. B’e buile dhona a bh’ann dhan Uaimh-Chinnidh.

neonach a bha aige na phocaid. Thug e a-mach e is thog e suas e gun t-solas. Cha robh e uile gu leir cruinn: bha grobaidhean beag biodach air gach taobh dhe. ‘S ann dìreach san t-solas shoilleir geal na raontean-sneachda a b’urrainn dha am faichdinn, ‘s bha iongnadh air Ciaran am be gaoidean a bh’unnta ann an cruinne coileanta, neo an robh reusan neonach air choreigin air an son. Thug e dheth a’ mhiotagan is dh’fheuch e na tuill beag biodach le chorragan.

An toiseach cha do thachair sion. Dh'fheuch e gach fear dhe an grobaidhean beag as deidh a cheile is bha e a' dol ri a mhiotagan a chur air ais air. Bha e ro fhuar a bhith gan cumail dheth ro fhada. Mus do rinn e sin, ge-ta, phut e gu dian air tuill bheaga air an cur gu ceart-chumadail air gach taobh dhen a chruinne is gu miorbhaileach thoisich solais daithte sios na bhroinn air priobadh. Choimhid e air le iongnadh mar a thionndaidh na solais do iomhaigh dheimhinnte. Cha mhor gu robh e a' creidsinn de bha e a' faicinn!

B'e an dealbh domhain a-staigh sa bhall de roin a' snamh fon uisge. Bha na roin beag biodach nas firinniche ne dealbh-uaimh sam bith a chunnaic e riamh, agus an rud a bha nas miorbhaileache buileach b'e gu robh iad a' gluasad!

Chrath a lamhan gu ainneartach, is airson momaid cheistich e am be an crathadh aige fhein a bha a' deanamh a'ghluasad sa Bhall Chriostal.

Rinn e mach gu luath nach be seo a chuis. Bha saoghal saor gluasadach sios domhainn sa Bhall. Ciamar a bha leithid a rud comasach? Thionndaidh e am Ball mu-chuairt is mu-chuairt is bun-os-cionn , a' feuchainn ri ciall a dheanamh dhen rud a bha e a' faicinn. Bha iongnadh air Ciaran an robh e aig toiseach Doille an t-Sneachda is chuir e a laimh gu aodann. Gu dearbh bha e fuar, ach cha robh fuar uile gu leir. Bha a' ghrian a' dearrsadh gu fann is cha robh gaoth geur ann. Phut e fear eile dhe na grobaidhean beaga is dh'atharraich an iomhaigh anns a' Bhall, a' sealltainn dha sealladh de shneachd a' tuiteam air taobh cnoc. B'urrainn dha an t-sneachd fhaicinn mar gum biodh e a' gluasad leis a' ghaoith. Ciamar a ghabhadh gaoth a bhith am broinn Ball? Ciamar a b'urrainn do na saoigheil beag biodach sin a bhith suidhichte am broinn Ball Chriostal a ghleidh e na lamhan?

Airson uine mhor, bha e doirbh innse cho mor, dh'fheuch Ciaran ris na tuill bheag a phutadh ann an doighean eadar-dhealaichte. Dh'atharraich iad air beulaibh a' shuilean. Aig uairean, gu gaoireil, chidheadh e dealbhan sealgaireachd –

Sealgairean armaichte le morghathan a' dol as deidh eich-mhara, neo a' deanamh stalcaireachd air feidh air raontan Ezra. Fhuair e eadhon dealbhan de shabaid far a choinnich armailtean de dhaoine le gathan fada. Aig aon uair bha dealbh ann a bha coimhead coltach ri te dhe na h-Uaimhean Dachaidhail 's bha na daoine beag biodach a' bha a' gluasad timcheall cha mhor aithnichte. Direach mar a chum Ciaran e nas fhaisge airson a bhith sgrudadh na h-aodainn, phut e a-rithist le mearachd 's chaill e iad. 'S cinnteach nach robh e a' faicinn dealbhan de dhaoine aithnichte! B' e gu dearbh a rud as miorbhaileache a chunnaic e riamh. Bha e air an Sgeulaiche a chluinntinn a' bruidhinn mu Sheann Innealean a Tir a' Phaisde a b'urrainn miorbhailean draoidheil a dheanamh. Cha robh e ceadaichte do fhear sam bith de na Coig Cinneadhean Seann Innealean a bhith aca, ge-ta, is bhiodh bristeadh mar sin dhen lagh a' toirt gu buil sabaid is sileadh fuil. Gu fortanach cha bhiodh fios aca gu brath, oir cha chreideadh Sealgairean a' Phaisde gu robh Ciaran air am Ball Criostal a lorg na phocaid. Cha dheanadh e feum sam bith nas motha a bhith a' mineachadh mu an Daoine Beaga, oir bha fios aige nach robh Cinnidhean an Paisde a' creidsinn anns an Daoine Beaga.

Chaidh uairean a-thide seachad. Dh'fhas an iongnadh aige leis gach dealbh, is chaill e mothachadh uile gu leir do thim 's do aite 's an t-saoghal timcheall air. Fhuair e a-mach ciamar a dh'atharraicheadh e an dealbh is aig uaireannan dh'amaid e air tilleadh do dhealbh a chord ris mar tha. Bha e soilleir gu robh liut ri bhith a' putadh na grobaidhean beaga airson na dealbhan diofraichte fhaicinn, doigh a bhith a' stiùireadh a' Bhall, ach an-dràsda dh'fhairich e gu robh e ach ag obair air iomrall. B'e rud cho brosnach is a rinn e riamh. Cha robh sion mar seo air tachairt ann an Eachdraidh na Coig Cinnidhean. Am b'e gu fìrinneach tiodhlac a bh'ann bho na Daoine Beaga? Direach mar a bha e a' coimhead air ron beag biodach a' snamh fo'n uisge is ag eirigh gu toll-anail, dhuaisg anail tochdail iasgachail aig ron ceart e air ais gun t-saoghal mu chuairt air. An uair sin spreadh ron suas tron toll-anail, is chuir Ciaran am Ball gu luath na phocaid is dh'fheuch e

ris a ron a ghlacadh. Bha fios gun do dh'inns na gluasadan cearbach aige gu robh e ann, is an deidh da shlugaidhean de aile chaidh e fon uisge a-rithist. Bha Ciaran air an aon chothrom dhen latha a chall!

Choimhid e timcheall air. Bha da chuma fad as a' tighinn ga ionnsaigh. Bha e an dochas, ge bith co iad, nach fhac iad an obair air bhoile aige leis a' mhorghath.

Lan de chiont, thill Ciaran air ais a' cumail faire ach bha fios aige gu robh an toll-anail aige a-nise comharraichte is nach biodh e cleachte leis na roin faicilleach airson uine mhath.

Thionndaidh an da chuma aig a cheann thall gu Andi is Raj.

"Cha robh thusa fortanach nas motha," arsa Raj, is dh'fhearaich Ciaran aodann a' fas dearg. Cha robh e airson aideachadh gu robh e air a tharraing cus air falbh, a' coimhead ann am Ball Criostal neonach airson ron fhaicinn. Cha robh e air a bhith deanamh a dhleasdanas dha na Cinnidhean, is bha fios aige nach b'urrainn dha sin aideachadh, eadhon do na caraidean aige.

"Tha chuid mhor dhe na Sealgairean a' tighinn ri cheile 's tha sin a' deanamh air an dachaidh," thuirt Andi. "Nach teid sinn air ais comhla."

"S e an naidheachd mhath nach eil Mathan Geal mu chuairt idir," arsa Raj, "ach 's e an droch naidheachd nach eil moran roin mu chuairt nas moth."

"An do ghlac duine sam bith sion?" dh'fhaighnich Ciaran."

"Direach Regan, bidh e coltach," thuirt Andi. "Tha aon ron aige. 'S e ron fireann mor a th'ann, ach mu dh'fheumas sinn a phairteachadh ann am piosan co-ionann cha bhidh moran ann."

"Tha a h-uile duine a' bruidhinn mu gheamhradh cruaidh ri tighinn," thuirt Raj.

“Tha, ‘s tha a h-uile duine feargach ri Logan,” arsa Andi. “Tha an fhearg air falbh bhuatsa a-nise, a’ Chiaran, bidh thu toilichte a chluinntinn. Tha thu air do dhicheall a dheanamh dhuinn uile an-diugh, air t’fhagail ‘s an aite aonaranach seo.” Dh’fheuch Ciaran gun a bhith sealltainn cho ciontach ‘s a fhairich e ron a’ mholadh seo is chum e a shuilean sìos.

“Cha do nochd e na trì tursan sealgaireachd mu dheireadh sin air an deigh,” arsa Raj. “Tha a h-uile duine a’ gearain mu dheidhinn. Bidh e coltach gu bheil e a cur seachad a chuid mhor dhe thide timcheall na nigheanan.”

“Tha,” dh’aontaich Andi. “Tha sin ceart gu leor nuair a tha biadh gu leor ann, ach ‘s e Sealgair ceart a th’ann a-nise is feumaidh e biadh a thoirt a-staigh. Chan urrainn dha a bhith dìreach na mhairnealach timcheall cnap nigheanan!”

“Uill, ‘s docha gu robh e a’ sealgaireachd an aiteigin eile.” Bha Ciaran a’ faireachadh ceangal ur ri Logan is gun dh’fheumadh e a dhìon. Bhiodh Logan, bha fios, trang leis na clasaichean boghadaireachd ach b’e run a bh’ann ‘s cha b’urrainn dha innse.

“A’ sealgaireachd de? Dh’fhalbh na feidh mhora o chionn fhada sìos deas do Thir a’ Phaisde a’ Cadal. Tha fios aig a h-uile duine gur e an deigh –mara an t-aite as fhearr airson sealgaireachd. Bu choir dha a bhith cuideachadh a chuid eile dhuinn. Dh’fhaodadh gur e Fear- Malairt a bh’ann ach aig a’ mhionaid chan eil e ga shealltainn fhein airidh air seorsa na Coig Cinnidh. Tha a h-uile duine ga radh.”

Bha Ciaran a’ faighinn gu robh e cruaidh co-chruinneachadh air na bha a’ charaidean a’ radh. Fad an tìde air an rathad dhachaidh cha do smaoinich e ach air iongantas a’ Bhall Chrìostal aige. Dh’innseadh e mu dheidhinn do Andi is Raj, gu dearbh, ach bha e airson a’ sgrudadh nas mionaidiche leis fhein an-toiseach. Bha fios aige gu dachasach, aon uair ‘s gun do sheall e e don Chinnidh, gum biodh e air a thoirt bhuidhe.....

Caibideil XIII: Tha Logan a' Cuideachadh

Cha b'urrainn do na Fir-Cinnidh briseadh-duil a chumail air falach nuair a thill na Sealgairean bhon deigh-mara le dìreach aon ron ri phairteachadh eadar na Coig Cinnidhean.

Mar a bha fios, bha Helga fuaimeil a' moladh Regan, an aon Shealgair a bhunaich.

“Fuirich gus an inns mi e do mo mhathair”, chum i oirre ag radh. “Bha Seanmhair Elgina an comhnaidh ag radh gum biodh thusa an Sealgair as treuna againn, Regan, ‘s tha i ceart.”

Cha mhor nach do choimhid e gu robh Helga toilichte nach dh'fhuair duine sam bith eile sian, eadhon 's gu robh sin a' ciallachadh gainne bidh don a h-uile duine.

Rinn Ciaran suas inntinn cumail a-mach a rathad Seanmhair Elgina oir bhiodh i doirbh a' ghiulain le a bostadh mu Regan. Mar a chunnaic e aodann Alban a' fas dorch ann an gruaim dh'fhairich e eadhon beagan co-fhaireachadh ris.

“Bha Regan fortanach, 's e sin uile,” thuirt Alban.

“Tha sin fìor.” Chuir caraid Alban taichd ris mar a b'abhaist. “Cha do chuir duin' eile dhin eadhon suil air ron. Bha an toll-anail a b'fhearr aigesan. Dìreach deagh fhortan.”

Bha Ciaran a' faireachadh cho ciontach mu seo 's gun do dh'fhalbh e air ais a-muigh air an uaimh-chinnidh. Bha a gruaidhean dearg le naire mar a chuimhnich e mar a chaill e an cothrom aige fhein le bhith fo gheasaibh leis a' Bhall Chrìostal. Abair cothrom a dh'fhaodadh a bhith aige airson tilleadh air ais le feoil dha chairdean! Dh'fhaodadh e air eirig a thoirt airson na rudan cearr a

rinn e, ach aon uair eile bha e air dearmad a dheanamh air a' dhleasdhanach.

Mhionnaich e nach leigeadh e leis fhein a shealgairachd a' mhilleadh a-rithist.

Bha a lamh a' teannachadh timcheall a' chumaidh cruinn eolach na phocaid nuair a chuir comhartaich na coin air teadhair clisg air. Bha cuideigin a' tighinn!

"Hai, Ciaran!" B' e Logan a bh'ann. Bha Rabina is cuid dhe na nigheanan eile comhla ris, 's bha iad uile a' giulain na boghachan aca.

"An robh sibh a' cleachdadh ar boghadaireachd a-rithist?" dh'fhaighnich Ciaran, le iongnadh gun do thagh iad an t-am seo a thighinn air tadhal. Cha robh e cinnteach gum faigheadh iad moran failte. Cha robh na Sealgairean an an deagh ghleus. Cha robh duine.

"Chan ann a' cleachdadh, Ciaran," arsa Logan le snodha gaire. " Bha sinn a-muigh a' sealgaireachd!"

Sheas e ri taobh a' shealltainn air an carn-slaoid a bha na coin a' tarraing. Air, bha torr mor de thunnagan fiadhaich, geadh mor geal is da shionnach geal. Phlosg Ciaran le iongnadh.

"Ciamar a ghlac sibh iad sin?" dh'fhaighnich e.

"Ciamar a tha thu a' smaoinichadh, a' Chiaran?" ars' an co-ogha aige, Rabina, le gaire. Chum i am bogha aice a-mach ris. "Rinn sinn feum dhe na boghachan 's na saigheadan againn, gu dearbh!"

"Tha sinn a' toirt eoin gu gach uaimh," thuirt Logan. "Is tusa an tadhal mu-dheireadh, 's bha sinn an dochas gu faigheamaid aoigheachd an seo. 'S docha ionnlaid teth is beagan brot?"

"Gheibh thu sin gu cinnteach, mo ghille!" arsa Hallam faisg orra. Bha e fhein is Lachlan air an leantain le moran de chairdean, uile mothachail air comhartaich na coin, 's bha moran toileachas ann mar a chaidh a h-uile duine timcheall air an

t-slaodan. Bha duil ri biadh ana-bhlasta de fheoil eun gle fhurach.

“Is faodaidh Ciaran seo na bein breagha seo a thoirt gun a Chreag-Mhalairt!”
arsa Lachlan, a’ bualadh Ciaran air an druim. “Faodaidh na Daoine Beaga
rudeigin math a dheanamh leis a bhoichead sin, tha mi cinnteach.”

Dh’fhairich Ciaran blas de thoileachas aig na faclan aig Lachlan. Dh’fhairich e gu
robh mathanas air a thoirt dha.

“Faodaidh cuid fortanach cochall de bhian shionnaich a chur air na parkas aca!”
Bha an guth geir aig Glenda, caraid Silbha, eadhon nas laidire ne guth Silbha. “De
cho miorbhaileach ‘s a choimheadas sin!”

“Ciamar idir a ghlac sibh sionnach geal?” Bha cuid dhe na Sealgairean a’ tighinn
timcheall a-nise. “Is an h-eoin sin uile. ‘S cinnteach nach ann leis na h-innealain
ura sin agaibh!”

“Ciamar eile eun a’ thoirt sìos as an adhar, mo bhraithrean?” Rinn Logan gaire
timcheall na Sealgairean. “Ciamar idir stad a chur air an t-sionnach as luaithe?
Tha sealgaireachd a’ dol a dh’atharrachadh gu brath – faodaidh sinn marbhadh
bho fhad air falbh. Tha boghachan is saighdean an seo tuilleadh is mar nach
robh duine dhuibh airson an cleachdadh, dh’ionnsaich mi sin do na nigheanean.”

“De! Chan urrainn do nigheanean innealean a’ chleachdadh!”

“Tha sin gorach!”

“Nigheanean a’ marbhadh sionnaich! A’ toirt eoin sìos as an adhar! Ciamar a
dh’fhaodas sin a bhith!”

Chuimhnich Ciaran mar a smaoinich e an aon rud, ‘s mar sin cha tuirt e guth
mar a dh’eisd e ri Logan a’ cur stad air an fhanaid, is a’ moladh sgilean na
boghadairean boireannach aige.

“Chan eil e nadurra,” arsa Helga. Cha robh i toilichte gu robh buaidh Regan, am

mac aice, a-nise air a leasachadh. “Cha bu choir do nigheanean a bhith a’ sealgaireachd comhla ri fir, ‘s cha bu choir dhaibh a bhith a’ cleachdadh innealean-cogaidh. Tha e an aghaidh Co-theirm!”

“Hai, a’ phiuthar, na bi mar sin.” Bha Reuban a cur braoisg air a nighean le prois na shuilean. “‘S docha nach eil mic agam airson a bhith sealgaireachd, ach bidh e coltach gu bheil Rabina againn air deanamh gu math dhuinn uile.”

“Faodaidh mi cinntes a thoirt dhuibh nach b’urrainn dhomh uimhir seo de eoin a mharbhadh gun sgilean na boghadairean-boireann agam,” arsa Logan. “Gu h-araid Rabina. Bidh iad toilichte pairt dhe na sgilean aca a theagasg dhuibh.”

“Chan eil mi airson sgilean sealgaireachd sam bith ionnsachadh bho cnap nigheanan, tapadh leibh,” ars’ Alban. Chan eil innealan a tha a’ marbhadh o fhad fhas ach airson gealtairean!” Dh’aontaich an dithis charaid ris mar a b’abhaist, ach bha na sealgairean eile samhach.

“Cha leig thu a leas feoil a fhuair gealtairean is nigheanan ithe, Alban,” thuirt Logan gu seimh. “Cha bhithinn airson do sharaicheadh leis.”

Rinn Ciaran gaire ris fhein mar a chunnaic e suilean Alban a’ lasadh le fearg. Choimhid a dha charaid air a dh’fhaicinn ciamar a dheanadh e is bha teannachadh ri fhaireachadh.

“Tha sinn taingeil do ur Sealgairean uile,” thuirt Lachlan gu seimh. “Ge be air bith de na h-innealan a tha iad a’ taghadh, gabhaidh sinn tlachd nar feoil comhla le Co-Theirm-Cinnidh mar a rinn sinn riamh.”

“‘S e sin na h-innealean a fhuair sibh mar Fhear- Malairt, tha mi a’ smaoineachadh, Logan,” thuirt Hallam. “Chum na Daoine Beaga orra a’ toirt dhuibh barrachd is barrachd de na h-innealean sin is rinn a h-uile duine fanaid oirbh, nach d’roinn?” “Rinn,” thuirt Logan. “Ach tha sin seachad a-nise. Tha mi ag adachadh gu robh mi feargach an toiseach aig Malairt cho neonach, is amhras orm ciamar a bhiodh iad feumail dhuinn. Cha do cleachd mi riamh ach

morghath is gathan a' sealgaireachd, is chuir mi na boghan 's na saighdean gu aon taobh airson moran ghealaichean. Aig a cheann thall bha creideas agam anns na Daoine Beaga, is thosaich mi air boghadaireachd a chleachdadh. Bha e doirbh airson uine mhor, is a' sgiursadh m' fhoighidinn, ach mar a chum mi orm rinn mi nas fhearr!"

Aig bruidhinn air na Daoine Beaga, chuir Ciaran a lamh na phocaid a-rithist is dh'fhairich e cruinneas blath a' bhall criostal aige.

"Feumaidh gu robh ath-fhios aig na Daoine Beaga gum biodh geamhradh acrach air thoiseach oirnn," thuirt Lachlan. "Tha e cudromach a bhith a cur earbsa unnta. Chan eil iad gar leigeil sìos mu bhios creadas againn, eadhon 's nach biodh fios againn an comhnaidh de tha iad a' feuchainn ri innse dhuinn."

"Co-Theirm eadar na Daoine," thuirt Hallam, is dh'fheuch a h-uile duine ri cnead a chumail sìos. Bha Hallam a' dol a thoiseachadh air a' chuspair sonraichte aige. "Tha a h-uile rud a' tighinn air ais gu Co-Theirm, agus mar a tha fios againn....."

"Co-dhiu, co-dhiu!" bhris mathair Ciaran, Elrika, a-staigh anns an oraid aithnichte is chrom i dhan a' luchd-turais ur. "Gu de a tha sinn a' ciallachadh! Aoighean onorach, feumaidh gu bheil acras oirbh uile is tha brot carran ann- gu leor dhan a h-uile duine. Cuiridh sibh seachad an oidhche an seo, tha fios. A-maireach bidh sinn ag ithe feoil eoin, is a-maireach tha mi a' smaoineachadh gum bith teagasg ann am boghadaireachd!"

"Bu choir dhuibh fhaicinn mar as urrainn dhomh tilgeadh, a' mhathair," arsa Silbha. "Is mise te dhen fheadhainn as fhearr! Tha mi air a chumail falaichte airson uine mhor a-nise. Tha mi a cur geall nach do smaoinich duine sam bith gum b'urrainn dhomh saighdean a thilgeil no run a chumail! Bha eadhon Ciaran proiseil asam!"

"Agus is mise cuideachd te dhen fheadhainn as fhearr!" chuir Glenda rithe, mar a rinn cuid dhe na nigheanean eile. Bha e coltach gu robh iad uile am measg an

fheadhainn a b'fhearr.

Chaidh a h-uile duine a-staigh bho na gaoithean geir, is dh'fhuirich Ciaran a-muigh leis fhein, a' smaoineachadh mu fhaclan na Seanairean. Bha iongnadh air mun fheum a dh'fhaodadh a bhith as a' Bhall Chriostal aige don Chinneadh. Eadhon mar nach biodh e soilleir, feumaidh gu robh aobhar ann airson e bhith air a chur na lamhan.

Co-dhiu cha deanadh daoine fanaid mar a rinn iad leis na boghachan 's na saighdean. Aon uair 's gun do thuig iad de an saoghail miorbhaileach gluasadal a bha a-staigh as a' Bhall aige bhiodh iad uile air an deanamh samhach le iongantas is urram.

Bha fios aig Ciaran gum be a dhleasdanas a bh'ann am Malairt aige a shealltainn do na Seanairean. Bha e air a chumail air ais robh fhada mar tha, ach rinn e suas inntinn fuireach airson aon ghealach eile. Bha cianalas air a bhith leis fhein leis a-rithist a choimhead sìos do na saoghalan falaichte sin. Aon uair 's gun d'thug e seachad e bha fios aige gum biodh e cailte dha, 's cha b'urrainn dha fulang a bhith nas aonais. Chan e dìreach gum b'e a rud nas neo-ghnathach a chunnaic e riamh, ach se seorsa de thiodhlac a bh'ann, ceangal sonraichte ris an oidhche as iongantaiche dhe bheatha, is, os cionn a h-uile ni, ri Neach Beag gle araidh.

Cha deanadh, cha dheanadh a' chairdean fanaid an uair seo. 'S ann a' bhiodh a' cheist eadar-dhealaichte an uair seo: bhiodh iad uile a' sabaid airson cuairt a ghabhail a coimhead na bhroinn.

Caibideil XIV : Leasan an am Boghadaireachd is Goid

An ath mhadainn chuir Logan is Rabina, a bha a' fas aithnichte mar charaid, suas

targaidean de chraiceann -ron is sheas feadhainn dhe na Sealgairean timcheall gu cearbach, a' faighneachd airson leasan. Bha Dungran, a- mhain, a' gabhail uidh, oir bha e ro lag airson a bhith deanamh an turas a-mach gu deigh na mara an deidh a chiurradh, is bha e airson faighinn a-mach am b-urrainn dha ionnsachadh ciamar a ghreimeadh e air bogha mar a bha e na shuidhe.

Rinn Ciaran suas inntinn a dh'fhaighneachd dhe na Seanairean de bu toil leotha e a dheanamh.

"An dean mi air an deigh comhla ris na Sealgairean?" dh'fhaighnich e, " air neo am bu choir dhomh fuireach an seo a' feuchainn ri boghadaireachd ionnsachadh? Ni mi mar a chanas sibh."

Rinn Hallam gaire ris, toilichte gun do chuimhnich e a' chomhairle air iarraidh ann an doigh cho modhail. "Smaoinichidh mi gum biodh e nas fhearr dhut fuireach an seo, a' Chiaran. Bidh e feumail dhut ionnsachadh mar a lannsaicheas tu bogha is saighead, 's tha sinn ag iarraidh do chumail sabhailte gu am a' Mhalairt!"

Leum cridhe Chiaran le gairdeachas aig an smaoin sin: dìreach da ghealach gu

Latha a' Mhalairt.

B'e madainn irioslachadh 's bacach a bh'ann do na Sealgairean a dh'fhuirich,

ge-ta. Bha aca ri cur suas ri magadh Alban is Regan 's na caraidean aca, a

chrath na gathan 's na mor-ghathan aca ruithe mar a bha iad a' dol seachad.

“Is seo mar a choimheadas innealean ceart!” dh’èigh Alban. “Innealan ceart airson Sealgairean ceart!”

Ghabhadh fanaid Alban a chur ri taobh, ach cha robh e cho soirbh a bhi air an teagasg le nigheanean oga bogha a’ laimhseachadh. Rinn Rabina gu h-araidh air bualadh meadhan an tairgead a bhith coimhead furasda, ach nuair a dh’fheuch na Sealgairean iad fhein cha b’urrainn dhaibh tighinn faisg idir air. Gu dearbh, uaireannan bha e doirbh seaghad a leigeil as mar bu cubhaidh, neo an targaid a bhualadh idir. Sheall nighneagan dhaibh ciamar a sheasadh iad, ciamar a ghreimeadh iad am bogha, is ciamar a chuimsicheadh iad. Fhuair cuid de na Sealgairean e mar islicheadh is chuir iad crìoch air le mionnan ‘s faclan

feargach.

“Tha e a’ toirt uine,” thuirt Logan. Bha e foighidneach is lan de mholadh

dhaibhsan a dh’fhuirich. “Chuir mise seachad ioma gealach a’ feuchainn ‘s a’

failligeadh. Chan urrainn dhomh innse dhuibh co mheud uair a mhionnaich mi

‘s a thilg mi sìos na boghan. Dh’fhairich mi rag ‘s feargach airson

seachdainean.”

“Is rinn sinne fanaid oirbh, a’ bhrathair,” arsa Dungran. “Cha bu choir dhuinn

sin a dheanamh. Bha sibh ag obrachadh airson math a h-uile duine againn.”

“S cha bu choir dhomhsa a bhith cho mi-fhoighidneach nas mo,” thuirt Logan.

“Cha bu choir dhomh an-earbsa a bhith agam as na Daoine Beaga.”

Cha dh’fhuair Ciaran boghadaireachd simplidh idir. Dhen luchd-ionnsachaidh

uile b' e Dungran gu math a b'fhearr.

“Tha thu ag ionnsachadh gu math nas luaithe ne mise aig an toiseach,” thuirt

Logan ris, ga mhisneachadh. “Tha comas nadurra agad, a’ Dhungran.”

“Uill, bidh tide mhath ann mus bidh mi math gu leor airson sealg roin no airson

kayakadh,” thuirt Dungran. “Feumaidh mi aghaidh a chur air an fhirinn – nach

urrainn dhomh ruith ceart gu brath tuilleadh, neo cumail suas ris na Sealgairean

eile. Mu ni mi deagh fheum dhen am seo as a’ bhoghadaireachd, dh’fhaotainn a

bhith feumail dhan Chinnidh a-rithist.”

“Chan eil thusa ro dhona, a’ Chiaran,” arsa Silbha. Bha a guth cho misneachail

‘s nach robh fios aige am bu choir dha a cronachadh neo gaire a dheanamh.

Dh'obraich e airson uairean-a-thide comhla ri Andi is Raj. Bha iadsan cuideachd a' fas crosda is mi-fhoighidneach. Bha iad air an teagasg le Rabina, is ged a fheuch iad ri sin a chumail air falach, cha do thoil e riutha a bhith air an teagasg ann an sgilean sealgaireachd le nighean.

Mar a thionndaidh madainn gu feasgar, rinn Ciaran suas inntinn.

“Sguramaid airson greis,” thuirt e ri charaidean. “Tha rudeigin agam ri shealltainn dhuibh.”

Thug na tri caraidean orra, a' breabadh an deigh 's an sneachd mar a dh'fhalbh iad.

“Bha siud doirbh,” thuirt Andi. “Tha mi airson boghadaireachd ionnsachadh, ach tha e gu math nas doirbhe na smaoinicheadh tu.”

“Tha,” arsa Raj le gruaim, “is cha toil leum idir a bhith deonaichte do nigheanean. Tha iad toilichte a bhith ag innse dhuinn de ‘s coir dhuinn a dheanamh. Chan eil e eibhinn idir.”

“Tha mi cinnteach gum feum sinn cur suas leis gus am bith na sgilean againne nas fhearr ne na sgilean acasan,” thuirt Ciaran.

“Seadh.” Dh’fhas aghaidh Raj nas soilleire aig a smuain sin. “Seadh. Bidh sinn nas fhearr ann an uine ghoirid mu dh’obraicheas sinn. Rud sam bith as urrainn dhaibh a dheanamh, ‘s urrainn dhuinn a dheanamh nas fhearr. Feumaidh sinn dìreach beagan uine.”

“Co-dhiu,” ‘s phut Andi Ciaran. De bha thu a’ dol a dh’innse dhuinn?”

“ Suidheamaid air na creagan thall an seo.” Thug Ciaran iad a-null gu uaimh tana faisg orra, far a b’urrainn dhaibh suidhe air creagan nach robh

comhdaichte le sneachd is far an robh beagan dion bhon a' ghaidh. B' e aite

samhach a bh'ann is cha robh Ciaran airson gun cuireadh duine sam bith dragh

orra.

Chaidh Andi is Raj as a dheidh is shuidh iad uile.

“Tha faileadh neonach an seo.” Phreas Raj a' shroin. “Bha cuideigin aig a

chrotal liath, tha mi a' smaoineachadh. Bidh amhreit ann, ge-ta, mu gheibh na

Seanairean a-mach.”

“Na bodraig ri sin. Tha run agam ri shealltainn dhuibh, rud air nach eil fios aig

duine.” Cha do dh'inns Ciaran dhaibh gu robh e mu thrath air leth-innse don

phiuthar bheag aige. “Tha mi a' dol a shealltainn rudeigin air leth

miorbhaileach!”

“Tha fios agad gun urrainn sinn run a chumail.”

“An e rudeigin mu na Daoine Beaga a th’ann?” Bha a’ charaidean a’ coimhead
fior thoilichte gu romh e a’ dol a chur earbsa annta.

“S e,” thuirt Ciaran is thug e am Ball Criostal a-mach as a’ phocaid.

“De tha sin? Tha e coltach ri ball d’eighe.” Rinn Raj gruaim sios air.

“An fhaod mi a chur nam lamh?” dh’fhaighnich Andi. Fhuair Ciaran nach
robh e deonach leigeil as dhen a’ rud luachmhor sin ach thug e seachad e do
charaid. Dh’fheumadh e ionnsachadh a bhi beo as aonais nuair a bheireadh e
seachad e do na Seanairean.

“OK, chan e deigh a th’ann idir,” ars’ Andi, ga thionndadh na laimh.”Tha e air
a dheagh dheanamh mar a tha a h-uile rud a tha iad a’snaigheadh, ach chan eil
mi cinnteach de dheanadh tu leis. An e inneal a th’ann?”

Thog e suas e mar gum biodh e a' dol ga thilgeal is dh'eigh Ciaran: "Stad!"

"Ceart gu leor, a' Chiaran, ciuinich thu fhein, cha robh mi a' dol ga thilgeal,"

ars' Andi.

"Am faod mise fhaicinn?" Ghabh Raj turn air sgrudadh a' Bhall Criostal

ach cha b'urrainn dha deanamh a-mach de bh'ann. Thilg e suas dhan adhar e is

ghlac e e.

"Siuthadaibh, leigeabh dhomh sealltainn dhuibh," thuirt Ciaran. "Thug e uine

dhomhsa obrachadh a-mach carson a bha na tuill beaga sin ann. Faiceabh? An

seo, air gach taobh? Uill, ma phutas tu an dithis sin aig an aon am."

Mar a thoisich na solais a-staigh ann air dearrsadh, choimhead a' charaidean le

iongantas.

“De an ainm na Cinnidhean!”

“De an ainm a’ Phaisde na Chadal!”

“Fuiricheabh,” arsa Ciaran, a’ putadh gu dion air da tholl beag eile.

“Fuiricheabh gus a faic sibh seo!”

Mar a thug Andi is Raj a-staigh na dealbhan gluasadach as a’ Bhall, dh’fhas iad

samhach. Bha iad cho samhach ‘s gu robh e a’ coimhead mar nach biodh iad

eadhon a’ gabhail anail.

“Faodaidh tu na dealbhan atharrachadh,” thuirt Ciaran, a’ putadh tuilleadh de

na tuill. “A bheil sibh a’ faicinn? ‘S e seo sealladh de bheanntan a-nise.

Seallabh an sneachd a’ tuiteam?”

Ruig Andi a-mach corrag chritheanach mar gum biodh e a’ beantain ris a’ bhall,

‘s an uair sin thug e air ais i gu luath.

“Is a-nise tha eisg aon-adharcach is mucan-mara fon uisge.” Phut Ciaran na

tuill a-rithist. Bha e mar gum biodh an cuan gu leir am broinn a’ Bhall

Criostal.

“An t-uisge a-staigh an sin, chan eil .. chan eil e fìor,” chagarsaich Raj. “Chan

urrainn gu bheil.”

“Ciamar a tha na rudan sin a’ gluasad a-staigh an sin?” Chrath Andi a’ cheann.

“Cha ghabh e deanamh.”

An uair seo chuir Raj a-mach a’ chorràg is bhean e ri uachdar a’ Bhuill. Chrath

e a’ cheann le mi-chreideas.

“Saoil an e inneal arsaidh a Tir a’ Phaisde a th’ann?”

“Tha iad a’ radh gu bheil cuid de rudan neonach draoidheil aca a am roimh Am

na Daoine. Rudan a tha a toirt cumhachd mor dhaibh.”

“Seadh, ach chan fhaod na Daoine againn as na Coig Cinnidhean na h-innealan sin a bhith aca. Bhiodh uamhas stri ann nan robh e air fhaighinn a-mach.”

“ An d’fhuair na Daoine Beaga e, ‘s docha, bho Dhaoine a’ Phaisde? Bhiodh sin neonach, oir chan eil Daoine a’ Phaisde a’ creidsinn gu bheil na Daoine Beaga idir ann. Tha mi a’ ciallachadh, ‘s e sin an adhbhar gu robh sinn air ar tilgeil a-mach as a’ chiad aite.”

“S e rud as miorbhailiche ‘s a chunnaic mi riamh.”

“Bha e cearr dhomh seo a chumail rium fhin,” thuirt Ciaran. “Bha mi airson a shealltainn dhuibhse an-toiseach, ach feumaidh mi a shealltainn do na Seanairean a-nise. Bidh fios acasan de bu choir a dheanamh leis.”

“O, tha mi a’ smaoineachadh gun gabh sinne suil air an-toiseach, a’ cho-ogha

bhig!” Nochd Alban ‘s a charaidean a cul creag comhdaichte le sneachd.

“Shnaig sin suas oirbh a chionn ‘s gun do smaoinich sinn gu robh sibh a’

deanamh crotal,” thuirt Kyril. “Bha sinn a’ smaoineachadh gun d’fhuair sibh ar

stor. Bidh e coltach gun d’fhuair sibh rud gu math nas inntinniche.”

“De a th’aca?” dh’fhaighnich Drango, an imcheist.

Leum na tri gillean gun casan.

“Tha thu ceart, Kyril, ‘s e rud gu mor nas inntinniche ne crotal a th’ann,” thuirt

Alban. Cho luath ri lasair dealanaich an t-samhraidh ghluais e air-adhart is

ghlac e am Ball Criostal a lamh Ciaran.

“Hai Thoir sin air ais!”

Mar a dh’fheuch Ciaran ri leum air a cho-ogha, phut Kyril air ais e gu cruaidh.

Chomharraich Drango an gath aige air na tri ghillean uile airson an cumail bho ghluasad.

“Gabhabh dhachaidh, a’ ghillean bhig, ‘s cluicheabh ris na mathan deideagach molach.” Chuir Kyril a’ ghath ri corp Ciaran mar a bhruidhinn e.

“Fagabh deideagan inbhich airson inbhich.”

“Gluaiseabh!” dh’èigh Alban. “Mar a bheil sibh airson faighinn a-mach de ni inneal ceart. Mach a seo!”

Dh’fheuch Ciaran a-rithist ri leum a dheanamh air a cho-ogha na bu shine ach phut Drango sios e is chomharraich e an gath aige air amhach Ciaran.

“Eirich is dean a-mach a seo,” dh’ordaich Alban.

Leis na tri Sealgairean uile gan stobadh gu geur le’n gathan, cha robh aig na

gilleann ri dheanadh ach falbh. Chum Ciaran air ais deuran fheargach 's

milleadh duil.

Caibideil XV : Am airson Aidmheil

Ruith na triuir gu samhach airson greis, air falbh bho eigheach fanaideach na

fir-peinidh aca.

Nuair a bha iad cha mhor aig an Uaimh-Dhachaidh a-rithist, bhruidhinn Andi:

“Chan urrainn dhomh fhathast creidsinn a’ rud a chunnaic sinn an-dràsda. Am

Ball Criostal iad! Bha e miorbhaileach!”

“Bha, ciamar a rinn thu air sin a chumail falaichte, a’ bhrathair?” Bha Raj a’

faireachadh rudeigin casaideach. “Tha mi a’ ciallachadh, chan eil e coltach ri

rud sam bith eile, an aite sam bith. Gu dearbh, a' Chiaran, chan urrainn gu

bheil rud sam bith coltach ris as an t-saoghal air fad. B' e sin Malairt!"

"Is a-nise tha na piosan iad de dh'fheoil grod de bhiadh chrubanan air a

ghlacadh!" Choimhid Andi air Ciaran. "De ni sinn a-nise? Ciamar a gheibh

sinn air ais e?"

"As a chiad aite feumaidh mi innse do na Seanairean mu- dheidhinn. Thuirt Ciaran. "Tha mi a' dol a bhith ann an cruaidh-chas airson nach do dh'inns mi dhaibh mu-dheidhinn as a chiad aite. An cas uabhasach. Bhrist mi na riaghailtean. Tha iad a' dol a bhith air chuthach. Bhiodh e nas fhearr dhuibhse cumail a-mach as. Leigeamh dhomh a dhol air adhart leum fhin is faodaidh sibhse leigeil oirbh nach eil fios agaibh air sian. . . ."

"Tha sinn ann comhla riut, a' bhrathair," ars' Andi, is dh'fhairich Ciaran tamailt, le fios cho beag 's a smaoinich e air leigeil le charaidean pairt a' ghabhail as a Bhall Criostal an deidh an cadal-sneachd aige.

"Chan eil, 's e mo chaire a th'ann uile gu leir," chum e air. "Tha mi air a bhith nam Fhear-Malairt neo-airidh is toillidh mi am peanasachadh a bheir iad."

"O, siuthad, a' Chiaran," fhreagair Raj, ga phutadh beagan air a' ghairdean. "Na bi cho morchuisseach. Bha an rud cho miorbhaileach 's gun tuigeadh duine sam bith gum biodh tu airson a chumail agad fhein airson gealach no dha. Tha fios'am gum bidhinnse! Bha thu dìreach a cur dheth an uair, 's e sin uile."

“Tha sin ceart. Chuala sinn thu a’ radh gu robh thu a’ dol ga shealltainn do na Seanairean,” ars’ Andi, “is bha sin mas tainig an cobhar ud ‘s gun tug iad e. Smaoinichidh mi gur e iadsan a tha a’ dol a dh’fhaighinn ann am buaireas! Tha sinne mar fhianais nach do runaich thu ach math.”

“Tha sinn an seo comhla riut co-dhiu a dh’iarras tu no nach iarr,” thuirt Raj.

Mar a choisich iad gu na h-uaimhean comhla, seachad air na boghadairean, dh’fhairich Ciaran nas laidire le taic a’ charaidean. Bha Hallam is Lachlan comhla ann an te dhe na h-uaimhean na b’ fhaide a-staigh, a’ toirt ti iocshlainteach do Elgin. Choimhid Ciaran le dochas air an t-seann duine, ach bha e soilleir gu robh an tuigse aige air falbh a-rithist, ‘s nach biodh taic sam bith bhuaithe an uair seo.

“Tha aideachadh agam ri dheanamh dhuibh,” thuirt e as a’ bhad, is rinn gleus a’ ghuth air na Seanairean stad a’ rud a bha iad a’ deanamh is coimhead air le suilean geur Shealgairean. Cha mhor nach do stad Elgin cuideachd bho bhith ag ol an ti aige gu fuaimneach, a dh’eisdeachd.

“Tha mi air rud cearr a dheanamh,” thuirt Ciaran. “Bhrist mi te dhe na laghan Malairt is chuir mi air falach rud bhon Mhalairt.”

Stad e, ach cha tuirt na Seanairean sian. Bha a h-uile duine a’ feitheamh air a bhith a’ cumail air, ‘s mar sin dh’inns e gu tur a h-uile ni, ach far an do chomphairtaich e ris a’ Phearsa Bheag as an stoirm-shneachda.

“Feumaidh gun do thuit mi nam chadal,” thuirt e. “Tha cuimhn’ agam a bhith a’ gaireachdaich gun chiall mar a rinn mi an uaimh-sneachda, is an ath rud air a bheil cuimhn’ agam ‘s e na Sealgairean ga mo chrathadh na mo dhusgadh.”

“S mar sin cha do chuir thu crìoch idir air do sheomar-sneachda?” dh’fhaighnich Lachlan gu geur.

“Cha do chuir uile gu leir,” arsa Ciaran. “Mar a chuala sibh, bidh e coltach, cha b’e fasgadh robh mhath a bh’ann.”

“Chan eil sinn a’ tuigsinn ciamar a chum thu beo, ma-tha,” thuirt Hallam.

“Bhasaich an cu leis an fhuachd, ach dh’fhuirich thusa beo gun chron. Tha mi-fhin is Lachlan air a bhith a’ smaoineachadh air sin. Tha an dithis againn a’ smaoineachadh gu robh rudeigin aig na Daoine Beaga ri dheanamh mun ghnothach.”

“Inns’ an fhirinn dhuinn, a’ Chiaran,” arsa Lachlan. “An fhac thu rud sam bith de na Daoine Beaga as a’ chathadh?”

“Tha mi ag innse an fhirinn nuair a chanas mi gun dh’fhaic mi torr de rudan neonach as a’ chathadh ad,” thuirt Ciaran. “Shaoil mi gu robh mi a’ faicinn mathan mora ban a’ dannsa as an adhar, ealtan de eoin fuamhaireach is, tha sin ceart, bha mi a’ smaoineachadh gu robh na Daoine Beaga comhla rium cuideach. B’e uile gu leir pairt de chuthach an t-sneachda a bh’ann. Ma bha pairt sam bith dhe fìor, chan urrainn dhomh innse.”

Bha na Seanairean ga choimhead gu geur ach cha do bhruidhinn fear dhiubh.

“Nuair a bha mi air mo chrathadh na mo dhusgadh bha a h-uile duine a’ fas gle fheargach rium nuair a fhuair iad a-mach gu robh mi ceart gu leor,” chum Ciaran air. “Bha iad a’ deanamh orm fad an turas air an rathad dhachaidh. Fhuair mi am Ball Criostal na mo lamhan, is chuir mi e nam phocaid ach cha robh sian a dh’fhios’am de bh’ann. Cha do thuig mi gum b’e Malairt a bh’ann, neo gum b’e rud sam bith eile a bh’ann ach ‘s docha ball d’eighe.”

“Am biodh tu a cur ball d’eighe nad phocaid?” dh’fhaighnich Lachlan.

“Uill, cha bhiodh,” dh’aidich Ciaran. “Saoilidh mi gu robh fios agam nach b’e ball d’eighe a bh’ann, uile gu leir, ach air an taobh eile, cha robh duine a’ dol a dh’eisteachd rium neo a’ dol a thoirt an aire do rud sam bith a chanadh mi mu na Daoine Beaga a’ bhith a’ toirt rudeigin dhomh an aite an stuth againne. Bha iad a’ toirt orm airson a bhith call an stuth-Malairt is airson cu luachmhor a chall, is”

“S mar sin, chum thu e dhut fhein?” B’e seo Hallam a-nise.

“Chum, rinn mi cearr,” thuirt Ciaran. “Tha mi a’ faicinn sin a-nise. Bu choir dhomh a bhith air tighinn dhuibhse as a’ bhad, ach, a-rithist, bha a h-uile duine cho feargach rium. Cha bhiodh duine a’ smaoineachadh gu’n d’rinn mi Malairt ceart. Saoilidh mi gun do smaoinich mi gum b’urrainn dhomh deanamh a-mach run a’ bhuill is an uair sin s’ docha gum biodh daoine toilichte leum a-rithist. . .”

“Chan e loidhne mhath a tha thu a’ gabhail, a’ Chiaran, is tha fios agad air,” thuirt Lachlan. “Saoilidh mi gu bheil thu a’ cumail rudeigin air falach, ach chan eil mi cinnteach de. Saoilidh mi cuideachd nach robh thu a’ dol a dh’innse dhuinn mu dheidhinn seo gus an tainig Alban ‘s gun tug e air falbh e. . .”

“O, chan eil sin ceart!” bhris Andi a-staigh. “Chan eil sin fìor. Sheall Ciaran dhuinn am Ball Criostal is thuirt e gu robh e a’ tighinn an seo is a’ dol a dh’innse dhuibh mu-dheidhinn.”

“Dh’aidich e gu robh e cearr,” thuirt Raj, a’ coiseachadh air adhart. “Chuala sinn e a cantail sin, is bha sin mus tainig iadsan is gun tug iad ionnsaigh oirrn.”

“Hmm, uill, ge be air bith an fhirinn ‘s a chuis, ‘s e am prìomh obair a-nis a bhith faighinn air ais am Ball Criostal sin bhon triuir iad,” thuirt Hallam. “Tha an giulan o chionn ghoirid a cur curam oirrn co-dhiu. Tha iad air fas foirneartach ‘s comhragach, ‘s tha sinn a’ smaoineachadh gu bheil fios againn air an aobhar.”

“Chan urrainn dhuinn co-dhunadh a dheanamh gus am faic sinn am Ball seo sinn-fhin.”

Ghluais Ciaran mar gum biodh e a’ dol as deidh na Seanairean, ach chuir Lachlan mach a lamh.

“Fuiricheabh an seo!” dh’ordaich e. “Fuirichidh sibh an seo, na triuir agaibh, gus an till sinn. Tha thu air a bhith mi-mhodhail, a’ Chiaran. Gle mhi-mhodhail. Shaoil mi gu robh thu air do leasan ionnsachadh, ach bidh e coltach nach do

dh'ionnsaich. Cha do dh'ionnsaich thu sian."

"Tha na Daoine Beaga air a bhith sealltainn earbsa unnad," thuirt Hallam, "ged nach urrainn dhomh, an ainm a' Phaisde na Chadal gu Brath, obrachadh a-mach carson. Chan eil mise a' faicinn ach gille gorach gun churam!"

Sheas Ciaran, Andi is Raj a' feidheamh gu samhach. Chrub Ciaran a' cheann. De bha a' dol a thachairt a-nise? B'e a' chiad churam nach leigeadh iad leis tuilleadh Malairtean a dheanamh is bhris an smaoin seo, gu h-araidh, an cridh' aige.

Caibideil XVI : An Stri airson a' Bhall

Chaidh na mionaidean seachad gu mall. Beag is beag mhothaich iad guthan ard is bha e coltach gu robh rudeigin a cuir curam air na Boghadairean. Ged a bha e air innse dhaibh a bhith stad far a' robh iad, ruith na triuir a-mach nuair a chual' iad eigheach is sgreuchan bho taobh a-muigh na h-uaimh.

Bha an oigridh a bha a' cleachdadh boghadaireachd air stad a chur air an rud a bha iad a' deanamh. Bha pairt dhe na nigheanan beaga a' guil, is bha na nigheanan na bu shine is na Sealgairean uile a' greasad gu na h-uaimhean beaga far an do dh'fhag Ciaran 's a' charaidean Alban, an co-ogha aige.

Bha glaothaich is gul de amhghar ri chluinntinn 's bha e doirbh tuigsinn de bha a' tachairt.

"O, a' Chiaran." Chuir Silbha greim air a' mhuilcheann, 's i a' nochdadh as a' bhad ri thaobh mar a ruith e. "Tha mi a' smaoineachadh gur e ar co-ogha, Alban, a th'ann."

"De roinn e?"

"Tha e air a' dhol gu tur ro fhada an uair seo," thuirt i, a' plogartaich. "Thuirt cuideigin gu robh e air a' dhol as a' chiall."

“Tha,” nochd Glenda ri taobh, a’ cumail oirre leis an sgeul, “tha e gu dearbh as a’ chiall. Chuala mi cuideigin a’ radh gun d’thug e ionnsaigh air na Seanairean!”

“De?”

“Sguir a bhith a’ cantail amaideas!” chronaich Raj Glenda. B’e an co-ogha aige a bh’ann, is fhuair e i sgitheachail gu math tric.

“Tha e fìor!” dh’eigh Ringwald, Sealgair og a uaimh-cinnidh Logan, mar a ruig iad uile na h-uaimhean tana far a ghoid Alban am Ball. “Seall dhut fhein. Seall air na Seanairean!”

‘S ann le amhghar a chunnaic Ciaran gearradh sìos an gruaidh cheart aig Hallam, ‘s an fhuil a’ sìleadh air a’ pharca aige. Bha Lachlan air an lár a’ coimhead bruite ‘s gun mhothachadh, ach cha robh sgeul air Alban, no Kyril no Drango.

“Thug iad ionnsaigh air na Seanairean ‘s ruith iad air falbh!”

“An ainm a’ Phaisde! Thug iad ionnsaigh air na Seanairean!”

“Cha do thachair leithid a rud ann an eachdraidh ar Cinnidh!”

“Dh’fheuch mi ri saighead a chur unnta,” thuirt Dungran, ach tha fios nach robh mi sgileil gu leor.”

“Is cha do ghluais mise luath gu leor,” arsa Logan gu mugach. “Ruith iad air falbh. Chan eil fios’am cait’ an deach iad.”

“Ciùineabh sibh fhein, a h-uile duine,” thuirt Hallam. “Mas e ur toil e, bitheabh seimh. Chan eil mi fhin no Lachlan goirtichte. Tha gearradh air mo ghruaidh, ‘s e sin uile.”

Chrom Logan a chuideachadh Lachlan gu chasan.

“Tha mise ceart gu leor cuideachd,” thuirt Lachlan. “Ach tha rud air tachairt an seo air am bidh fìor dhroch thoradh.”

Aige seo bha torr dhaoine air tighinn, mar a thainig feadhainn as an uaimh-

dhachaidh comhla ri cach. Eadhon aig momaid dramatach mar seo cha b'urrainn do Chiaran ach a bhith mothachail air cho neo-bhinn 's cho grannda 's a bha guthan daonna seach binneas airgeadach na Daoine Beaga. Bha a h-uile duine a' bruidhinn aig an aon am, ag iarraidh faighinn a-mach de thachair is ag eigheach le fearg s' le diomb.

"Minichidh mi dhuibh uile de thachair," thuirt Hallam, "mu bhios sibh uile samhach."

Stad a h-uile duine, is bha tosd fhada ann mus do bhruidhinn Hallam a-rithist.

"Thug Ciaran, am Fear-Malairt againn, air ais seorsa de inneal," thuirt e.

Dh'fhairich Ciaran a' ghruaidhean a' fas teth mar a thionndaich a h-uile duine a choimhead air. "B' e Ball Criostal a bh'ann de sheors' air choreigin. Malairt annasach agus sonraichte. An aite a thoirt dhuinn, chum e e dha fhein. Bha sin cearr 's tha Ciaran air seo aideachadh dhuinn, ged a tha a' charaidean ag innse dhuinn gu robh e gun teagamh a' dol ga thoirt seachad dhuinn nuair a thug Alban is Kyril is Drango ionnsaigh air."

"Ball Criostal?"

"De tha sin?"

Thoisich monmhor a-rithist mar a nochd barrachd is barrachd dhe na fir-cinnidh, is aon uair eile chuir Hallam tosd orra le laimh.

"Chan eil fios aig duine ach Ciaran 's a charaidean gu de bh'ann 's an inneal seo. Bidh e coltach gum b'e seorsa de Inneal Arsaidh le comasan neonach a bh'ann. B'urrainn dha iomhaighean gluasadach a shealltainn is b'e rud gu dearbh miorbhaileach a bh'ann. Chan eil fios againn ciamar a rainig e ann am pòcaid Chiaran ach tha sinn a' smaoinachadh gu robh e na Mhalairt bho na Daoine Beaga, nuair a bha Ciaran air seacharan as a' chathadh-shneachda. Mas e seo a bh'ann, feumaidh sinn a bhith an dochas nach cluinn Sealgairean a' Phaisde sian mu dheidhinn."

“Cha bhiodh na Daoine Beaga ag iarraidh gum biodh sinn a’ sabaid mu dheidhinn,” thuirt Lachlan. “Feumaidh gu robh adhbhar air choreigin ann airson ar math, ach nuair a dh’fhiarr sinn air Alban a thoirt dhuinn, dh’fhas e fhein ‘s a charaidean ainneartach. Mar a tha sibh a’ faicinn, thug iad ionnsaigh oirnn, ‘s an uair sin ruith iad air falbh.”

“Tha e follaiseach nach eil iad airson dealachadh ris an rud seo,” arsa Hallam.

Bha a h-uile duine a’ bruidhinn aig an aon am, airson faighinn a-mach de bh’ann ‘s a’ Bhall Criostal diomhair sin. Bha Ciaran air a cheasnachadh gu teann ach rinn e suas inntinn gun a bhith a’ freagairt gus an do dh’ionnsaich na Seanairean dha mar a chanadh e.

“Tha sinn air torr de chrotal liath fhaighinn an seo!” Dh’eirich Lachlan a’ ghuth gu feargach, gan deanamh uile samhach. “Tha na Sealgairean og sin air a bhith a’ deanamh moran feum dhe. Mar a tha fios agaibh, chan eil e ceadaichte a bhith a’cruinneachadh an crotal liath. ‘S e dìreach na Seanairean a dh’fhaodas a’ dhol gu Creagan a’ Chrotal Liath, ach feumaidh gu robh Alban is Kyril is Drango a’ dol as ar deidh is a’ cumail suil oirnn nuair a bha sinn a’ cruinneachadh lusan iocshlainteach.”

“Ma bhitheas e measgaichte le lusan sonraichte faodaidh e bhith na iocshlaint fheumail,” thuirt Hallam, “ach mar a tha fios againn uile, ma bhios e air a gabhail leis fhein faodaidh e a bhith cunnartach. Tha e air na Sealgairean og sin a dheanamh ro-chomhraigeach. Tha sinn air a bhith gan coimhead airson uine, oir bha amharas againn gu robh rudeigin cearr. Gabhaidh sinn an storr aca is cuiridh sinn as dha. Tha seo a’ ciallachadh gum fas iad eadhon nas co-chomhraigeach buileach nuair a mhothaicheas iad gu bheil an storr aca air falbh. Feumaidh sinn a bhith gle fhaiceallach. Cha bu choir a dhol faisg air fear sam bith aca ach”

“Tha sibh a’ bruidhinn mar gum b’e biast fhiadhaich a bha nam mhac!” dh’eigh

Helga, piuthar-mathair Ciaran, gu feargach. “Tha mi cinnteach nach d’rinn e rud sam bith cearr. Neo co-dhiu rud nas mo na cuid eile timcheall an seo!”

Thionndaidh feadhainn de na Sealgairean orra ‘s dh’iarr iad orra a’ beul a dhunadh, ‘s bha Ciaran toilichte mu seo. Choimhid i air gu feargach, mar gum biodh an coire aigesan airson a h-uile sian ach cha tuirt i dad eile.

“Tha Co-Chordadh air a bhristeadh gu mor,” thuirt Hallam, ach thoisich an luchd-eisdeachd air deanamh cnead is air gluasad air falbh. Le tachartasan annasach mar Buill Criostal air an goid, foirneart a dh’ionnsaidh na Seanairean, is Sealgairean as an ciall le crotal, cha robh duine airson oraid air Co-Chordadh a chluinntinn.

Airson a bhith modhail, is airson eirig a thoirt an deidh na lochdan aige cheana, dh’fhuirich Ciaran is dh’eisd e gu faiceallach.

“De bhios a’ tachairt a-nise?” dh’fhaighnich e gu iriosal nuair a thainig oraid Hallam gu crìoch.

“Feumaidh sinn am Ball Criostal fhaighinn air ais a-rithist.” Leum a h-uile duine mar a thuig iad gum b’e Elgin a bhruidhinn, is thill an Clann- Cinnidh a thighinn timcheall air na Seanairean a-rithist. Bha tuigse an t-seann duine air tilleadh na shuilean is bha an guth aige lan ughdarras. B’e esan Ceannard na Seanairean air fad a-rithist.

“Thusa,” thuirt e, a’ comharrachadh dìreach air Ciaran. “Feumaidh thusa, a’Chiaran, an ath Cho-Mhalairt a dheanamh ann an coig gealaich.”

“Ach nach eil e soilleir nach eil an gille seo airidh, ‘s tha e doirbh fhaicinn de ghabhas deanamh . . .” Bha Hallam is Lachlan a’ bruidhinn comhla, ach stad iad nuair a chunnaic iad am fiamh air aodann Elgin.

“Tha a’ m fuasgladh simplidh,” thuirt an seann duine. “S e am fuasgladh an inneal fhaighinn air ais, is s’e pairt dhen fhuasgladh sin an gille seo a bhith ri Malairt.

Bitheadh creideamh agaibh – bitheadh creideamh agaibh aig a h-uile am – as na Daoine Beaga. Feumaidh an Co-mhalairt tachairt.”

Choimhid muinntir a’ Chinnidh air Elgin le iongantas, air an gluasad gu robh e air tilleadh air ais dhaibh, eadhon nam biodh e airson uine ghoirid. Bha na h-amanam sin a’ fas nas tearca, ach bha iad a’ cheart cho priseil an deidh sin.

Shliob Elgin, Mac Elgin, Gille-Malairt, Seanchaidh, Sealgair cumhachdach is Ceannard na Cinnidhean uile, fheusag gheal is dh’airdich an guth aige: “‘S docha gum bidh cath ri tighinn oirnn, Fhir-Cinnidh: cath airson a’ Bhuill Criostal. ‘S docha nach eil fios againn de th’ann, neo carson a thugadh e dhuinn, ach bha e air a thoirt dhuinn leis na Daoine Beaga is tha dleasdanas oirnn urram a thoirt dha is faighinn a-mach carson a tha e. Aig amanan roimh seo fhuair

sinn tiodhlacan nach do thuig sinn ach tha iad uile air obrachadh airson math na Coig Chinnidhean. ‘S e seo mar gum biodh Tiodhlac sonraichte is cha robh e ceart a bhith leigeil leis tuiteam an droch lamhan. Tha sinn uile ciontach, ach ‘s e am balach Ciaran a-mhain a dh’fhaodas ar cuideachadh. Mar a thuirt mi, feumaidh an Co-Mhalairt a dhol air adhart.”

Caibideil XVII : Tha Ciaran a’ Deanamh Deiseil airson Co-Mhalairt

Bha fios nach fhuiricheadh an oraid chumhachdach aig Elgin ro fhada, ach chual’ a h-uile duin’ e a’ bruidhinn. Bha na faclan treorachaidh aige glaiste nan cridhe, is dh’fheumadh Hallam ‘s Lachlan leigeil le Ciaran ullachadh airson an ath Cho-Malairt. Chunnaic na Daoine-Cinnidh an Ceannard a’ tighinn air ais ‘s cha duraichdeadh duine a dhol an aghaidh na h’orduighean aige.

Chaidh an t-sealgairachd air adhart, ach cha robh iad fortanach air deigh na

mara. Bha dithis Shealgairean air an leon gu dona a' feuchainn ri each-mara a' ghlacadh, is bha na spioradan aig na Coig Cinnidhean gu math iosal. Cha robh eadhon na Boghadairean a' toirt air ais moran. Bha e mar gu robh na h-eoin fhein air fas eolach air na h-innealan ura sin 's ag itealach suas ard san adhar, air neo a' cumail air falbh bho na h-Aiteachan Seilbh. Bha stòran sìos gu ìre chunnartach, is bha na daoine nach fheumadh an neart a' chumail suas air leth-bhiadh. Dh'fhas am brot-carran barrachd 's barrachd gun bhlas is uisgidh. Bha na Sealgairean cuideachd a' cumail suilean 's cluaisean geur, a' feuchainn ri Alban, Kyril 's Drango a lorg. Ged a b'è seo cosg uine luachmhor sealgaireachd, bha na Coig Cinnidhean uile cinnteach gum feumadh sin a dheanamh. Bha an crotal liath air an deanamh borb 's gun fhios de dh'fhaodadh iad a dheanamh is bha na Seanairean airson gum biodh iad air an smachdachadh 's an uair sin air an slanachadh, airson gum b'urrainn dhaibh tilleadh mar bhuill luachmhor dhen chinnidh. Cuideachd, bha iad ag iarraidh a' Bhall Criostal.

Bha Ciaran dhen a bheachd gu robh fios aig piuthar a' mhathair is Helga, mathair Kyril, far a robh na mic aca air falach. Aig amanan chaidh an dithis bhoireannach a sealladh, ach cha do dhuirich e a' dhol as an deidh. Rinn iad e nuair a bha na Sealgairean uile a-muigh air an deigh-mara, is bha amharas aig Ciaran gu robh na mathraichean a' toirt biadh a dh'aiteigin airson na mic aca. Chaidh iad a-mach air an deigh-mhara fhosgailte, far am faiceadh iad duine sam bith a' dol as an deidh, is bha eagal air Ciaran bho fhoirneart a cho-ogha 's a' charaidean, 's mar sin chum e air falbh, a' feitheamh gu am a' Ghealaich-Mhalairt.

Smaoinich e iomadh uair air a' Bhall Criostal, is loisg a' chridhe le fearg a' smaoineachadh air ann an lamhan na fir og sin, gun churam, 's cho borb. B'è tiodhlac luachmhor dhan a' Chinnidh a bh'ann, air a thoirt do Chiaran leis an neach bheag sonraichte aige fhein, is bhrosnaich e gu fearg e gu robh e air a thoirt bhuaithe. Bha ciont cuideachd ga bhuaireadh, oir bha fios aige nam biodh e air a thoirt seachad as a' bhad, nach biodh seo air tachairt. Bha fios aige gur e

a' choire-san a bh'ann, is cha b'urrainn eadhon a' charaidean rud sam bith eile innse dha. Carson, an ainm a' Phaisde, a thagh na Daoine Beaga e mar Fhear-Malairt? Cha robh e a' deanamh sian ceart. Ciamar a dheanadh e leasachadh? Am biodh fios aig na Daoine Beaga gun do ghoideadh am Ball Criostal? Am biodh fios aca gum b'e a' choiresan a bh'ann?

As cionn a h-uile ni, bha e ag ionndrainn am Ball Criostal fhein. Dh'ionndrainn e an toileachas a dh'fhairich e na chruinnead na phocaid, a' mhaise oirdheirc mar a dhealraich e san t-solas, 's bha e ag ionndrainn na dealbhan iongantach, gluasadach. Cha b'urrainn do dhuine sam bith a bhith sgith dhiubh, eadhon le bhith a' coimhead orra fad beatha. Dh'fhairich e gu robh rud luachmhor air a thoirt bhuaidhe is bha e ga chaoidh. Aig amanan chuir e iongnadh air –am b'e-aisling a bh'ann uile? Choimhid e air ais air a' shealbh ghoirid mar am miorbhaileach, am sonraichte nach tigeadh gu brath tuilleadh.

“Chan eil fhios'am ciamar a tha na triuir sin a' cumail cho ealaidh.” Bha athair is cuid dhe na Sealgairean na bu shine a' beachdachadh air tachartasan an la. Aon uair eile bha iad air tilleadh air ais gun roin, ged a bhiodh iad a' tarraing cairn-shlaod air ais gu na h-uaimhean mar bu ghnath, is aon uair eile cha do dh'amaid iad air Alban 's a' charaidean a lorg.

“Bha'm faileadh aca aig na coin aon uair,” thuirt Sealgair eile. “Ciamar a tha iad a' deanamh air ar seachnadh?”

“Tha e mar gum biodh fios aca de tha sinn a' dol a dheanamh an ath uair,” thuirt Ringwald, a' crathadh a' chinn. “Mar gum biodh iad fad an tide air thoiseach oirnn.”

“Lorg sinn fear dhe na saobhaidhean aca,” mhinich Oswald, brathair na bu shine aig Ringwald, aon de na Fir-Cinnidh eile. B'e iad dithis dhe na Sealgairean nas sgileil anns na Coig Cinnidhean gu leir. “Bha iad air a bhith nas fortanaiche na sinne. Bha cnamhan ann is fuidhleach de fheoil roin. Bha an sealgairachd aca

gun teagamh soirbheachail is bi e coltach gu bheil feoil gu leor aca airson an cumail a' dol. Chan eil fios againn ciamar a tha iad a' deanamh seo."

Smaoinich Ciaran air na faclan sin gu faiceallach. Rinn rudeigin a thuir Ringwald mu Alban 's a charaidean a bhith fad an tìde aon cheum air thoiseach air a h-uile duine air cuimhne a bhrosnachadh na cheann, ach chuir e air falbh e mar a dh'fhairich e an stamag aige a' deanamh rucail le acras, is choimhead e airson piosan eisg san bhrot tana.

Tarsainn air talla na h-uaimh chunnaic e Regan, an co-ogha aige, ga choimhead le suil fheargach thairis air a' bhobhla-brot aige. Cha robh Regan air moran a chantail o mhaslachadh a' bhrathair na bu shine, ach bha e follaiseach gu robh e a' fairichdainn naraichte 's feargach. Cha do dh'fheum e a dhol a lorg Alban, Kyril 's Drango comhla ris na Sealgairean eile, 's bha e a' cur seachad a' thide air an deigh-mara, gu tric leis fhein. Cheana na shealgair roin math, bha e a' tilleadh mar a b'abhaist a-nise le carn-slaod falamh cha mhor a h-uile la, is le gach gealach a chaidh seachad bha e mar gum biodh e nas feargaiche 's nas guineach. Bha a' mhathair iomagaineach timcheall air fad an tìde 's bha fios aig Ciaran gu robh iad a' cur an coire airesan airson an trioblaid.

Cha robh aige ach aona chadal eile gu Gealach Mhalairt, ge-ta, 's rinn sin furtachd dha- a dh'aindeoin fulangas na Cinnidhean. Chitheadh e, ged nach b'e "chitheadh" am facal ceart air a' shon, bha fios, ach bhitheadh e mothachail air am Pearsa Bheag shonraichte aige fhein. Chluinneadh e binneas gliongach na Daoine Beaga a-rithist.

Caibideil XVIII : Oillt aig a' Chreig

Aig an deireadh thall b’e madainn a’ Mhalairt a bh’ann! Rinn Ciaran cinnteach a bhith tadhal air Elgin, ach bha suilean an t-seann duine fad air falbh, is e a’ cronan ‘s a’ deanamh snodha-gaire ris fhein, ‘s a’ deanamh cearcaill as an t-sneachda le ceann gath.

“Tha sinn gar n’ionndradh, Elgin,” thuirt e gu bronach, mar a chunnaic e e a’ dealbhadh barrachd is barrachd de chearcaill le cuthach. “Thigeabh air ais dhuinn, mas e ur toil e, le ur comhairle uasal ‘s ur treorachadh.”

Cha robh freagairt ceart ann, ‘s mar sin rinn Ciaran a’ rathad do na h-uaimhean a-staigh far a robh Dungran a’ cur an Carn-slaod Malairt ri cheile. Bha cho beag s’an stor-bidhe ‘s gu robh an tabhartas a’ coimhead rudeigin tiamhaidh. Bha fios aig Ciaran nach bu choir dha rud sam bith a ‘chantail, ge-ta. Bha e air a’ leasan ionnsachadh ‘s dh’fhuirich e gu modhail gus an cuireadh Dungran crìoch air an obair.

“Chan eil moran an seo!” thuirt Dungran gu dian. “Tha fios’am air sin, ‘s chan eil feum agam air faclan bhuatsa, a’ Chiaran.”

“Cha robh mi a’ cantail rud sam bith. Tha fios’am nach eil moran againn ri thoirt, is tha mi a’ toirt speis don tabhartas agaibh.”

Choimhead an dithis aca air na stocan de dh’eisg tiormaichte a bha air fhagail. Bha pairt mhath dhe air tighinn bho cinnidhean-uaimh faisg orra. Airson uine mhor cha do bhruidhinn fear seach fear dhiubh, ‘s an uair sin rinn Dungran ceum a-nall ‘s chuir e a’ chuid as mo dhe air a’ Charn-slaod.

“Tha feum againn air cuideachadh bho na Daoine Beaga,” thuirt e. “Feumaidh sinn a bhi fialaidh air ais.”

“Tapadh leibh, Dungran,” arsa Ciaran le faireachadh. “Tha fios agam gun tuig iad an iobairt mhor a rinn sinn. Tha fios’am gun cuidich iad sinn!”

“Feumaidh sin tachairt,” thuirt Dungran gu mugach. “Mur a cuidich, tha sinn ann

an trioblaid gu dearbh.”

Cha tug Ciaran cu sam bith comhla ris an uair seo. Bha feum air a h-uile aon airson sealgaireachd, ‘s bha e comasach air an carn-slaod a tharraing leis fhein cho fad ‘s a thug e a’ thide.

Mar a rinn e a’ rathad thairis air na comhnardan mora, smaoinich e gu bronach air Helga choir. Aig amannan dh’fhairich e mar gum biodh a’ spiorad comhla ris. Bha faireachdainn neonach aige nach robh e leis fhein mar a tharraing e an t-ualach luachmhor aige chum na creagan uabhasach far an robh na Daoine Beaga a’ fuireach. Bha gaoth geur ann, ach cha robh i a’ bideadh aig ire gaothan-stoirmeil toiseach a’ gheamhraidh. B’ann re amannan nas maoithe mar seo am meadhan a’ gheamhraidh a bha a’ chuid mhor dhe’n t-sealgaireachd air an deigh-mara air a dheanamh, mus tigeadh stoirm main borb deireadh- a- gheamhraidh, nuair a bhiodh sealgaireachd de sheorsa sam bith do-dheanta. Cha b’urrainn do Chiaran cuimhneachadh air seasan cho bochd, ‘s bha athair is cuid dhe na daoine nas sine air an aon rud a radh. Cha robh na feidh air a bhith lionmhor ‘s an t-samhradh nas mo. Bha iad air a’ phairt mhor dhen tide a chur seachad anns na duthchannan toirmisgte deas air Ezra, far an robh Sealgairean Duthaich a’ Phaisde a’ siubhal. A-nise ‘s gu robh a’ mhuir reota air fad, nuair a bu choir dha na Sealgairean a bhith a’ toirt air ais moran roin, thachair leontan as deidh a’ cheile is sreath de dhroch fhortain. Bha a h-uile duine acrach ‘s bha amannan nas miosa ri tighinn. Bha Ciaran an dochas gum b’urrainn dha na Daoine Beaga a’ chuideachadh ann an doigh air choreigin, is bha iongantas air de a bheireadh am Malairt gu bith.

Cha mhor nach robh e aig a’ Chreag-Malairt ‘s bha a’ chridhe ga phronnadh. B’e an rud neonach gu robh na creagan mor air gach taobh dheth, dubh aig amannan eile ach an-drasda geal ‘s drithleannach, mar gum biodh iad a’ dunadh timcheall air. A dh’aindeoin an toileachas a’ fhairich e mu bhith a’ coinneachadh ris na Daoine Beaga, fhuair e gu robh e air chrith, cha b’ann uile gu leir le fuachd, ach le

“anzara”, am fearachadh dachasach sin a bha cho feumail do Shealgairan. An deidh sin mhothaich e gum bu choir dha a bhith air barrachd aire a thoirt dha. Bha athair air innse dha fad an tìde, nuair a tha thu a-muigh a’ sealgairachd, chan fhaod thu uair sam bith “anzara” a leigeil seachad. ‘S e an rud a ni an t-eadar-dhealachadh eadar beatha is bas: eadar a bhith nad shealgair air neo nad chobhartach. Bha rudeigin an seo an dubhar na creagan geal nach robh ceart, ach bha e cho mi-fhoighidneach a bhith aig a’ Chreag-Malairt ‘s gun do leig e na faireachdainn sin seachad. Leig e seachad “anzara”, is cha do smaoinich e ach air sonas ri tighinn nuair a bha e comhla ris na Daoine Beaga a-rithist.

Tharraing e an carn-slaod gu cas na creig moir, is an uair sin thoisich e air na tabhartasan a’ reiticheadh air a’ mhullach shneachdail. Smaoinich e ma sgaoileadh e iad timcheall, choimheadadh e mar gu robh e air barrachd a thoirt. Cha robh moran eisg tiormaichte ann, ach bha e an dochas gum biodh fios aig na Daoine Beaga gum b’e seo pairt mhor dhen stòras geamhraidh aca fhein is aig na Cinnidhean-Uaimh eile.

Shocraich Ciaran e fhein ‘s an aite abhaisteach, neo co-dhiu cho faisg air ‘s a b’urrainn dha. Cha ghabhadh an sgaineadh zig-zag fhaicinn nuair a bha a h-uile dad comhdaichte ann an sneachd. Anns a’ bhad dh’fhairich e am fuachd, is thulg e air ais ‘s air adhart a’ chumail blath. Aon uair eile, a-nise ‘s gu robh e air stad, mhothaich e am faireachadh laidir “anzara”ud a-rithist, gu robh rudeigin cearr. An robh e airson gu robh eagal air nach tìgeadh na Daoine Beaga? Bha e anshocrach ach cha robh fios aige carson.

Chaidh sin uile a cuimhne, ge-ta, nuair a chual’ e na guthan aithnichte airgeadach timcheall air. Chum e a shuilean sìos, ‘s rinn e snodha-gaire le furtachd. Cha do stad a’ ghaire gus an do mhothaich e nach robh na guthan a’ sruthadh neo toilichte. Bha dìth co-chordadh ann is dh’fhairich e dragh is amhghar. Cha robh gaire no cabaireachd ard ann tuileadh. Bha rudeigin air na Daoine Beaga a chur troimhe-cheile. ‘S docha airson gu robh an tabhartas cho lom? Bu mhiann leis a

bhith a' bruidhinn riuthe. Dh'fhaodadh e an uair sin innse dhaibh cho gann 's gu robh na stòran aca, is mar a bha iad mar sin a' toirt dhaibh uiread dhe 's a b'urrainn dhaibh. Ciamar a dh'innseadh e sin dhaibh as a' chor seo, gun a bhith a' bristeadh riaghailtean mu chom-pairteachadh?

Thachair da rud aig an aon am, is an am ri teachd bha e doirbh cuimhnicheadh de thachair an- toiseach. Dh'ainmich am Pearsa Bheag gradhach aige, an te a' chuir i fhein ri chli a h-uile uair, is a sheinn an t-oran-talaidh dha, Ciaran.

Bhruidhinn i a-staigh na cheann. Bha i ga rabhadh: an doigh air choreigin thuig e seo as a' bhad. Gun fhaclan na theanga fhein, neo gu dearbh ann an teanga daonna sam bith, bha i ag iarraidh air gluasad, a dhol as a' rathad air rudeigin. Chrub e gu dachasach gu chli, is anns a mhomaid sin chaidh gath le astar seachad air muilcheann tiugh am parca aige. Mar a robh e air gluasad dh'fhaodadh e bhith air a mharbhadh.

Sheas Ciaran, a' bheul fosgailte le as-chreideamh. Cha b'e rud glic a bha 'n seo is bha aige ri crubadh sìos gu luath a-rithist.

Chaidh barrachd gathan luath tron aile is bha sgreadan ard bho na Daoine Beaga timcheall air. Ged nach robh e ceadaichte a bhith a' coimhead suas, bha fios aig Ciaran gu robh e ann an cunnart basmhor is choimhid e timcheall air le uamhas. Bha bas san aile. Bha an gath a chaidh seachad air a' mhuilchinn airson a' mharbhadh, is a-nise bha e coltach gu robh aon co-dhiu dhe na Daoine Beaga leante cuideachd. Shrac na sgreadan ard piosan a chridhe. Chan fhac e ach sealladh gu dearbh beag dhiubh: cumaidhean airgeadach sgaileach a' ghluais nas luaithe na smaointean. Dh'fhalbh iad mar bhleideagan ann an stoirm-sneachda mas do thog iad cuirp marbh no leonta 's mas do dh'fhalbh iad ann an cabhaig gheal.

Ruith trì Sealgairean as an deidh is bha fios gum b'e an truir Alban, Kyril is

Drango. Feumaidh gu robh iad a' fuireach air falach gus an tigeadh Ciaran airson a Cho-Mhalairt.

"Ruitheabh!" dh'eigh e ris na Daoine beaga. Cha do dh'fhairich e riamh leithid de bhron 's de dh'fhearg aig an aon am. An deachaidh am Pearsa Bheag coir aige fhein a ghoirteachadh, neo, gu tur nas miosa, a mharbhadh? Cha ghabhadh an rud fhuiling. "Ruitheabh!" dh'eigh e a-rithist.

Leum e sìos bhon a' Chreig-Malairt is ruith e as an deidh. Ruith e gus an robh e gun anail timcheall air creagan mòr sneachdach, is bha e an tìde bhith cluinntinn glaothan de bhuidh-chaitream bhon a' cho-ogha aige, Alban. Cha robh sgeul air na Daoine Beaga, ge-ta.

"Fhuair sinn e!" bha Kyril ag eigheach. "Fhuair sinn e! Fhuair sinn an t-ait' aca!"

"Fhuair, is seall de eile a fhuair sinn!" Thionndaidh Drango a' spleuchdadh air Ciaran 's bha a' shuilean fiadhaich 's borb.

"S bochd nach do chuir thu crìoch air," arsa Kyril.

"O, tha mi a' smaoinicheadh gun d'rinn sinn math gu leor," arsa Alban le snodh' gaire, 's e a' tionndadh a choimhead air Ciaran le suilean neonach, lainnireach.

"Fhuair sinn an uaimh far a bheil na biastan beag a' fuireach, is faodaidh sinn an inntrigeadh a dhunadh gus an guil iad airson trocair. Tha iad uile gu leir nar cumhachd. Agus a-nise tha braigh feumail againn! Fear-Malairt fìor! 'S e ar prìosanach a th'unnad, a' cho-ogha. Chan e staid a' bhitheas a' cordadh riut, tha mi a' smaoinachadh. 'S docha gum bidh thu duilich nach d' fhuair gath Drango an targaid mus crìochnaich sinn!"

Rinn an triuir aca gaire comhla, is chaidh Ciaran sìos air a' ghluinean, le pian is fearg air buaidh a thoirt air.

Bha Alban ceart nuair a thuirt e nach biodh a bhith na phrìosanach aca ro thlachdmhor.

Ghabh fear mu seach dhiubh turn ga phutadh 's ga bhualadh gu dion. Bha fios aige nach robh feum ann a bhith a toirt buile air ais 's chuir e suas ris gun eigheach a-mach, rud a thug beagan prois dha. Bha gach fear beagan eadar-dhealaichte nan an-ìochdmhorachd: thug Alban aon bhuile mhor, a chuir Ciaran dhe chasan, 's an uair sin bha e mar gum biodh e sasaichte gu robh e air a' chumhachd a shealltainn; bhreab Kyril gu dubhailceach e uair no dha 's an uair sin chaill e uidh as a' ghnòthach; B' e Drango, am fear a b' isle san riaghladh, a bu mhiosa. Dh'fhras e buillean 's breaban air Ciaran is dh'eigh e tamailtean. Bha na tamailtean garg is amh, ach cha robh macmeanmainn mor aige is an uine ghearr cha robh gin air fhagail aige. Dh'fhagadh e a' bruidhinn gagach, 's an uair sin chaidh e troimh na tamailtean a-rithist. Nuair nach do rinn Ciaran freagairt, sheall Drango le ìomagain air Alban 's Kyril, a dh'fhaighinn a-mach de bu choir dha a' dheanamh an deidh sin.

"Ceangail ris a' chairn-slaod e," dh'ordaich Alban.

Cheangail Drango a lamhan air cul a' dhruim 's an uair sin cheangail e ris a' chairn-slaod aige e. Cha do ghleac Ciaran ach dh'fheuch e e-fhein a chur ann an suidheachadh na b'fhearr as deidh sin, is gun a bhith a' smaointeachadh ro mhor mu na meallan 's na bruthan aige.

"Gu leor ri ithe a-nochd, a' bhalaich!" ghairich Alban. Sheall Ciaran le uabhas mar a sgaoil an triuir aca na tabhartasan Malairt a-mach is a' thoisich iad air an iasg thiormaichte 's na stiallan feoil tiormaichte a bha gu bhith airson na Daoine Beaga. Cha do thairg iad sian dha, ach dh'fhairich e nach b'urrainn dha rud sam bith ithe, eadhon 's gu robh iad air sin a dheanamh.

Dhinn iad am biadh gu sanntach nam beoil, is ann an am ghoirid bha e coltach gu

robh iad air diochuimhneachadh mu-dheidhinn.

“Cait’ a bheil e, ma-tha?” dh’fhaighnich Kyril, a’ suathadh a’ bheul air a’ mhuilcheann.

“Na mo phocaid,” arsa Alban gu h-aithghearr. “Tha fios agad far a bheil e.”

“‘S e ‘n turn agamsa a th’ann,” arsa Kyril. “Tha e agadsa an comhnaidh, Alban.”

“Carson nach fhaigh mise uine leis uair sam bith?” chaoin Drango.

Mar a chunnaic Ciaran Alban a’ cur a laimh gu tearmannach gu phocaid, thuig e gu robh iad a’ bruidhinn mun a’ Bhall Criostal. Rinn Drango ionnsaigh air pocaid Alban ach chaidh a phutadh air ais gu cruaidh.

“Fag e, a’ bhrathair! ‘S ann leamsa a tha e!” Bha aodann Alban fiaraichte le dranndan feargach.

“‘S ann lein uile a tha e.”

“Seadh, dìreach, ‘s ann mar sin a tha sinn an seo, nach ann? ‘S ann mar sin a ghlac sinn iad.”

Bha moran dranndanach mar seo eatarra ‘s an uair sin thug Alban am Ball Criostal a-mach as a’ phocaid ‘s shuidh e a’ choimhead na bhroinn. Bha e coltach ri cu a’ dion cnamh mar a choimhid coin am paca eile ann an samhchas dur.

Bha iongnadh air Ciaran de bha Alban a’ ciallachadh nuair a thuirt e: “‘S ann mar sin a tha sin an seo, nach e?” is “‘S ann mar sin a ghlac sinn iad.” Bha e soilleir gu robh na triuir ag iarraidh a’ Bhall nan lamhan fhein, is bha fearg ‘s tamailt ri fhaireachadh. Bha iad uile as an rian, a Co-Chordadh. Bha e coltach gu robh iad air fas fo bhuaidh a’ Bhall Criostal as an aon doigh ‘s gun robh iad fo bhuaidh a’ chrotal liath. Bha, gu fortanach dhasan, barrachd curam orra mun turn aca aig a’ Bhall na air a bhith ga sgiuirsadh-san a-rithist, ‘s b’urrainn do Chiaran suil a chumail orra is cho mor ‘s a b’urrainn dha ionnsachadh.

B’e Alban an ceannard, an ciad fhear. Chum e am Ball na lamhan nas fhaide mus

do leig e le Kyril a thoirt bhuidhe. An deidh sin, chuir e-fhein is Drango muig orra mar a dh'fhuirich iad gus an d'rinn Kyril crìoch. Bha fios, cha robh sin a' dol a thachairt ro luath. Chunnaic Ciaran aodann Kyril, gu abhaisteach cho lan d' fhearg 's de thamailt, a' fas reidh. Bha a' shuilean air na h-ìomhaighean am broinn a' Bhuill 's bha e a' coimhead ciuinichte 's fuasgailte airson a' chiad uair. Cha mhor nach robh e a' coimhead ciatach.

“Uill, a bheil thu a' faicinn sian?” dh'fhaighnich Alban gu mi-fhoighidneach.

“Mmm? Tha fios gu bheil mi a' faicinn rudan, moran rudan,” arsa Kyril. Bha aire uile gu leir air na h-ìomhaighean air a-bheulaibh.

“Tha fios agad de tha mi a' ciallachadh!” dh'eigh Alban. “A bheil thu a' faicinn rud sam bith feumail?”

“Feumaidh tu tide a thoirt dhomh. Bha uine gu leor agadsa.”

Bha e follaiseach nach robh Alban a' dol a thoirt moran tide do'n charaid, ge-ta, is an uine ghoirid ghlac e am Ball air ais. Dh'eigh Drango le milleadh duil : ” Is e an turn agamsa a th'ann!”

Thionndaidh an dithis eile air 's dh'iarr iad air a bhith samhach, ach cha robh Kyril toilichte le Alban nas motha.

“Bha mi a' coimhead!” thuirt e gu feargach. “Cha d'thug thu dhomh tide gu leor.”

“Cha d'thug thu dhomhsa tide sam bith,” arsa Drango. Thug Kyril dha droch phut 's dh'iarr e air a bhith samhach.

“Tha fios agam cait' am put mi,” thuirt Alban, ga shocrachadh fhein a' choimhead air ais anns a' Bhall beag. “Faighnichidh mi na tuill sin nas fhearr ne'n dithis agaibhse. Feumaidh e sgil, tha fios agaibh. Feumaidh mi na Daoine Beaga a lorg nan uaimh. . . .”

Chlisg Ciaran le iongnadh. As a' bhad thuig e gu robh Alban air faighinn a-mach barrachd mun Bhall Criostal na fhuair e fhein. Feumaidh gu robh doigh ann a

bhith a' putadh na tuill bheaga airson na h-ìomhaighean a' stiùireadh.

Chuimhnich e air mar a b'urrainn dha na roin fhaicinn bho'n d'eigh-mara dìreach mas do bhris ron suas bhon toll-anail air a' bheulaibh. 'S docha gun gabhadh a' Bhall a chur gu feum airson sealgaireachd? B'e smaoin gluasadach a bha sin. Dh'innseadh e cuideachd carson a bha na triuir a h-uile uair ceum air adhart air na Sealgairean a bha as an deidh. Ann an dòigh air choreigin b'urrainn dhaibh cach "fhaicinn" anns a Bhall.

Bha an smaoin gum faodadh Alban na Daoine Beaga fhaicinn nan uaimh dachaidheal a' pianadh Ciaran. Ghearr e e le sath geur. Dh'fhairich e tearmannach dhiubh uile, is tinn le curam mun Phearsa Bheag shonraichte aige fhein. Rinn e ionnsaigh air e fhein fhaighinn as na ceangalan ach cha d'rinn sin feum sam bith. Cha do rinn e ach Drango a thoirt air ais air.

"Chan ann a' feuchainn ri faighinn air falbh a bha sinn, an ann?" Bha Drango ann an seol air leth borb an deidh a bhith air a chur sìos le cach, is thainig e a-nall 's thoisich e air Ciaran a' dhornadh. Dh'fhas e nas doirbhe gun a bhith ag eigheach leis a phian, ach bha Ciaran air cur roimhe nach githheadh e airson trocair. Ghabh e buile dìreach os cionn a' shuil deas is rinn am pian air faireachadh tinn. Rinn e amas air gluasad as a' rathad mar a' rinn Drango air eadar a' shuilean, is sheachainn e sroin bhrìste neo call fhiacalan. Aig a cheann thall b'e Alban a chuir stad air.

"Tha sin gu leor, Drango!" dh'eigh e. "Fag e an-drasda! Tha feum againn air."

"Ma-tha thoir dhomh turn leis a' Bhall!" dh'eigh Drango gu feargach.

"Ann an tìde, a' bhrathair," arsa Alban. Cha robh a' ghuth uamhasach braithreil.

"Mar nach urrainn dhut an scum beag gorach fhaighinn leig dhomhsa feuchainn," arsa Kyril, ach bha Alban a' deanamh cinnteach gu robh e a' dol a chumail am Ball dha fhein. Thilg Drango smugaid air Ciaran 's an uair sin dh'fheuch e a-rithist gun bhuaith ri radh gum b'e an turn aigesan a bh'ann.

“A bhrathair, chan eil sian a dh’fhios agad air an rud seo!” arsa Alban. “Cum ri ‘d aite is fuirich a-mach as. Chan fhada gus am bith gu leor ann dhuinn uile.

“Ciamar a dh’ionnsaicheas mi mu-dheidhinn mar a faigh mi turn uair sam bith?” dh’eigh Drango, is bhuail Kyril e air aodann ‘s dh’iarr e air a bhith samhach. Dh’fhairich Ciaran, a dh’aindeoin am pian aige fhein, toileachas airson momaid a’ faicinn Drango air a cheannsachadh leis an dithis eile.

Bha’n triuir aca, bha e follaiseach, fo mhoran iomagain, ‘s bha teannachadh eatorra. ‘S docha gum b’urrainn do Chiaran feum a dheanamh dhe seo an doigh air choreigin, smaoinich e. Chan fhac e riamh leithid a Mhi-Chordadh am measg chairdean. An uair sin bheachdaich e air ciamar neo carson a bhiodh Alban ag iarraidh seirbheis bhuaithesan. Mar a dh’fhas e follaiseach nach b’urrainn dhaibh iomhaighean na Daoine Beaga fhaighinn, bha iongnadh air Ciaran de dheanadh iad an uair sin.

Bha iongnadh air cuideachd de bha iad ag iarraidh cho mor bho na Daoine Beaga.

Caibideil XX : Tha Ciaran a’ Faighinn Orduighean

Feumaidh gun do thuit Ciaran na Chadal ‘s bha e air a dhusgadh le buile laidir air a’ ghualinn.

“Hey, duisg, a’ cho-ogha bhig!” Bha aodann Alban dìreach air air a’ bheulaibh. De cho mor ‘s a mhiannaich e gu robh a lamhan fa sgaoil airson sgleog a thoirt dha. Rinn e aodann cho ciuin ‘s a b’urrain dha, ge-ta, oir cha robh e ag iarraidh duine dhiubh fheargachadh, gu h-araidh nuair a bha iad aig a’ chrotal liath, a’ sabaid mu dheidhinn a’ Bhall Criostal. Bha iad coltach ri beathaichean fiadhaich, gun fhios de dheanadh iad.

“Feumaidh sinn rudeigin iarraidh ort,” thuirt Alban. “Seas air do chasan ‘s thoir

an aire.”

“Iarr air, a’ bhrathair!” arsa Kyril. “Chan eil sinn ag iarraidh sian, tha sinn ag innse dha.”

Thairg Drango a bhith ag innse le sgleog na aodann, ach chuir Alban stad air an dithis aca le gluasad dhe laimh.

“Tha feum againn ort airson Malairt a’ dheanamh dhuinn,” thuirt Alban. “Tha feum ort airson com-pairteachadh a dheanamh ris na Daoine Beaga. Feumaidh gu bheil fios agad air an teang’ aca no ge be air bith a ni thu nuair a thig thu an seo a’ chom-pairteachadh riutha.”

“Cha do chom-pairtich mi riutha gu dìreach riamh,” thuirt Ciaran. “Chum mi mo cheann sìos fad an tìde, ‘s mar sin chan fhaca mi sian.”

“Seadh, ma-tha,” thuirt Alban, tha na laithean sin seachad. Seachad gu brath. Cha bhi suidhe sam bith ann, a’ fuireach gus an dean iad suas na h-inntinnean gorach aca. Cha bhi eagal roimh a bhith coimhead suas no a bhith bruidhinn riutha. Tha sinne nas cumhachdaiche na iadsan, ‘s tha tìde a fhuair iad sin a-mach.”

Cha tuirt Ciaran sian, ach dh’fhuirich e a’ chluinntinn de’m pairt a bhiodh aigesan.

“A’ rud a tha sinn ag iarraidh bhuapa, ‘s e barrachd de Bhuill Criostal!”

“A bheil sibh a’ smaoineachadh gu bheil barrachd dhiubh ann?” Cha do smaoinich Ciaran air sin uair sam bith.

“Nas lugha de cheistean, a’ chlabar de bhaoit chrubaig, arsa Kyril. “Eisd ri de dh’innseas sinn dhut ‘s cum samhach!”

Ghluais Drango mar gum biodh e a’ dol a bhualadh Ciaran a-rithist, ach aon uair eile chum Alban air ais e gu mi-fhoighidneach le laimh.

“Obraichidh tu leinn, a’ Chiaran,” thuirt e. “Chan eil roghainn eile agad. Ma ni thu

mar a chanas mi, dìreach mar a chanas mi, theid beatha gu math nas soirbhe leat.”

Cha robh e soirbh tuigsinn an robh Alban gu dearbh nas coibhneile na cach airson gu robh e a’ faireachadh seorsa de chairdeas mar cho-ogha, neo a’ sealltainn a’ chumhachd ann an dòigh tosdach airson gu robh fios aige gum b’ esan an ceannard.

“De tha thu airson gun dean mi?” dh’fhaighnich Ciaran. Chunnaic e Alban an comhnaidh a’ beantainn ri phocaid is chuimhnich e a bhith a’ deanamh an aon rud e-fhein. Chuimhnich e a’ thoileachas gu robh am Ball Criostal aige. Bha an t-am sin a-nise mar aisling fad as.

“Bha thu taghta leis na Daoine Beaga,” ars’ Alban. “An ainm a’ Phaisde na Chadal chan eil fios’am carson. ‘S docha gun toil leotha amadain beag macanta.” Bha seo nas coltaiche ris an Alban a’ dh’fhaighnich e. “‘S docha gu bheil iad dìreach gorach iad fhein. Chan eil fios agam ‘s tha mi coma. Co-dhiu, tha fios againn nach bruidhinn iad ruinne gu dìreach, ‘s feumaidh sinn thusa a bhith ag eigheach ann am beul na h-uaimh aca, gan toirt a-mach. ‘S tusa am Fear-Malairt ‘s mar sin ‘s tusa a dh’fheumas bruidhinn riuthe. Cha leig sinn leat a dhol sìos ann, ‘s na smaoinich air a dhol a sealladh oirnn, a’ cho-ogha. Fuirichidh tu ceangailte ris a’ chairn-slaod far an urrainn dhuinn suil a chumail ort.”

Dh’fhairich Ciaran a’ ghuailainnean a’ tuiteam. Bha a’ chridhe air leum falaichte de dhochas a dheanamh aig an smaoin gun leigeadh iad leis a dhol do Uaimh na Daoine Beaga.

“De th’agam ri dheanamh?” dh’fhaighnich e gu dur.

“Innsidh tu dhaibh gu bheil am Malairt,” stad Alban a’ thilgeil smugaid aig an fhacal, “tha Malairt crìochnaichte. Tha e seachad. Chan eil sinn a’ deanamh malairt mar sin a-nise; chan eil sinn ri bhith a’ fuireach timcheall a’ chreig ghorach aca, a’ feitheamh gus an dean iad suas an inntinn de bheir iad dhuinn an

ait' an fheoil againn. Cha toir sinn rud sam bith dhaibh, gu dearbh, mur a dean iad dìreach mar a chanas sinn."

"Is sinne na Sealgairean!" arsa Drango. "Canaidh sinne de thachras don a' bhiadh."

"Tha iad nar cumhachd," thuirt Kyril. "Faodaidh tu sin innse dhaibh. Chan eil sinn a' dol gan leigeil as a seo gus an aontaich iad ris na h-iarrtasan againn."

"Mar nach aontaich iad," bha seile a' ruith a beul Drango, "leigidh sinn goirt orra is basaichidh iad."

Thainig sreath de mhionnachadh an deidh seo.

Chum Ciaran a' shuilean air suilean a' cho-ogha, is leig e seachad an dithis eile.

"S e ur iarrtasan," thuirt Alban, "gun toir iad dhuinn barrachd Buill Criostal. Mu ni iad sin 's docha gun toir sinn dhaibh iasg mar fhabhar. 'S e seo co-dhunadh a ni sinne. Chan e Malairt a th'ann, a' cho-ogha, a bheil thu a' tuigsinn, 's e ordugh a th'ann!"

"Tha thu ga thuigsinn, a bheil?" arsa Kyril ann an gleus bagairteach. "Goirtichidh sinn a-mach iad, ge bi de cho fada 's a bheir e. Tha biadh gu leor againn a' seo 's faodaidh sinn a dhol seach ma seach a shealgaireachd, 's mar sin faodaidh sinn fuireach a' seo gu brath, mas e ur toil e. Feumaidh iad barrachd Buill a thoirt dhuinn. Tha thu a' tuigsinn sin, a bheil?"

"Tha, tha mi ga thuigsinn," thuirt Ciaran gu seimh, gun a bhith coimhead fhathast ach air Alban. Cha robh miann sam bith aige a bhith a' brosnachadh barrachd bhuilean. Bha a' chorp a' deanamh plogartaich le pian mar-tha.

"Siuthad, ma-tha," stob Drango e leis a ghath aige. "Fhalbh's toisich air eigheach! Inns dha'n scum bhheag ad na teirmean againn."

Fhuair Ciaran e doirbh a bhith coiseachd le lamhan ceangailte, a' tarraing slaod as a dheidh. Chuir Drango a-mach a' chas is thug e air tuiteam. Cha b'urrainn

dha e fhein a shabhaladh is bhuail e a' cheann air taobh na slaid. Dh'eigh Drango 's Kyril le gaire ach dh'iarr Alban orra a bhith samhach.

"Seallamh an fhuil, amadain. Chan eil sinn ag iarraidh sin, 's docha gun fheargaich e na Daoine Beaga."

Dh'fheuch Ciaran gun a bhith ag eigheach leis a' phian 's dh'fhairich e an fhuil a' dortadh sios aodann a-rithist. Rinn e amas air eiridh gu chasan.

"Tha mi a' dol a' dh'fhuasgladh do lamhan, a' Chiaran," thuirt Alban. Chuir cach an aghaidh sin ach thuirt e riuth' a bhith samhach. "'S e fabhar a th'ann, nach fhaic thu, agus is coir dhuit taing a thoirt dhomh."

"Tapadh leat," thuirt Ciaran.

"Nas airde, a' shlige bhig carran," arsa Alban gu ciuin. "Chan eil mi ga do chluinntinn."

"Tapadh leat." Choimhid Ciaran dìreach do shuilean Alban. Tapadh leat, a' Cho-Ogha."

"Cuir a-mach do lamhan," thuirt Alban gu garbh. Thug e sgian sealgaireachd is ghearr e na geimlichean air lamhan Ciaran. B'e faochadh mor a' bh'ann, is shuath Ciaran cul a' dhuirn. B'urrainn dha cuideachd an fhuil a shuathadh air falbh bho shuil chli.

"Fhalbh gu beul na h-uaimh is inns dhaibh de a tha sinn ag iarraidh," thuirt Alban. "Bidh sinn a' cumail suil ort fad na tide."

Caibideil XXI : Am Malairt Co-Eigheach

A dh'aindeoin am pian 's an cas anns an robh e, dh'fhairich Ciaran crith duil mar

a sheas e, a' chas cheart ceangailte fhathast ris an t-Slaod-Malairt, aig beul Uaimh na Daoine Beaga.

Ge be gu robh iad air a' Bhall Chriostal a chur gu feum. oir neo gu robh iad air na Daoine Beaga goirtichte a leantainn mar a ruith iad dhachaidh, bha e coltach gu robh iad gu dearbh air Uaimh fionnsgeulach na Daoine Beaga a lorg. Bha pian is eagal air an "anzara" aige a gheurachadh is b'urrainn dha deanamh a-mach gu robh iad timcheall. Choimhid e air ais air a' cho-ogha is chunnaic e, ged a bha iad pios air falbh, gu robh na triuir aca a' cumail faire air.

"Na feuch rud sam bith gorach," thug Alban rabhadh dha.

Chuir Drango tairean graineil ri sin, ach cha do bhodraig Ciaran ris is bhruidhinn e air ais gu dìreach ri Alban: "Ni mi mar a tha thu ag iarraidh, a' cho-ogha. Chan eil roghainn eile agam."

Rinn Alban gnog ris. "Toisich ma-tha," thuirt e.

Choimhid Ciaran a-staigh do dhorchadas na h-uaimhe a b'fhaide a-staigh. Bha e a' faireachadh triobhualadh a' tighinn as. Cha robh an "Anzara" aige riamh cho laidir. Le h-uile chridhe bha e airson snaigeadh a-staigh, air falbh bho na fir-pianaidd aige, do shaoghal na Daoine Beaga.

"Hai!" Cha robh fios aige de chanadh e oir cha do bhruidhinn e riamh ris na Daoine Beaga. "Tha mi a toirt mo... a' toirt failte! 'Seo mise, Ciaran, am fear-Malairt!"

Bha fhaclan ag ath-aithris am broinn na h-uaimh, 's an uair sin bha tosd ann. dh'fhairich e gle neonach.

"Failte!" dh'eigh e a-rithist. A' robh a' ghleus modhail gu leor?

"Seadh, tha sin uabhasach eifeachdach," arsa Kyril. "Bheir sin buaidh orra as a 'bhad."

"Inns dhaibh na cumhnantan againn," dh'ordaich Alban.

“Seadh, inns’ dhaibh gun goirtich sinn iad gu bas ‘s an uair sin sgiuirsidh sinn an scuma beag,” is chrìochnich Drango le mallachd no dha eile.

“Bi samhach, a’ bhrathair. Mar a tha iad air basachadh le cion bidhith ciamar a’ sgiuirseas sinn iad?”

“Bitheabh samhach, an dithis agaibh!” arsa Alban, gan ceannsachadh. “Ciaran, dìreach inns dhaibh mar a dh’iarr mi ort.”

Ghluais Ciaran gu mìchofhurtail ach bha fios aige nach robh roghainn eile aige.

“A’ Chairdean Urramach!” dh’eigh e a-rithist, a’ faireachadh gorach. “Tha e air iarraidh orm teachdaireachd a thoirt dhuibh!”

Stad e gus an deach am mactalla sìos, ‘s an uair sin dh’eigh e a-rithist.

“Tha feum agam...againn ...air ar cuideachadh.”

Aon uair eile bha mactalla ann, ‘s an uair sin samhchair fhada.

“Inns dhaibh, a’Chiaran!” B’e seo Alban.

Dh’fhairich Ciaran e fhein air chrith, cha b’ann bho eagal roimh a’ cho-ogha ‘s a’ charaidean, ach aig an smaoin gu robh e a’ bruidhinn ris na Daoine Beaga gu dìreach nan uaimh-dhachaigh.

“Tha mi ordaichte a’ dh’innse dhuibh,” thoisich e gu doigheil, ‘s an uair sin stad e. Thug e anailean domhainn airson smachd a’ chumail air a’ ghuth, oir cha do dh’iarr e gun tigeadh e a-mach air chrith is mi-chinnteach. “Tha mi ri innse dhuibh gu bheil mi a-nise nam chiomach, mar a tha sibhse. Tha iad ag radh gu bheil iad air Malairt a thoirt gu crìch...”

Lagaich an guth aige is fhuair e nach b-urrainn dha cumail air. Bha e airson suidhe is gul.

Thoisich Drango air bruidhinn ach dh’iarr Alban is Kyril air a bhith samhach.

“Tha iad a’ radh barrachd . . barrachd Buill Criostal!” dh’eigh Ciaran dh’an

dorchadas. Aig an ire seo dh'fhalbh neart a' ghluinean is chrub e aig beul na h-uaimhe, a' sabaid deoir de phian 's de dhith cuideachadh. De bhiodh na Daoine Beaga a' saoileadh dhe? "Chan e mise a tha ag iarraidh, tha sibh a' tuigsinn. Tha mi a' ciallachadh, chan eil mi ag iarraidh dhomh fhein. Chaidh iarraidh orm faighneachd dhuibh. Tha iad ag iarraidh barrachd Buill Criostal."

B'en aon fhreagairt samhchair fhada. Shuidh na tri fir-sgiuirsidh aige gu samhach cuideachd. Dhun Ciaran a' shuilean 's mhothaich e piantan troimh a' chuirp. De bhios a' tachairt gu domhainn am broinn na h-uaimh, dh'iongnaich e. Bha na seann riaghailtean mu bhi a' bruidhinn riutha gu dìreach briste, ach bha e coltach nach robh feum as na seann riaghailtean tuilleadh. Am biodh na Daoine Beaga ga chur suarach airson gun do ghluais e bho phairt mar Fhear-Malairt? Am biodh iad feargach no eagalach air a bhith air an glacadh? An robh 's docha innealean falaichte aca a chuireadh iad gu feum? Bha a' cheann a' plogartaich le ceistean.

Airson uine mhor cha do ghluais duine, 's b'e Kyril a bhris an samhchair mu dheireadh thall.

"Tha gu leor agam de'n fhuireach seo!" dh'eigh e, is ghluais e fhein is Drango gu Ciaran 's phut iad ri thaobh e gu garbh. Bhreab Drango e 's na h-aiseanan 's an uair seo cha b'urrainn dha e fhein a' chumail bho eigheach leis a' phian.

"Thoireabh an aire, a' bhraithrean," mhuigh Alban, ach cha robh a' charaidean ann an ghleus a bhith faiceallach.

"Tha sinn ag iarraidh barrachd Buill Criostal!" Bha iad le cheile ann an cuthach, le'n suilean a'dearladh le seors' air choreigin de dh'fhearg gun chiall.

Lub Ciaran a chumail air falbh na builleann 's na breaban, ach cha b'urrainn dha an droch ionnsaigh a sheachnadh.

"Chan e Fear-Malairt ro mhath a th'unnad, an e? Tha thu a cosg ar tide," arsa Drango, is thog e a' ghath, a' dol a bhualadh Ciaran dìreach 's an aodann leis.

Mar a thionndaidh Ciaran a' cheann gu deas airson an gath a sheachnadh, mhothaich e gu robh rudeigin air atharrachadh. Bha'n uaimh a-staigh, a bha dorcha, a-nise a' dealradh le solas. Bha e a' fas nas soilleire, coltach ri camhanach samhraidh a' bristeadh.

"Fuirich!" dh'eigh e. "Fuirich! Coimhid!"

"An ainm a' Phaisde na Chadal"

"De tha tachairt?"

"Co as a thainig an solas ad?"

Ruith Alban a-null is phut e na caraidean aige a-mach as a' rathad.

"A-mach as a' rathad, amadain! Seallabh! Seallabh! Buill Criostal !" dh'eigh e. Ceudan dhiubh!"

Caibideil XXII : Duaisean Dealrach

Ruith na triuir don mheall dealrach, a bha a-nise a' soillseachadh a h-uile pairt dhen uaimh. Bha e a' fas nas soilleire gach minead is beag gun gabhadh e creidsinn cho dorcha 's bha e dìreach roimhe seo.

Bha Drango air a' ghath a leigeil as faisg air Ciaran, is dh'eigh e 's mhallaich e an iongnadh aige mar a choimhid e sìos air na Buill Criostal dealrach, air an carnadh suas air a cheile.

'S docha gum be cur am meud a bha an ceudan ach bha co-dhiu fichead neo fichead 's a deich dhiubh ann, gu mor nas motha 's nas soilleire ne 'n ciad Bhall.

"Bhitheadh sinn air a bhith toilichte le fear an duine dhuinn!"

"Tha iad sin fada nas modha na'n t-seann fhear."

“Tha iad sin iongantach!”

“Tha iad a’ deanamh air an t-seann fhear coimhead mar neoni.”

“Cha do dh’fhag na Daoine Beaga gorach sin sian a bharganachadh an aghaidh am beatha!”

“Thug iad dhuinn na h-ulaidhean aca uile gu leir!”

“Seallabh, tha na tuill air an taobh eadhon nas furasda a phutadh!”

“An ainm a’ Phaisde! Seallabh na dealbhan seo! Tha iad gu math nas soilleire a-nise.”

Chum Ciaran suil orra gu bronach bho bheul na h-uaimhe, mar a bha iad a’ sporghail am measg na Buill, gan togail air thuaiream ‘s a coimhead gu sanntach air na h-iomhaighean gluasadach.

“Thoir an aire, amadain!” rinn Alban dranndan mar a leig Drango le aonan dhiubh tuiteam air a’ lar.

Bha samhchair ann, ‘s an uair sin thoisich Drango air gaireachdainn. Cha be fuaim math a bh’ann. “Chan eil e gu diofar! Tha gu leor eil’ ann!”

Bha a’ ghaire gun mhire ‘s neo-bhinn. A dh’aithghearr, ghabh an dithis eile pairt ann, a’ scailceadh a’ cheile air an druim ‘s a’ toirt buillean meallta seachad. Be gaire a’ chrotal liath a bh’ann. Mar a mhallaich ‘s a ghair’ iad gun rian, bha’n fhuaim mar mhac-talla ghrannda timcheall orra, rud a bha a’ toirt barrachd gaire orra.

“Gu leor gu dearbh, a’ bhraithrean!”

Bha e coltach gu robh iad air Ciaran a’ dhi-chuimhneachadh, is cho-dhuin e gun deanadh e feum dhe sin. Gan coimhead fad an tide, ghluais e gu slaodach ‘s gu faiceallach a-null gu te dhe na piosan eagach as a’ Bhall Chriostal bhriste. Chuir e roimhe a chur gu feum airson an ropa a cheangail e ris a’ chairn-slaod a ghearradh.

Cha robh e airson gun toireadh duine sam bith an aire dha, 's ghluais e le faiceall 's le slaodachd phianail, eadhon 's gu robh e ag iarraidh a bhith a dion-ruith. Cha do leig e a leas dragh a bhith air mu fuaim a dheanamh, oir bha iad a deanamh faram gu leor iad fhein, le mactalla ga ardachadh deich uairean eile. Bha an aire uile gu leir air na Buill Criostal 's cha robh rud sam bith eile ann dhaibh. Ghluais Ciaran mar Shealgair as deidh cobhartach – a' gluasad mar nach biodh e a' gluasad – gus an d'rainig e aig an sgealb.

Bha a lamhan gun fhaireachadh le fuachd is stiallach le fuil. Bha a h-uile pairt dhe chorp goirt, ach cha robh tide a bhith a' smaoinichadh air sin. Shuidhich e taobh gheur na sgeilb is chrub e os a chionn gus nach tuigeadh cach de bha e a' deanamh. Bha e cho geur 's nach do dh'fheum e moran sabhadh a-null 's a-nall a ghearradh an teadhair a cheangail e ris a' chairn-slaod.

"Tha seo dìreach iongantach! Faodaidh sinn an saoghal uile gu leir fhaicinn mu dh'iarras sinn!"

"Chan fhaod sinn an saoghal gu leir fhaicinn a-mhain, a' bhraithrean, ach an saoghal uile gu leir a riaghladh!"

"Ciamar a tha thu a' ciallachadh?"

"Faodaidh sinn ur naimhdean fhaicinn a' tighinn; faodaidh sinn fhaicinn nuair a tha iad ag innleachadh n'ur n'aghaidh; faodaidh sinn na beathaichean fhaicinn a tha sinn ag iarraidh a shealgadh, 's faodaidh sinn a bhith a' snaigeadh suas orra!" Bha faclan Alban a' tuiteam orra cheile. Faiceabh sin Coimhdeabh, o coimhdeabh air a' seo. Tha, tha mi cinnteach as. Faodaidh sinn Sealgairean a' Phaisde na Chadal fhaicinn. Tha mi a' coimhead air tìr seachad air raointean Ezra. 'S e seo rudeigin eile, a' bhraithrean!"

Chuir Ciaran sìos an sgealb gu socair is smaoinich e air faclan Alban. Bha e doirbh gabhail a-staigh fiosrachadh cho doirbh a chreidsinn.

"Caite, a' bhrathair? Chan fhaca mi sin!" thuirt Kyril. "Ciamar a tha fios agad gur

e Cinnidhean a tirean na Paisdean a th'ann? Cha b'urrainn dhuinn iadsan fhaicinn roimhe seo. Cha do dh'fhuirich duine sam bith beo a chunnaic iad a dh'innseadh mu dheidhinn."

"Seallabh seo," sheall Alban dhaibh am ball a bh'aige na laimh do chach. "Chan e sin Sealgairean na Coig Cinnidhean idir. 'S iad Sealgairean a' Phaisde na Chadal gun teagamh. Tha iad a' suidhe timcheall airson deasbaireachd de sheorsa air choreigin. Ann an uaimh mor, mor an ait' air choreigin. Chan fhacadh riamh talla-uaimh cho mor ri sin. Faodaidh sinn a bhith gan coimhead. De cho neonach 's a tha sin! 'S ann acasan a tha a' chumhachd uile gu leir air a bhith riamh, is na h-Innealan Arsaidh."

"Is a-nise tha innealan arsaidh againne cuideachd!"

"Tha na Buill ura sin nas cumhachdaiche ne 'm Ball sean," thuirt Alban, is gu dearbh, mar a thug e a' chiad Bhall a-mach as a' phocaid airson a chur ri taobh a' chairn de Bhuill ura, bha e a' coimhead beag 's gun moran dath, 's gun bhrigh, a-nise.

"Chan eil an t-seann fhear idir cho math. Faodaidh sinn a h-uile rud fhaicinn leis na Buill ura sin," arsa Alban, "is bheir iad cumhachd dhuinn seachad air rud sam bith air am b'urrainn sinn a bhith ag aisling. Feumaidh sinn curam a ghabhail nur seol-obrachaidh an deidh seo."

"Feumaidh a h-uile duine a bhith deanamh mar a chanas sinne," thuirt Kyril.

"Faodaidh sinn a h-uile rud fhaicinn," chum Alban air, 's e fhathast a' coimhead sìos do Bhall Criostal dealrach, "a h-uile rud uidheil, comhla ris gu bheil mo cho-ogha beag gorach thall ann a' shin air a' ropa a ghearradh is gu bheil e a' feuchainn ri ruith air falbh . . ."

Caibideil XXIII : Saorsa

Thionndaidh Kyril 's Drango timcheall as a' bhad, is dh'fhairich Ciaran a' chridhe a' bualadh gu laidir na bhrolach mar a smaoinich e air na roigheanan a bh' aige.

Dh'eirich e, saor mu dheireadh bhon a' chairn-slaod. B'urrainn dha feuchainn ri ruith air falbh ach bha fios aige nach b-urrainn dha ruith nas luaithe na tri sealgairean laidir, gu h-araidh na stad lag an-drasda. Rinn e e-fhein deiseil airson barrachd foirneart, is rinn e suas inntinn gun deanadh e sabaid ceart a-nise gu robh e saor, eadhon nan deanadh sin an gnothach nas doirbhe dha. Leigeadh leotha an obair as mios' aca a dheanamh. Dheanadh e sabaid cho fad' 's a bha anail na chorp.

"An.....beag!" leum Drango suas, le aodann fiaraichte leis an fhearg.

"Stad!" dh'ordaich Alban. "Stad, Drango. Feumaidh mi smaoineachadh air seo."

"Chan urrainn dhuinn leigeil leis falbh." Rinn Drango ionnsaigh air a' ghath.

"Bi samhach, Drango, 's eisd rium." Dh'eirich Alban 's chum e a' charaid sios.

"Tha Drango ceart. Chan fhaod sinn leigeil leis faighinn air falbh," thuirt Kyril, a bha fhathast a' coimhead don Bhall Criostal aige fhein, ga chumail dluth le dha lamhan. Choimhid e mar nach fuilingeadh e stad a choimhead ann eadhon airson momaid. "Siuthad, a' bhrathair, leig le Drango leasan ionnsachadh dha nach diochuimhnich e."

“Seadh, is tuilleadh dhe na leasan an aig Drango is bithidh an gille marbh.”

“De ma bhios?” Chrath Kyril a’ ghuailainnean, ‘s e fhathast a’ geur-amhairc dhan Bhall aige.

“Thuirt mi gu feum mi smaoineachadh air seo.” Chuir Alban sìos am ball a

bh’aige is rinn e snodha-gaire a-null gu Ciaran. B’e snodha-gaire neonach a bh’ann, nach gabhadh tuigsinn.

“Tha thu ag iarraidh do shaorsa, a’ cho-ogha, a bheil?” dh’fhaighnich e.

Cha do fhreagair Ciaran.

“Uill, a bheil? Thoir freagairt dhomh nuair a bhruidhneas mi riut, a’ Charran.”

Cha robh an t-ainm Carran ro dhona. B’e an t-ainm a bh’aig Alban ‘s Regan air nuair a bha e gle bheag. Leig e osna a’ cuimhnicheadh mar a bha Alban an uair sin. Cha robh e uair sam bith coibhneil ach cha robh e dubhailceach mar a bha e a-nise.

“Tha,” thuirt Ciaran. Cha robh fios aige de bha Alban a’ ciallachadh leis an fhacal “saorsa” is bha amhras air gu robh e a’ ciallachadh seors’ eile de chradh.

“Gabhaidh saorsa tachairt.” Bha snodha-gaire air aodann Alban fhathast

“De tha thu a’ ciallachadh, Alban? Carson bu choir dhuinn a leigeil as?” arsa Kyril ‘s Drango gu diombach. “De tha a’ dol air adhart?”

“Chan eil mi a’ dol a’ mhain ga leigeil as,” thuirt Alban, a’ toirt an t-seann Bhall Criostal as a’ phocaid. “Tha mi a’ dol a thoirt seo dha. Sin thu, a’ Charran! Beir air!”

Dh’fhalbh am Ball Criostal troimh’n adhar is ruith Ciaran ga ghlacadh.

“De an ainm na Coig Cinnidhean air a bheil thu a’ smaoineachadh?” Choimhid Kyril suas bhon a’ Bhall Criostal aige, a’ bheul fosgailte ann an iongnadh.

“De an ainm an.....” Chuir Drango a-mach an seilbh abhaisteach de bhoidean.

“Bidh Ciaran na ghille-teachdaire beag againn,” thuirt Alban. “Cha bhidh e tuilleadh ag obair airson na Daoine Beaga. Tha an t-am acasan seachad. O, cha bhidh! On a seo, bidh e ag obair dhuinnne! Theid thu air ais gu na Coig Cinnidhean, Ciaran, is seallaidh tu dhaibh an seann Bhall Criostal sin.

Faodaidh tu innse dhaibh gu bheil na ceudan againne dhe na rudan sin, uile gu leir nas cumhachdaiche na’m fear sin, ach nach eil fios aig duine ach sinne cait’ a bheil iad is ciamar a dh’fhaodas feum a dheanamh dhiubh.

Innis dhaibh gu bheil na Daoine Beaga againn cuideachd.”

“Ach carson a tha sinn a’ toirt seachad Ball Criostal?” Bha Kyril a’ coimhead crosda.

“Airson,” thuirt Alban, “airson gu bheil e gle dhoirbh creidsinn gu bheil leithid a rud ann mar a faic thu e dhut fhein. A bheil cuimhn’ agad mar a dh’atharraich am beatha againnse? Chaidh sinn uile as ur ciall mu dheidhinn, ‘s cha robh sinn airson a thoirt seachad. Cha b’urrainn do eadhon cairdean math coltach ruinne a bhith ga roinneadh eadar triuir dhuinn. Thainig e gu sabaid uair no dha, a’ bhraithrean, feumaidh sibh aideachadh. Nuair a chi na Daoine-Cinnidh e, bidh deasbad is sabaid ann eatorra. Bidh iad a’ sgaradh nan comhlanan, is bidh iad uile ag iarraidh fear dhaibh fhein, is ni iad rud sam bith- rud sam bith – a dh’fhaighinn an lamhan air fear.....”

“Is sinne a-mhain a bheir sin dhaibh,” ghnoc Kyril. “Seallabh, ‘s e sin mar a

tha cumhachd, a' bhraithrean, 's e a bhith a' riaghladh an rud a tha a h-uile duine ag iarraidh. Feumaidh sinn dìreach beagan a shealltainn dhen rud a tha againn."

"S mar sin, tha an seann Bhall Criostal na sheorsa de bhlas dhe," thuirt Drango, a' tuigsinn gu mall. "Cordaidh e riutha cho math 's gu feum iad geill a thoirt dhuinne ma bhios iad ag iarraidh feadhainn dhaibh fhein."

"Nach eil fios gun fheum," ghnog Alban. "Feumaidh a h-uile duine a bhith a deanamh mar a chanas sinne. Eadhon mo bhrathair mor, Regan. Bidh sin glan. O, bithidh, chi mo theaghlach gu leir co'm brathair as fhearr a-nise, mo sheanmhair ghrod comhla ri cach."

Thionndaidh e gu Ciaran, a bha a' gleidheadh a' Bhall Criostal na lamhan.

"S mar sin, 's e an teachdaireachd a tha mi airson gun toir thu, mo cho-ogha amaideach, gu bheil na Daoine Beaga againn a-nise, 's gu bheil moran Bhuill Criostal againn, gu math nas fhearr ne'm Ball a tha thu a toirt leat. Tha a h-uile rud againn a tha a dhith oirnn, 's a h-uile rud a tha a dhith orrasan cuideachd. Cha bhidh e fada gus an feum iad gnothach a dheanamh rinn."

"S e seo an teachdaireachd a tha thu ag iarraidh orm a thoirt do na Seanairean?"

"S e. Thoir e gu na Seanairean, thoir e gu'n a h-uile duine 's an Cinneadh. Inns' dha na Coig Cinnidhean. Seall am Ball dhaibh. Creid mi, cha bhidh duine dhiubh airson a roinneadh." Rinn Alban gaire aig an smaoin sin. "O, agus inns dhaibh nach eil feum sam bith ann a bhith a' snaigeadh suas oirnn, oir chi sinn a h-uile rud a dheanas iad is a h-uile rud a bhios iad ri

dheanamh. Feumaidh iad beagan urram a shealltainn dhuinn.”

“Seadh, inns dhaibh gu bheil sinne an urra ris na Coig Cinnidhean uile a-nise,” arsa Kyril, ‘s e a coimhead airson momaid bhon a’ Bhall Criostal aige. “Is sinne na ceannardan ura dhen ghraisg, dh’fhaodadh tu a-radh. Feumaidh iad uile seirbheis a dheanamh dhuinne, eadhon na Seanairean amadach!”

Bha Ciaran airson faighneachd mu na Daoine Beaga, ach cha robh fios aige de chanadh e.

“An seo fhathast, a’ Chiaran?” Nam b’e mis’ thu, bheirinn mo chasan leum mus atharraich mi m’inntinn.”

Caibideil XXIV : Tilleadh an Fhir-Malairt

Thuimhsich Ciaran a-mach as an uaimh is thuislich e am measg na creagan sneachdach, a’ feuchainn ri deanamh a-mach far a robh e. Chuir e am Ball Criostal luachmhor na phocaid is a dh’aindeoin am pian a bha e a’ fuiling is an cor uabhasach anns an robh e, ghluais a’ chridhe le aoibhneas gu robh e aige a-rithist. Rinn e a rathad seachad air a’ Chreig-Mhalairt, a-stad dìreach airson momaid a choimhead air gu bronach, mus do ruith e a-mach do na raointean fosgailte cho luath ‘s a b’urrainn dha.

Airson uine, chum e air a’ coimhead air a chulaibh, a’ chridhe a’ bualadh gu laidir na chom, ach bha e coltach nach robh duine as a’ dheidh. B’ann nuair a

shocraich e a' cheum beagan a dh'fhairich e plogadh na bruthan 's na meallan aige uile gu leir. Thill a h-uile buille, a h-uile breab, a h-uile beum air ais dha, fear an deidh fear, is bha amhras air gun do bhrist Drango cuid dhe na h-aisean aige, oir dh'fhairich e pian geur nuair a tharraing e anail ro laidir. Ris fhein, mhallaich e a' cho-ogha 's a' cairdean fad an rathad troimh na raointean mora. Smaoinich e air na Daoine Beaga, duinte san uaimh-comhnaidh aca, is bha e an dochas nach biodh iad a' cur an coire airesan airson an cas. Bha iad air a shabhaladh gu cinnteach bho bhuillean a bhiodh air a dheanamh ciorramach, eadhon air a mharbhadh, nuair a lion iad an uaimh leis na Buill Criostal ura. Thuit deuran de bhron 's de thaingealachd sìos a' ghruaidhean. Cha robh duin' ann ga fhaicinn, 's mar sin cha do shuath e iad air falbh.

"Bha sibh dileas rium, a' Dhaoine Bheaga," thuirt e gu h-ard-ghuthach. "Bha sibh dileas riumsa 's chan fhag mi sibh."

Chum smaointean 's planachan timcheall ciamar a shabhaladh e iad a-dol e air an t-slighe fhada dhachaidh. Docha gum b'urrainn dha am Ball Criostal aige fhein a chur gu feum a dheanamh ionnsaigh air Alban 's Kyril 's Drango. Eadhon 's nach robh e cho laidir ris na Buill ura, dh'fhaodadh gun deanadh e cuideachadh fhathast. Thuig Ciaran an uair sin gu robh e cearr a bhith smaoinichadh air a' Bhall mar gum biodh e leis fhein. Bha Alban ceart: cha bhiodh duine airson a roinneadh. Chailleadh e e cho luath sa ruigeadh e dhachaidh, is dheanadh feadhainn eile co-dhunaidhean mu dheidhinn. Rinn Ciaran osna: de mar a chuir e inntinn air fois e bhith ann, air ais na phocaid a-

rithist. Chiuinich e e a h-uile am a bhean e ris.

Bha fios aige, ge-ta, nach fheuchadh e a chumail air falach an uair seo.

Shealladh e e dha na Seanairean is dh'innseadh e a h-uile rud dhaibh. Cha chumadh e sian air ais ach an co-phairteachadh ris a' Phearsa Bheag aige

fhein. Cha do bhuin sin ris a' ghnothach, smaoinich e. B'e tachartas pearsanta dha fhein mar Fhear-Malairt a bh'ann.

Mu leth thide troimh na raointean mora mhothaich e cho fuar 's a bha e. Bha dith bidhidh 's cadal cho math ri pian fad an tide ga chumail air ais gu ceum seann, seann duine. Bha gaoth gheur a' seudadh bhon a' mhuir. Bha e airson laighe sios san t-sneachd 's a' dhol a' chadal, ach bha fios aige nan deanadh e sin, nach biodh e airson eiridh a-rithist. Cha robh e a' coimhead mar gum biodh e a' dol a chur, ach ma chuireadh cha bhiodh dochas fuireachadh beo aige. Cha b'urrainn dha na Daoine Beaga a chuideachadh a-nise. Dh'fheumadh esan iadsan a shabhaladh, is thug an smaoin sin neart dha a bhith a' cumail air.

Mar a rainig e an sealladh na h-Uaimh-Dhachaidh aige chuir claidheadh a' chasan air chrith. Shlaodaich a chasan is thuit a' ghuailnean. Cha mhor 's gum b'urrainn dha aon chas a chur seachad air an t-eile.

Bha cumadh beag a' coiseachd ga ionnsaigh, sgail-dhealbh dorch fa chomhair as An t-sneachd, is ged a bhiodh e airson a' pharantan neo Andi neo Raj airson a bhith ga fhailteachadh an-toiseach, a-nise gun fhac e gum b'e Silbha a bh'ann, leum a' chridhe na bhroilleach. Dh'fheuch e ris an ainm aice eigheach ach thainig am facal a-mach ann an cagar beag biodach.

“Ciaran?” Bha’n ainm air a chantail mar fhailte ‘s mar cheist, is rinn Silbha ruith, is i ga aithneachadh.

Stad e, a’ feitheamh air chrith, gus an d’ruig i e.

“Ciaran,” thuirt i a-rithist is ghlais a’ suilean air na suilean aigesan, lan de churam ‘s de ghaol.

“Tha mi dhachaidh,” thuirt Ciaran gu simplidh. Cha robh fios aige de eile chanadh e is thug e am Ball Criostal as a’ phocaid ‘s sheall e dhi e.

“Tha thu air do leon,” thuirt Silbha, gun bodrigheadh ris a’ Bhall Criostal. “Tha d’aodann a’ coimhead uabhasach. Siuthad, leig do thaic air mo ghualainn ‘s theid sinn dhachaidh comhla.”

“Tha moran air tachairt,” thuirt Ciaran, is shabaid e air ais na deoir mar a thoisich e air bruidhinn.

“Ssh,” thuirt Silbha. “Cum do naigheachd dha na Seanairean. Tha thu ro sgith airson a bhith ga innse da uair. Leig leis na deoir tighinn a-nise mu dh’fheumas tu, ‘s an uair sin bidh d’fhaclan nas laidire mu dheireadh thall.”

Leig Ciaran leis fhein glugan caoineadh no dha a ghabhail is dh’fhaisg e a’ phiuthar gu teann. Cha robh e air tuigsinn riamh cho mor ‘s a bha a ghaol orra, neo cho glic ‘s b’urrainn dhi bhith nuair a bhiodh feum air. (Ged a b’urrainn dhi bhiodh ga bhuaireadh aig amannan eile.)

Chaidh iad air ais comhla don Uaimh-Dachaigh ‘s mar a thoisich na coin air comhartaich thainig cuid dhe na Cinnidhean a-mach a dh’fhaicinn co bha tighinn. Thill Silbha gun phairt dramatach ‘s fein-chudromach aice.

“Tha Ciaran air tighinn dhachaigh!” dh’eigh i. “Eisdeabh riumsa, a h-uile duine, tha mi a’ toirt mo bhrathair dhachaigh! Iarrabh air a h-uile duine tighinn timcheall! Tha moran aige ri innse dhuinn!”

Aig am eile dh'fhaodadh gum biodh Ciaran crosda ri Silbha airson a bhith a gabhail an gnothach na lamhan fhein, 's le cho mor de mhelodrama, mar gum biodh, ach bha e ro sgith airson a bhith faireachadh rud sam bith, is leig e leatha na Cinnidhean a thoirt ri cheile.

"Ciaran!" Bha a' mhathair ann as a' bhad, a' ruith thuige. "An ainm a' Phaisde na Chadal gu Brath! Ciaran, tha thu air do leon. T'aodann bochd! Thig 's leig leum sealltainn ri do leontan. Feumaidh tu brot is amar-ionnlaid cho luath 's a ghabhas."

"Uisht, a' mhathair." B'e Silbha a thuirt na faclan a bha Ciaran e fhein airson a radh. "Uisht an-drasda. Thig sin an deidh seo, ach tha rudan aig Ciaran ri innse an-toiseach."

A' faicinn am fiamh air aodann an dithis dhe na cloinn aice, ghluais mathair Chiaran air falbh.

"Suidh, a' Chiaran," thuirt Hallam, ga threorachadh do mheadhan Talla na h-Uaimh is a deanamh gluasad airson suidheachan fhaighinn dha. "Suidh agus bruidhinn nuair a tha thu deiseil."

Ghluais Silbha air falbh bhuidh is dh'fhag i e na shuidhe, mar a chruinnich a h-uile duine timcheall.

Thug Ciaran am Ball Criostal as a' phocaid is thug e do Hallam e.

"Tha sgeul agam ri innse," thuirt e. "Chan e sgeul aghmhor a th'ann, tha eagal orm"

Caibideil XXV: Tha Ciaran ag Innse an Sgeul Aige

Bha Ciaran a' faireachadh coltach ri Seanchaidh na Coig Cinnidhean. Dh'eisd a h-uile duine ris ann an samhchair, leis a h-uile suil air. Cha robh leithid a luchd-eisdeachd furachail air a bhith aige riamh. Aig am eile 's doch' gum biodh am faireachadh seo air cordadh ris.

"Dh'fhalbh mi a dheanadh mo Mhalairt" Dh'fhairich Ciaran a ghuth air chrith mar a chuimhnich e air sarachadh an h-ionnsaigh air na Daoine Beaga. Thug e anail dhomhainn 's thuirt e ris fhein nach biodh e gan cuideachadh le laigse. Bha iad a cur feum air comhair, is bha iad a cur feum air gu cabhagach. Shaor e amhach 's dh'inns e 'n sgeul aige. Cha do chuir duine casg air, ach chluinneadh plosgan is glaodhan feargach an-drasda 's a-rithist. Cha do choimhead Ciaran air piuthar a' mhathair Helga neo air a' cho-ogha Regan.

B'e aite Hallam a bh'ann a bhith a' bruidhinn an-toiseach, airson gu robh Elgin a' tulgadh a-mach 's air adhart aig oisean de Thalla na h-Uaimh. Cha ghabhadh fhiamh fhaicinn ach cha robh e coltach gu robh e cuide riutha na inntinn.

"B'e "Co-Chordadh!" a'chiad fhacal a bhruidhinn Hallam is chum Ciaran sios cnead. Am b'e seo an aon rud a b'urrainn do Hallam a radh an deidh an sgeul uabhasach aige.

"Tha e uile a' tighinn bho chin Co-Chordadh," arsa Hallam. "Chan eil duine airson a chluinntinn, ach tha e fìor. Dh'ith na fir og sin an crotal liath dhaibh fhein 's tha e air ur cur a-mach a Co-chordadh againn uile. Tha iad beo dìreach airson iad fhein a thoileachadh, 's chan eil iad a' smaoinichadh air a' Chinnidh uile gu leir. Bha Ciaran gu cinnteach cearr a bhith cumail an Criostal dha fhein an deidh fhaighinn 's an cathadh-sneachda, ach"

"Bha e dìreach a' dol ga thoirt seachad!" sheirm guth Andi a-mach gu feargach a aiteigin faisg air cul na h-uaimhe, is dh'fhairich Ciaran taingeil cha mhor gu

deoir dha charaid airson a' dhilse.

“Tha mi creidsinn gu bheil sin ceart,” thuirt Hallam, mar a shiosarnaich cuid ri Andi a bhith samhach. “Tha mi a’ creidsinn gu robh Ciamar dìreach a’ dol a thoirt am Ball Criostal seachad, ach bu choir dha sin a dheanamh as a bhad nuair a thill e. Tha seann laghan Cinnidh ann ris am bu choir a bhith umhail, ‘s an uair sin faodaidh na Cinnidhean ‘s na Daoine beaga bhi beo ann an Co-Chordadh comhla. Tha’n dail ann a bhith modhail air trioblaid a thoirt oirnn uile.”

Bha tamh ann is loisg gruaidhean Chiaran le naire.

“Tha Ciaran air aithreachas a dheanamh is tha e air fulang airson a’ ghnìomh mhi-chordail sin.” Chomharraich e aodann Chiaran: “Chan e a-mhain gu robh e air a bhualadh le Alban, is Kyril is Drango, ach tha e air piantan-cridhe de Mhi-Chordadh is ciont-Cinnidh fhaireachadh. Tha e air leasan cruaidh ionnsachadh. Leasan cruaidh dhasan is gu bronach dhuinne cuideachd.”

Thug Hallam, a bha a’ greimeadh air a Bhall Criostal, a-nis e do Lachlan, ged gu soilleir le beagan ain-deonachd.

“Tha mo lamhan ro chearbach ‘s ro reo-sheargte airson seo obrachadh,” thuirt e. “Seall de ni thusa dheth, a Lachlan. “Chan fhac mi riamh rud sam bith coltach ris ach tha e a coimhead dhomhsa mar Inneal Arsaidh . . .”

Bha torman gluasadach ri chluinntinn bho chaich nuair a chunnaic iad am Ball Criostal, ‘s a-nise dh’ardaich e gu tur nuair a thuirt Hallam gun docha gur e Inneal Arsaidh a bh’ann.

“De! Mar a tha aca ann an Tir a’ Phaisde?” Cha mhor gum b’urrainn do Dhungran a’ bhreisleach a chumail sìos.

Thoisich daoine eile air ceistean a chur cuideachd:

“Ciamar a b’urrainn dha a thighinn an seo?”

“Nach eil e toirmisgte a bhith toirt leithid a dh’innealan tuath air Raointean

Ezra?"

"A bheil seo a' ciallachadh gu bheil na Daoine Beaga a' com-partaicheadh ri Sealgairean a' Phaisde?"

"Cha bhiodh sin ro choltach, nuair nach eil Daoine a' Phaisde a' creidsinn gu bheil leithid a dhaoine ann!"

"Ma 's e Inneal Arsaigh a th'ann, am faigh Sealgairean na Paisde sin a-mach uair sam bith? Ni iad casaid oirnn airson a bhith a' bristeadh cumhnantan arsaigh. Dh'fhaodadh dragh gu leor a thighinn a sin."

"De 's urrainn dha a dheanamh co-dhiu?"

Thug a' cheist sin air Lachlan am Ball Criostal a thoirt air ais do Chiaran.

"Seall dhuinn, a' Chiaran," thuirt e.

Mar a chum e e a-rithist dh'fhairich Ciaran gaoir na chorrigan. Chneadaich e a lamhan thairis air is fios aige gum biodh e ga chall ann an uine bheag. Sheall e mar a bha tuill an taobh na Buill is gu faodadh iad a bhith air am putadh ann an doighean diofraichte. Mar a bha duil aige bha sgreadan 's plosgan bho na Cinnidhean. Bhruth daoine a-null 's a-nall 's phut iad a' cheile mar a dh'fheuch iad ris na dealbhan gluasadach anns a' Bhall fhaicinn. Bha modhalachd air a dhiochuimhneachadh mar a dh'fheuch a h-uile duine ris a' Bhall Criostal fhaicinn cho faisg 's a ghabhadh, a bhith ga lamhsaichheadh, neo a dh'fheuchainn ri dealbhan diofraichte fhaighinn. Dh'fhas am fuaim cho ard 's gu robh e doirbh do Hallam 's Lachlan fois fhaighinn a-rithist.

"Samhchair!" dh'eigh Lachlan mu-dheireadh, is chaidh an upraid sios beagan.

"Cha do mhinich mi a h-uile sian," thuirt Ciaran, is thionndaidh a h-uile duine ris, an suilean sanntach airson tuilleadh fiosrachadh. "Tha doighean sonraichte ann a bhith a' putadh na tuill, is tha fios agam gu bheil Alban air am faighinn a-mach, a dh'innseas dhut de tha tachairt timcheall ort. Mar eisimpleir, ma bhiodh tu a'

dol a shealgaireachd . . . “ Dh’fhairich Ciaran cradh de chiont mar a chuimhnich e air dealbh an roin ‘s an uisge nach do thuig e aig an am, “uill, ‘s docha gu faiceadh tu beathach ann an suidheachadh, no an ait’ air choreigin, is b’urrainn dhut feum a dheanamh dhe seo airson a leantainn ‘s a ghlacadh. Dh’fhaodadh am Ball Criostal ar cuideachadh a bhith nas fhearr nar sealgaireachd.”

Bha barrachd eigheach ann bho’n luchd-eisdeachd.

“Tha fios agam gun d’rinn Alban ‘s Kyril ‘s Drango feum dhe nuair a bha na Sealgairean againn a’ deanamh stalcaireachd orra, “ chum Ciaran air, “is gun d’rinn sin iad ceum air adhart oirnn fad an tide.”

Bha seo cha mhor robh dhoirbh a ghabhail a-staigh aig an aon am, is ruith a h-uile duine a-rithist a choimhead nas fhaisge air a’ Bhall Criostal an lamhan Chiaran.

“Cumaibh air ais, is ciuinicheabh sibh fhein, a h-uile duine!” dh’eigh Lachlan gu feargach. Sheas e fhein is Hallam air beulaibh Ciaran, ga dhionadh bho na Cinnidhean.

“Chan fhac mi riamh leithid a’ chin Co-Chordadh!” arsa Hallam.” An cuimhnich sinn, mas e ur toil e, gur e Clann-Cinnidh a th’annainn, chan e cruinneachadh de phearsachan neo-shiobhalta!”

“Feumair innse dha na Clann-Cinnidhean eile cho luath ‘s a ghabhas,” thuirt Lachlan. “Feumaidh sinn comhairle dhe na Coig Cinnidhean a chur an greim. An drasda, a’ Chiaran, an toir thu dhomh am Ball Criostal sin?”

“Ma bheir sibh dhomh beagan tide fhathast leis bidh e comasach dhomh faighinn a-mach dìreach mar a tha rudan a’ tighinn gu cheile,” thuirt Ciaran. “Tha mi air seorsa de iomrall a dheanamh a dh’fhaicinn cuid dhe na dealbhan, cha mhor gu tubaisteach, is tha mi airson an siostam obrachadh a-mach is a chumail air mheomhair.”

“Thuirt thu gun d’obraich Alban a-mach an siostam sin? An cod seo?”

“Dh’obraich, bidh e coltach,” thuirt Ciaran. “Tha e air a bhith aige gu math nas fhaide.”

“Uill, tha mi a’ smaoineachadh gu bheil mi a cheart cho eirmseach ri Alban,” thuirt Lachlan. “Thoir a-nall e, a’ Chiaran. Tha do phairt ‘s an ghnathach seachad.”

Cha b’urrainn dha sian eile a dheanamh. Thug Ciaran am Ball Criostal do Lachlan, is dh’fhairich e a’ chall cho luath ‘s gun d’fhag e a lamhan.

“Cumabh air ais uile,” thuirt Lachlan, a’ cur suas a lamh a thoirmeasgadh duine sam bith a dhol faisg air. “Bheir mi seo air falbh is sgrudaidh mi e gu faiceallach ‘s an uair sin bheir mi iomradh air ais.”

“Tha mise a’ dol comhla ruit,” thuirt Hallam. “Obraichidh sinn air comhla.”

Rinn Lachlan gruaim is chunnaic Ciaran a lamh a’ teannachadh gu seilbheach air a’ Bhall.

“Feumaidh sinn teachdaireachd a chur gu na Cinnidhean eile,” thuirt Hallam mar a rinn e cabhag as deidh Lachlan don t-seomar pearsanta aca. “A-maireach cumaidh sinn comhairle dhe na Coig Cinnidhean . . . Fuirich rium, a’ Lachlan . . .”

Caibideil XXVI : Cruinneachadh na Cinnidhean

Dh’fhuirich Lachlan ‘s Hallam nan seomar sonraichte, ag radh nach fhaodadh dragh a bhith air a chur orra. Bha iongnadh air Ciaran de cho mor ‘s a bhiodh an Co-Chordadh eatorra mar a thug iad turn a’ feuchainn ris a’ Bhall Chriostal obrachadh. Rinn e snodh’ gaire mar a smaoinich e air mar a bhiodh iad a’

deasbad mu dheidhinn co a chumadh a' Bhall 's a choimheadadh na dhoimhneachd. 'S docha gum biodh Hallam air a leamhachadh airson, ged a b' e an Seanair a' b' airde, gu robh a' chorrigan ro reo-sheargte airson a bhith a' laimhseachadh na tuill. Dh'fheumadh e leigeil le Lachlan obair air mar a choimhead e.

Chuir e seachad tide comhla ri pharantan 's ri Andi 's Raj. Cheistich iad e mun a h-uile ni a thachair, is fhreagair e iad cho math 's a b'urrainn dha.

"De cho tamailteach 's tha e nach romh sinn comhla riut, a' bhrathair," arsa Andi. "B'urrainn dhuinn a bhith air sabaid airson do dhion ro'n sgum ud."

"Tha Alban 's a' charaidean as an rian," thuirt Ciaran. "Chanadh Hallam gu bheil iad gun Co-Chordadh, bidh e cinnteach, ach air mo shon-sa, tha iad cho grod ri closach mhuc-mhara lan tohd 's cha ghabh an cuideachadh. Chan-eil iad a' toirt urram do dhuine sam bith, don Chinnidh neo do na Seanairean, neo eadhon do na Daoine Beaga. Tha mi toilichte nach robh sibh ann, a' bhraithrean, oir tha e coltach gun do mharbhadh iad sinn ma bhiodh sinn uile comhla a' feuchainn ri sabaid air ais. Cha d'fhuair mi as ach gu robh Alban airson gum bithinn nam theachdaire."

"Bu toil leum a bhith air feuchainn, ge-ta," arsa Raj, a' duineadh 's a' fosgladh a' dhuirn. "Feumaidh sinn ionnsaigh air choreigin fheuchainn."

"Uill, chi iad sinn a' tighinn mus ruig sinn orra," thuirt Ciaran. "Chan e rud a dh'fhaodas sinn a dheanamh gu neo-churamach. Feumaidh sinn leigeil leis na Seanairean ordachadh de ni sinn."

"Uill, feumair rudeigin a dheanamh." Gu mi-ghnathach, bha athair a' coimhead lan curam. "Chan fhaod sinn leigeil le Alban 's a' charaidean suarach a bhith gun pheanasachadh airson seo. Tha fios agam de bu toil leum a dheanamh leotha."

"Feumaidh sinn na Daoine Beaga a shabhaileadh," thuirt Ciaran. "Chan eil mar a thachair dhomhsa cudromach an coimeas ris an suidheachadh acasan. Tha mi

an dochas gun greas na Seanairean orra ‘s gun tig iad gu co-dhunadh timcheall air sin.”

Chualas casda faramach is nochd Auntie Helga na measg.

“A’ Chiaran,” thuirt i, a’ bruidhinn ris fhein a-mhain, mar a chuir cach muig orra.

“A mhic mo bhrathair,” thuirt i, a’ leigeil cudrom air an cairdeas, rud nach d’rinn i gu cumanta. “Tha mi duilich airson do lotan. Gle dhuilich. Chan e droch ghille a tha nam mhac. Tha e air slighe cearr a ghabhail le goiriche a’ chrotail liath sin. Tha feadhainn eile air a chur cearr.”

“Na smaoinich, a’ phiuthar, air leisgeul a dheanamh airson Alban,” arsa mathair Chiaran le siosarnaich, a suilean a’ boillsgeadh le fearg. “Cha do chuir duine sam bith cearr e! ‘S esan a tha a’ stiùireadh a’ charaidean! Cha mhor nach do mharbh iad mo mhac!”

“Tha fios ‘am air sin, a’ phiuthar, is tha mi duilich air a shon, ach bha mi a’ dol a radh nach e droch phearsa a tha ‘s a ghille agam.” Choimhid Helga nas bronaiche na chunnaic e riamh i. Bha an danadas aice uile gu leir air falbh, is lion pian mathairail na suilean aice. “‘S e an crotal liath ud a tha a’ bruidhinn troimh a’ bheul. Tha e air atharrachadh gu tur.”

“Is co a dhean air a ghabhail?”

“Chan eil duil agam ri co-fhaireachadh, a’ phiuthar,” thuirt Auntie Helga. Choimhid i dìreach do shuilean Chiaran. “‘S e bha mi airson ionnsachadh, a’ Chiaran, an canadh duine gun gabhadh ciall fhaighinn bho Alban? Bi e coltach nach robh esan cho fiadhaich riut ri cach. Gun do sheall e beagan trocair dhutsa. A bheil thu a’ smaointeachadh gu bheil e ceart gu leor?”

“A bheil e ceart gu leor! Nach do dh’eisd thu ri sgeul Chiaran? Chan eil e ceart na cheann,” thuirt athair Ciaran,” is dh’aontaich Andi is Raj leis a bheachd seo gu faramach.

“Thigeamh air falbh, a’ mhathair.” Thainig Regan, is thug e a’ mhathair gu teann le gairdean is threoraich e air falbh i. “Chan eil feum againn air naidheachd mu Alban. Chan e fear dhen teaghlach a th’ann tuilleadh. Tha e air ar teaghlach uile a mhaslachadh.”

Choimhid Ciaran mar a choisich piuthar a’ mhathair ‘s a cho-ogha air falbh ‘s cha robh fios aige de chanadh e.

Ann an tide ghoirid thoisich an talla-uaimh air lionadh le Clann-Cinnidh bho na ceithir uaimhean eile. Bha’n fuaime coltach ri abhalanche torrannach sios beinn chas mar a sgaoil naidheachd mu dhan na Daoine Beaga, mu ghiulan neo-chordail Alban, ‘s Kyril ‘s Drango, ‘s gu sonraichte mun Bhall Criostal iongantach. Bha a h-uile duine airson fhaicinn as a’ bhad ‘s bha Ciaran air a cheisteachadh o gach taobh.

Bha brot eisg air a thoirt do na h-aoighean, ach cha do chuir eadhon ol faramach a’ bhrot stad air a’ chabaireachd gus an d’rainig Hallam is Lachlan a ghabhail an t-ait’ aca ri taobh na Seanairean as an h-Uaimhean eile.

“Failte, a’ Cho-Chairdean as na Coig Cinnidhean! Failte, a’ Shealgairean! Failte, a’ bhraithrean ‘s a pheathraichean!” Rinn Hallam failte mar a b’abhaist aig leithid de chruinneachadh mor. Ghluais monmhor mar a dh’fhuirich a’ Chlann-Cinnidh gus am bruidhneadh e.

“Failte Co-Chordail dhuibh uile. Bidh e coltach gu bheil fios agaibh uile carson a tha sinn a’ cruinneachadh an seo. Tha tri Sealgairean as an Uaimh-dhachaigh againn an seo air fas nam bagairt don doigh-beatha againn uile. Tha fios againn uile co iad ‘s chan eil mi a’ dol a thoirt urram dhaibh le ‘n ainmeachadh. Tha iad air an crotal liath iocshlainteach ithe airson an droch thoileachadh aca fhein is tha air deanamh orra iad fhein a ghiulain ann an doigh olc is neo-chordail. Cha do smaoinich iad air an dleasdanas naomh dha na Coig Cinnidhean, ach dìreach orra fhein. Chan fhaod duine a dhol faisg orra neo a bhruidhinn riutha ‘s feumar

a-nise a bhith gan sealg mar bheathaichean fiadhaich. Rinn iad rudan uabhasach do na Daoine Beaga, is dh'fheuch iad ri crìoch a chur air Malairt, an doigh-beatha againn airson moran ghinealaich. Bidh e coltach gu bheil na Daoine Beaga air an glacadh anns an Uaimh-dhachaigh aca is feumaidh sinn obrachadh a-mach de ni sinn mu-dheidhinn. Tha mi a' faicinn gun do chual a chuid mhor dhuibh an sgeul a thainig Ciaran air ais a dh'innse dhuinn. Bidh e coltach gur e gu bheil torr de Bhuill Criostal aig na Sealgairean sin an cunnart is mo. . . ."

Cha mhor gun cluinneadh a' ghuth am measg am beuc mar a tharraing Lachlan am Ball Criostal le maille as a' phocaid is a chum e suas e gun t-solas. B'e seo an rud airson a bha na cinnidhean a' feitheamh, is cha do mheall e iad. Dhearsaich am Ball is rinn e lannair is phut Lachlan na tuill a shealladh na dealbhan iongantach gluasadach. Bha plosgan 's eigheach o gach taobh.

"De an ainm a' Phaisd na Chadal gu Brath!"

"Cuireabh timcheall e!"

"Leig dhomhsa fhaicinn!"

"A-mach as a' rathad – chan urrainn dhuinn fhaicinn aig a' chul!"

"Cumabh seimh," arsa Lachlan. Ghluais e air falbh bho cuid dhe na Seanairean a uaimhean eile a bha a' feuchainn ri tighinn ro fhaig air a' Bhall Criostal. "Tha e nas fhearr an-drasda nach lamhsaich duine sam bith eile e. Tha moran ri ionnsaigh fhathast."

"Cha d' fhuair sinn a-mach fhathast uile gu leir mar a dh'obraicheas e," thuirt Hallam. "Bheir e beagan uine."

"... agus 's e uine an aon rud nach eil againn ... " Bha na Cinnidhean samhach mar a thuig iad gum b'e Elgin a' bhruidhinn. Sheas a h-uile duine ri taobh a dheanamh slighe don t-seann duine a bha a' coiseachd le run is dionbhaltas a dh'ionnsaigh na Seanairean, a' leigeil a' thaic air a' bhata mar a thainig e. Bha e

follaiseach gu robh e na inntinn cheart, is ruith aighear troimh an t-sluagh. Bha an Ceannard air tighinn air ais dhaibh!

“Thoir am Ball Criostal dhomhsa,” dh’ordaich e. Mar a thug e e na laimh cheart choimhid e sios air is rinn e gnog, cha mhor mar gum biodh e air seann charaid fhaighneachadh.

“S e seo Inneal Arsaidh,” thuirt e ris na Cinnidhean cruinnichte air a’ bheulaibh.

Rinn a h-uile duine plogadh mar a chuir Elgin sios am bata aige, ‘s a chum e am Ball na dha lamhan mar iseag leonta. An toiseach thulg e gu seimh e o thaobh gu taobh, ‘s an uair sin thoisich e air a chnagadh le chorrigan. Dh’fhas an solas bhuidhe nas laidire na chunnaic Ciaran uair sam bith. Ciamar a b’urrainn do Cheannard na Seanairean air fad a bhith air leithid a’ sholas adhbhrachadh? Bha e nas soilleire na eadhon na Buill Criostal ur san Uamh- Malairt. Phut Ciaran air adhart, air chrith le togarrachd. Bha an solas nas soilleire na grian meadhainn an t-samhraidh is fheumadh cuid nas fhaisge an suilean a dhian.

Phut Elgin tuill a’ Bhuill Criostal ann an doighean diofraichte a chuir iongnadh air Ciaran. Bha an t-aodann arsaidh aige air a shoilleireachadh leis ach cha robh e coltach gu robh e air a dhearsadh leis. ‘S e a choimhid gu geur do na dealbhan gluasadach le deinead gu tur eadar-dhealaichte bhon fhiamh falamh a b’abhaist, dh’obraich lamhan an t-seann duine sios is suas, a-null ‘s a-nall le astar a bha doirbh a leantainn. Bha e mar gu robh e eolach air fad a’ bheatha ‘s gu robh fios aige dìreach de dheanadh e.

“A’ Cheannard, bidh e coltach gun fhac sibh fear dhiubh seo roimhe,” arsa Hallam le iongantas. “Am faod mi fhaighneachd ciamar a tha fios agaibh de ni sibh ris?”

“Chan eil tide airson sin!” Rinn Elgin gluasad le aon lamh, a cur air falbh ceist Hallam mar gum b’e cuileag a bha a cur greann air. “Fhad ‘s a tha mo chiall agam, is fhad ‘s tha tide beag ann, feumaidh mi obrachadh gu math luath. Tha mi airson gun coimhead sibh air seo. Tha e uile gu leir mu thide a-nis. Tide rud a

dheanamh.”

Thog e a Bhall Criostal suas is choimhid na Seanairean a b’fhaisge dha gu teann air. Dhorchaich am fiamh aca is sheas Hallam air ais, le aodann nas mugaiche na chunnaic Ciaran air riamh.

“An ainm na Coig Cinnidhean,” chagair e. “Tha’n tide gluasad ann gu dearbh.”

Caibideil XXVII : Dealbhan Glusadach

Mar chloinn a tha air a bhith a’ cluich le faram as an t-sneachd is a chi mathan mor geal, thuit na Cinnidhean samhach. Cha robh fios aca de bha tachairt no de bha an Ceannard aca a’ sealltainn dha na Seanairean eile as a Bhall Criostal, ach bha fios aig a h-uile duine ann an Talla Mor na h-Uaimh gu robh rudeigin cearr. Bha fios aca uile- le anzara – gu robh cunnart ann dhaibh de sheors’ air choreigin.

Aig a’ cheann thall b’e piuthar mathair Chiaran, Helga, a bhruidhinn : “O, a’ Cheannard ghlic na Seanairean uile gu leir!” Bha a guth air chrith le eagal ‘s tocadh. “Mus e ur toil e, innseabh dhuinn de tha sibh a’ faicinn. An-e mo mhac a th’ann? Tha fios agam gu’n d’rinn e rudan cearr. Tha e as a’ chiall an-drasda, ach tha fios agam gun gabh e cuideachadh is mu dh’fhaodas mi bruidhinn ris, b-urrainn dhomh deanamh air a’ dhoighean atharrachadh. An leig sibh leum bruidhinn ris, tha mi a guidh oirbh?”

“Bithibh samhach, a’ mhathair!” Tharraing Regan air ais i gu gailbheach, a’ shuilean a’ dealradh le fearg. Ghluais feadhainn eile air adhart a ghabhail an t’ait’

aice, a' streapadh a dh'fhaighinn a-mach de bha a' tachairt.

"Chan eil e idir mu dheidhinn Alban 's a' charaidean," thuirt Hallam. "Tha eagal orm, a' chairdean, gu bheil e gu mor nas miosa na sin."

"Tha mi dìreach an dochas nach bidh e mu Co-Chordadh," arsa Andi ann an cluais Ciaran, is a dh'aindeoin solaimteachd an am rinn Ciaran snodha gaire ri charaid.

"Chunnaic sinn dealbhan as a' Bhall Chrìostal a tha a' sealltainn Sealgairean a Tir a' Phaisde na Chadal gu Brath. Tha iad a' cruinneachadh gu mor timcheall air ar crìochan."

"Ciamar as urrainn sin a bhith?" Lion an talla-uaimh le eigheach is ceisteachadh, is phut Sealgairean air adhart. Ruith Sealgairean as na Coig Cinnidhean gun a' Bhall Chrìostal, a' cur boireannaich is clann as an rathad.

Chuir Elgin am Ball suas na laimh cheart, is le laimh eile smeid e air na Cinnidhean a stad.

"Bruidhnidh mi fhad's a tha mo chiall agam," thuirt e, is sgur na Sealgairean far an robh iad. "Bruidhnidh mi cho fad 's is urrainn dhomh. Bidh am Ball Chrìostal air a chur mu chuairt gu mairnealach, a' toiseachadh leis na Seanairean a-reir an inbhe, 's an uair sin na Sealgairean. 'S e Inneal Arsaigh cumhachdach a th'ann 's tha e air sealltainn dhuinn gu soilleir gu bheil fios aig Sealgairean na Paisde gu bheil cuid dhe na h-ionmhasan aca againn. Chan urrainn dha na Daoine Beaga ar dìon tuilleadh. Tha sinn lein fhin a-nise, 's chan eil teagamh idir ann nach bidh Sealgairean na Paisde ag iarraidh na h-innealan luachmhor sin dhaibh fhein is gum bidh iad deiseil a bhith a' sabaid air an son. Chan urrainn gur e sabaid co-ionann a bhios ann oir tha innealan acasan a mharbhas o astar 's chan eil mi a' ciallachadh dìreach saigheadan bho bhogha. Tha Innealan Arsaigh cumhachdach aca, eadhon nas iongantaiche na'm Ball seo, is moran dhiubh."

"Ciamar a tha fios aca cho luath gu bheil na Buill Chrìostal againn?"

“Tha cumhachdan aig na h-Innealan Arsaigh air nach eil fios againn,” thuirt Elgin. “Chan urrainn dhomh a bhith mineachadh a h-uile sion a dh’fhaodas iad a dheanamh. Eadhon nam biodh fios agam air na ruin aca air fad, cha bhiodh tide agam sin innse dhuibh an seo. Bha Malairt air a thoirt dhuinn: aon Bhall Criostal. Dh’fhaodadh e a bhith air ar cuideachadh le sealgaireachd a’ gheamhraidh. Dh’fhaodadh e a bhith air ar cumail beo is cha bhiodh e air aire Sealgairean a’ Phaisde a thoirt oirnn. An aite sin, tha sinn air sinn fein a ghiulain gu maslach is air olc is Mi-Chordadh a tharraing oirnn fhin. Tha am Ball Criostal a’ sealltainn dhuinn dealbhan de rudan a thachair roimhe seo, neo a tha a’ tachairt agus is docha ri tighinn, ach feumaidh fios a bhith agad mu phutadh na tuill. Tha e soirbh a bhith ga do chall fhein a’ coimhead air na dealbhan gluasadach, ach cha robh na Daoine Beaga airson gum biodh sin a’ tachairt is ag adhbhrachadh Mi-Chordadh. Faodaidh uine mhor a dhol seachad ag ionnsachadh na sgilean a dh’fheumar airson feum ceart a dheanamh dhiubh, eadhon mar a thug e uine a bhith ag ionnsachadh boghadaireachd. A-nise, mo chreach, ‘s e uine rud nach eil againn tuilleadh. Duin’ againn.”

“De mu dheidhinn a’ bhalaich, Ciaran?” Dh’eigh cuideigin ainm is thionndaidh a h-uile duine a’ choimhead air Ciaran.

“Seadh,” thuirt Elgin. “Tha mi a’ creidsinn gu robh run aig na Daoine Beaga nan inntinn airson Ciaran, am Fear-Malairt, leis a chiad Bhall Criostal, ach cha do ruith rudan mar a dheilbh iad, is a-nise feumaidh sibh ionnsachadh, mus bidh e robh anmoch, gu bheil na Sealgairean a Tir na Paisde na Chadal a’ cruinneachadh.” Sheall e gu dion dhan a’ Bhall a-rithist. “Tha iad a’ coinneachadh ‘s a’ cruinneachadh, dìreach mar a tha sinne, ach tha moran nas motha dhuibh ann is tha innealean is Innealan Arsaidh aca ris nach gabh cur an-aghaidh. Chan eil ‘s am Ball Criostal seo ach aon eisimpleir beag dhe na cumhachdan aca.”

“A bheil iad a’ dol a dheanamh ionnsaigh air Alban ‘s a’ charaidean neo bheil iad a’ tighinn dhuinn fhin?”

“Tha mi a’ smaoineachadh gun teid iad gu Uaimhean na Daoine Beaga an-toiseach,” thuirt Elgin, far a bheil stor mor de Bhuill Criostal. Bidh iad gan iarraidh, a h-uile fear dhiubh, ach an uair sin, cho cinnteach ri anail, thig iad dhuinne. Ni iad casaid oirnn airson a bhith bristeadh na Co-Chordaidhean Arsaidh. Bidh iad feargach is deiseil airson cogadh. Feumaidh sinn sinn fhein a’ dhianfeumaidh sinn sabaid. Ach ciamar a shabaideas sinn, chan eil fios agam “

Dh’fhuirich a h-uile duine ris a bhith a’ cumail air. Dh’fhuirich is dh’fhuirich iad, ‘s an uair sin chunnaic iad mar a dh’fhalbh an solas bho shuilean. Ann an uine ghoirid bha an duine sean a’ coimhead air a’ Bhall Criostal na lamhan mar gum biodh iongnadh air de bh’ann. Thuit a’ ghualainnean is thug e do Lachlan e, is an uair sin dh’fhalbh e air seacharan a-measg an t-sluaigh, a’ manran gun fonn. Bha cneadan eu-dochasach timcheall gu leir mar a thuig na Cinnidhean gu robh an Ceannard aca air am fagail.

“Dh’fhalbh e,” thuirt Hallam. “Tha e air a’ dhol bhuain. Tha sinn lein fhein.”

Choimhid Lachlan gu teann dhan a’ Bhall Criostal na lamhan.

“Tha Sealgairean a’ Phaisde a’ gluasad,” thuirt e. “Tha mi gam faicinn an seo. Tha iad a’ gluasad a-nall raointean Ezra ‘s tha iad air tighinn tarsainn air an tir againne.”

Bha eigheach eagalach ann a-nise. Choimhid na Seanairean air a-cheile is bha eagal nan suilean cuideachd. Thuig Ciaran nach robh fios aca nas motha de dheanadh iad.

“An e sin a h-uile sion a tha a’ Bhall a’ sealltainn dhuinn?” dh’fhaighnich e. “Am faod mi fheuchainn, mus e ur toil e?”

Bha Lachlan mar gum biodh e a' dol a dhiultadh iarrtas Chiaran' ach an uair sin dh'atharraich e inntinn. Thug e am Ball do Chiaran is bhruidhinn e ris an t-sluagh.

"Dean leis mar a thogras tu, a' Chiaran, thuirt e. "Tha mi deiseil leis an-drasda. Tha rudan nas cudromaiche againn ri dheanamh. Feumaidh sinn co-dhunaidhean a dheanamh, a' chairdean. Feumaidh sinn na boireannaich 's a' chlann a tha fhathast as na h-Uaimhean-Dachaidh 's fhaisge air na crìochan fhaighinn. 'S ann 's an uaimh seo a dh'fheumas sinn cruinneachadh an-drasda oir tha sinn nas fhaide as bho Thir na Paisde. Chi sinn far a bheil Saighdearan na Paisde, a' gluasad troimh Raointean Ezra. Tha iad a' deanamh air an tir againne, a' bristeadh co-chordaidhean arsaidh. Air sgath ur boireannaich 's ur clann, cha bu choir dhuinn suidhe a' feitheamh orra. Tha mi a' smaoineachadh gum bu choir dhuinn sinn fhin armachadh an-toiseach gun fhios dhaibh. 'S docha gur e an aon chothrom a th'againn."

Thainig aontachadh mor bho na Sealgairean aige seo: " Gathan-cogaidh, a' bhraithrean!" Ghluais an gairm-cogaidh timcheall an talla-uaimh is thog na daoine a bha a' giuilain innealean suas iad, an suilean a' dearsadh le togarachd. "Glacaidh sinn iad gun fhios dhaibh!"

"Bheir sinn ur boireannaich 's ur clann an seo, ach chan fhuirich sinn a' feitheadh a bhith air ur murt!"

"Ma tha iad a' smaoineachadh gun urrainn dhaibh snaigeadh a-nuas oirne, tha iad cearr!"

"Cruinnicheabh na h-innealan uile, a' chairdean!"

Tha eagal sonraichte ann mu bhith a' smaoineachadh air cogadh ri do chinne-daonna. Bha e nas uamhasaiche na smaointinn air sealg, nas eagalaiche na duil ri sabaid ri mathan mor ban. Bha e coltach gu robh a h-uile duine a' bruidhinn 's ag eigheach aig an aon am. Cha robh Alban 's a' charaidean air an ainmeachadh

tuilleadh. A' toirt uabhas do Chiaran, cha robh duine eadhon a' smaoineachadh air na Daoine Beaga. B'e a chiad tus-chothrom buidheann de Shealgairean a dhol a-mach as a bhad a thoirt na boireannaich, a' chlann 's na daoine aosda air fhagail as na Ceithir Uaimhean eile, a-nall.

"Bheir e beagan uine dhuinn a bhith ag obair a-mach de ni sinn," thuirt Hallam. "Feumaidh Brogan, am Priomh Ceannard de'n Chiad Uaimh Dachaidh, na Saighdairean a stiùireadh. Gabhaidh mise os laimh a h-uile duine a bhios a-tighinn an seo nar Uaimh-Dachaidh airson fasgadh."

"Thig iad airson an Uaimh -Dachaidh againne an-toiseach." Bhruidhinn Brogan, fear nach do thadhail ro thrì air Uaimh-Dachaidh Chiaran, a-mach na ghuth laidir, domhainn. "Coimhididh iad air ur son an sin mus gluais iad gun an ath fhear. Bheir e beagan uine dhuinn. Tha sinn air am faicinn a-nall air a' chrìch."

"Ach mas urrainn dhuinn iadsan fhaicinn, nach urrainn dhaibhsan sinne fhaicinn?" B'e guth tiamhaidh Silbha a ghearr tron othail, is gu mairnealach bha na Cinnidhean samhach.

Dh'fheumadh Silbha a bhith am meadhan drama sam bith, ach robh Ciaran idir airson i bhith samhach.

"Tha iad ag radh gu bheil na h-innealan aca iongantach chumhachdach, 's mar sin, nach fhaodadh iad a bhith gar coimhead an-dràsda fhein ann am Buill Criostal aca fhein is a' faicinn de tha sinne a' deanamh?"

Bha samhchair san Talla-Uaimh.

Caibideil XXVIII : Tha na Sealgairean a' dol gu Cogadh

A dh'aindeoin an uabhas an deidh faclan Silbha, dh'fheumadh Sealgairean na

Coig Cinnidhean gluasad as a' bhad. Bha Hallam os cionn a' bhuidheann a bheireadh gach boireannach, gach paisde is gach duine aosda air ais don Uaimh-Dachaidh aige. Bha Brogan a' stiùireadh am prìomh bhuidheann de na Sealg-Shaighdairean.

Bha Ciaran airson a bhith a' dol comhla ri athair 's na Sealgairean uile eile, a' gabhail a-steach Andi is Raj, ach dh'ordaich Hallam air cumail air adhart ag obair leis a' Bhall Criostal.

"Faodaidh tu a bhith tighinn air ur cul," dh'inns Hallam dha, "ach bi e coltach gum bidh do sgilean leis a' Bhall Criostal nas feumaile ne do sgilean cogaidh. Thoir an tìde a bhith a' feuchainn ri deanamh a-mach de tha ur naimhdean a' deanamh, 's an uair sin ruith a bhreith oirnn mu gheibh thu mach rud sam bith feumail.

Chuir na Daoine Beaga am Ball seo na do churam anns a' chiad aite, 's mar sin cuiridh sinne earbsa nad d'inntinn og eirmseach 's do chasan og luath a bhith gar cuideachadh cho math 's is urrainn dhut."

B'e ordugh a rinn ciall ach b' fhearr le Ciaran a bhi a' falbh le ghath-sealg na laimh comhla ri chairdean. Bha e coltach gum biodh sabaid fhìor a' dol a bhith ann, dìreach mar as an sgeulan mu amanan fad as.

"Ni mi nas urrainn dhomh a chuideachadh," thuirt e gu modhail is cneadaich athair e air fhalt.

"Co aig tha fios, 's docha gun lorg thu rudeigin feumail a-staigh a' sin," thuirt e as an doigh abhaisteach fealla-dha aige. Stad e, 's an uair sin thuirt e ann an gleus nas cudromaiche: "Beannachd leat ma-tha, a' mhic."

Thulg Ciaran am Ball Criostal a-null 's a-nall mar a chunnaic e Elgin a' deanamh. Nan romh uine air a bhith aige fhaighneachd dhen t-seann duine ciamar a laimhsich e na tuill bheaga mus deach inntinn air turas, 's docha gu robh e air uine luachmhor a ghleidheadh. Fhuair e gum b'urraìnn dha an solas a dheanamh nas dorcha 's nas soilleire le bhith tulgadh ann an doighean sonraichte. Cha

d'fhuair e an soillsiche dearrsach a bh'aig Elgin, ach bha e gu deimhinne air an rathad cheart. Thoisich e an uair sin air putadh na tuill air taobhan na buill, a' toirt aire air a h-uile atharrachadh 's na dealbhan. Choimhid e gu dion is phut e ann an doigh riaghailteach, a' feuchainn an-toiseach aon ruith, 's an uair sin an t-ath ruith, a' feitheamh a dh'fhaicinn de thachair. An aite a bhith a' coimhead air na dealbhan airson a' thoileachas is iongnadh fhein, rinn e cruinn-shealladh air 's dh'obraich e gu rianail.

Cha romh e fada gus an robh e soilleir nach robh am Ball Criostal a' sealltainn dealbhan tuaireamach mar a smaoinich Ciaran an-toiseach. Ma bhiodh feum air a dheanamh leis mar bhall-acainn, 's chan e deideag, dh'fheumadh focas is obair chruaidh. Bha sreathan diofraichte a' toirt toraidhean diofraichte. Bha cuid a' sealltainn na beanntan, feadhainn eile de bha a' tachairt fo'n uisge. Dh'fheuch e ri cumail geur 's ciuin. Gu mi-fhortanach cha b'urrainn dha deanamh mar a rinn Ezra, a' sealltainn Sealgairean a' Phaisde air Raointean Ezra, rud a bha bacach, ach an deidh uine b'urrainn dha Alban, a cho-ogha, fhaicinn, comhla ri Kyril is Drango. Bha iad a' tarraing an Slaod-Malairt, a bha comhdaichde ann am bratan-urlair beinne. Cha robh amharas aig Ciaran nach biodh cruinneachadh de Bhuill Criostal fodha sin. Feumaidh gu robh iad gan toirt a dh'ait' eile. An robh sin a' ciallachadh gu robh na Daoine Beaga fa sgaoil? Choimhid e gu teann is chum e a' shuil air na tri caraidean mar a rinn iad marsail sios na comhnardan mora eadar a' Chreig-Mhalairt 's na h-Uaimhean-Dachaigh. Ghabhadh a' mhuir fhaicinn pios math ri deas is na bholcanos comhdaichte an sneachd air a laimh chli. B'e Drango a bha a' tarraing an slaod, bha e coltach, mar a chaidh an dithis eile air a' chul, a' coimhead gu teann air na Buill Criostal, dh'fheumadh e bhi. Bha rudeigin neonach mu bhith a' coimhead le Ball Criostal air feadhainn eile a' coimhead air ais. Saoil am faiceadh iad e! Bha Ciaran cinnteach gum biodh Drango a' gearain gu fuaimeil, is gum biodh an dithis eile ag iarraidh air cumail samhach is cumail air a' slaodadh. B'urrainn dha Drango fhaicinn a' deanamh gluasadan feargach,

ach cha robh duine a' toirt aire dha. Bha iad mu dha uair a' thide air falbh bho thoiseach Tir na h-Uaimhean-Dachaigh, smaoinich Ciaran. Cha bhiodh e math mu thigeadh iad gu na h-Uaimhean-Dachaigh nuair a bha na Sealgairean uile a-muigh. Am bu choir dha innse do Helga gu robh am mac aice air an rathad?

Le eagal 's troimhe-cheile an deidh seallaidhean air na Sealgairean a' Phaisde na Chadal, bha e coltach gun do dhiochuimhnich a h-uile duine mun triuir a bha ag itheadh an crotal.

"De chunnaic thu, a' Chiaran?" Bha Silbha aig an uileann aige. Bha suil geur aice airsan, 's chan ann air a' Bhall Criostal. "'S urrainn dhomh innse gu bheil thu air rudeigin fhaicinn."

"Tha, tha mi a' faicinn ar co-ogha, Alban le Drango 's Kyril. Seall!" Thionndaidh e am Ball timcheall airson gu faiceadh i air a son fhein.

"Bha sinn air diochuimhneachadh mun deidhinn," thuirt i. "Tha mi a' faicinn far a bheil iad, 's dh'fhaodadh iad a bhith an seo am beagan uairean a' thide."

"Feumaidh mi na h-innealan cogaidh agam fhaighinn," thuirt Ciaran.

"Na diochuimhnich mise." Rinn Dungran ceum chrubach a-nall, a' thaic air croitse de chnamh mhuic-mhara. "Chan urrainn dhomh a' dhol comhla ris na Sealgairean no ruith, ach tha mi air a bhith a' geurachadh mo lannan. Eadarain, 's urrainn dhuinn deiligidh ris na tri amadain sin."

"'S urrainn dhomhsa saigheadan a' thilgeil!" dh'eigh Silbha. "Theid mi gan iarraidh. Innsidh mi do na nigheanan eile."

Thug i am Ball Criostal air ais do Chiaran, 's mar a rinn i sin, phut i gun fhios dhi toll beag bideach air culaibh na dealbhan gluasadach. Dh'fhas an dealbh 's a' Bhall nas motha is b'urrainn do Chiaran sealladh mor fhaicinn, le Alban 's a' charaidean mar phuingean beaga na mheadhain.

“Hey! De rinn thu, Silbha? O, tha toll beag air a’ chul. Cha do mhothaich mi air sin roimhe. Seall seo! Faodaidh tu an t-aite uile gu leir fhaicinn – na raointean ‘s na creagan, a h-uile sian. Abair sealladh iongantach!”

Chrion an guth aige ‘s an uair sin rinn e plog.

“An ainm na Cinnidhean . . .”

“De th’ann?” arsa Dungran.

“Tha Alban ‘s Kyril is Drango a’ deanamh dìreach air na creagan dubh faisg air an darna Uaimh-Dachaidh, agus is e an rud air nach eil fios aca . . .”

“Sealgairean a’ Phaisde!” dh’eigh Silbha, a’ coimhead seachad air a’ ghualainn.

“Tha na Sealgairean againne a’ dol air an rathad chearr. Tha iad a’ dol do Raointean Ezra, an aite Uaimhean na Creagan Dubha,” thuirt Ciaran. “Tha Sealgairean a’ Phaisde a’ feitheamh air Alban ‘s a’ charaidean. Feumaidh gu bheil e airson an stòras de Bhuill Criostal. ‘S e sin a bhios iad ag iarraidh, gu cinnteach!”

“Feumaidh gu bheil fios aig Sealgairean a’ Phaisde gu bheil e a’ tighinn gan ionnsaigh ach bidh e coltach nach eil fios aigesan far a bheil iadsan. Tha na triuir gorach sin a’ coiseachd dìreach a-steach do fheallfhalach marbhtach.”

“‘S beag orm sin a radh,” thuirt Ciaran, “ach tha mi a’ smaointeachadh gu feum sinn mo cho-ogha a chuideachadh, ‘s chan e a shealgadh.”

Caibideil XXIX : Tha Ciaran a’ Coiseachd do Chunnart

Mheil Dungran fhiacalan an amhar nach b’urrainn dha a dhol comhla ri Ciaran,

ach bha e air innse dha fuireach far a robh e, a' dhionadh boireannaich 's clann na h-Uaimhean Dachaidh.

"Tha mi a' tighinn, a' bhrathair," thuirt Silbha, a' nochdadh leis a' bhogha 's an saighead aice. "Cha leig mi leat a dhol ann an cunnart leat fhein. 'S urrainn dhomh tilgeil!"

Thionndaidh Ciaran don phiuthar bheag aige is bhruidhinn e rithe ann an guth iosal ciuin.

"Chan urrainn dhut tighinn, Silbha. Na connsaich rium, dìreach gabh ris." Chuir e suas a lamh ga cumail air ais bho bhristeadh a-staigh. "Tha thu luath is tha guth math laidir agad. Tha rudeigin cudromach agam dhut a dheanamh. Feumaidh tu ruith as-deidh na Sealgairean a dh'innse dhaibh de chunnaic sinn. Tha iad air an rathad chearr."

Bha Dungran a' geurachadh na lannain aige 's cha tuirt e sian. Bha aodann dorcha le fearg nach b'urrainn dha na h-Uaimhean-Dachaidh fhagail 's a dhol a' shabaid. Bha leontan a' chasan a' ciallachadh nach b'urrainn dha ceuman crubach a dheanamh fad air falbh, 's cha do fhairich e an neo-chomas sin cho mor riamh.

Thainig crith air aodann Silbha. "Chan eil mi airson gun teid thu leat fhein, a' Chiaran," chagair i. "Mas e do thoil e, leig dhomh tighinn comhla riut. Bidh thu ann an cunnart."

"Cha leig, a' Silbha," thuirt e. "Cha leig. Dean mar a thuirt mi is bidh thu a' cuideachadh na Coig Cinnidhean. Mar Shaighdear beag. Fhalbh!"

"Chan fhaod thu dhol le Ciaran, Silbha," thuirt an co-ogha na bu shine aice, Rabina, a' cur a lamh air guailainn Silbha. "Ach faodaidh mise."

Dh'fhosgail Ciaran a' bheul a chantail rudeigin ach an uair sin chunnaic e am bogha aice is a' phocaid lan de shaigheadan. Bha fios aige gum be Rabina am

boghadair a b'fhearr an deidh Logan is gnog e a' cheann.

"S docha gum bidh feum agam ort, Rabina," thuirt e.

Cha robh an corr ann ri radh, is dh'fhalbh Ciaran is Rabina cho luath 's a b'urrainn dhaibh air an rathad do na creagan dorcha far a robh fios aca gum biodh Sealgairean a' Phaisde a' feitheamh. Ruith Silbha mar shaighead bheag as deidh Sealgairean a' Chinnidh, is dh'fhuirich Dungran a dhion an Uaimh-Dachaidh. Chuir Ciaran am Ball Criostal na phocaid is ghiulain e an gath-sealgaidh 's na morghathan. Ghiulain Rabina am bogha is na saigheadan aice is chum i a ceann suas mar shaighdear.

Cha do bhruidhinn aon seach aon dhiubh air feadh uair a' thide de chois eachd luath. Dh'fheum iad an neart aca a chumail suas airson na bha air thoiseach orra. Tharraing Ciaran am Ball Criostal a-mach as a' phocaid nuair a ranaig iad aig a' chiad te dhe na creagan dhubh.

"Coimhid." Sheall e na dealbhan gluasadach do Rabina. "Tha Alban 's an dithis eile cha mhor aig an aite far a bheil na creagan dorcha a' coinneachadh ris na Raointean Mora. Chan eil fios aca de tha a' feitheamh orra an sin. Saol carson nach urrainn dhaibh fhaicinn nam Buill Criostal?"

"Cha mhor nach eil sinn ann sinn fhin," arsa Rabina. "De bu choir dhuinn a dheanamh?"

"Tha mi a' smaoin eachadh gu feum sinn an rabhadh," thuirt Ciaran. "A dhaindeoin cho mi-mhodhail 's bha iad, 's e Clann Cinnidh a th'unnta. Tha Alban cairdeach dhuinn, 's e ur co-ogha a th'ann. 'S e ur dleasdanas a bhith gan gleidheadh bho Shealgairean a' Phaisde."

Rinn Rabina gnog gu mugach. Gun bhruidhinn, shreap an dithis suas a' chreag bhiorach dhubh a b'fhaighe orra is chaog iad thairis air a' mhullach.

"Siud Alban," chagair Rabina, 's an uair seo bha i a' comharradh an co-ogha 's a'

charaidean.

Bha iad pios air falbh. Bha Drango fhathast a' tarraing an slaod 's bha an dithis eile a' coiseachd air chul is a' coimhead sìos air an lamhan. Gu deimhinn bha iad a' coimhead air Buill Criostal.

"Na h-amadain," thuirt Ciaran. "Tha iad a' coimhead ach chan eil iad a' faicinn."

"Eil fhios cait' am bidh Sealgairean a' Phaisde an-drasda." Rinn Rabina sgrudadh air faire, a' cumhangachadh a suilean.

"Tha fios'am gu bheil iad timcheall," thuirt Ciaran. Dhinns Anzara sin dha cho math ris a' Bhall Criostal. Bha e a' faireachadh an cunnart. "De ni sinn? An eigh mi rabhadh do Alban air neo an leig mi leotha coiseachd dìreach do lamhan ur naimhdean?"

Chum Rabina orra a' coimhead timcheall ach cha tuirt i sian.

"B'fhearr leum gu robh na Daoine Beaga a' seo," chagair Ciaran. "Bhiodh fios acasan de bu choir a dheanamh . . ."

Caibideil XXX : Tha Rabina a' Toirt Rabhadh Dhaibh

Chum Silbha 's Ciaran suil air a cho-ogha 's a' charaidean mar a shuidh iad timcheall air an t-Slaod- Malairt gun fhios air cunnart air bith. Bha Alban 's Kyril a' suidhe teann ri cheile 's bha Drango beagan air falbh mar a b'abhaist.

Thug Ciaran am Ball-Criostal a-mach as a' phocaid 's rinn e feum dhe na sgilean ura aige a' dh'fhaighinn an dealbh a bha e ag iarraidh as a' bhad: Sealgairean a'

Phaisde nach robh fad air falbh, air falach, mar a bha e fhein 's Rabina, air culaibh an te a bu mhodha dhe na Creagan Dhubha.

“Seall, Rabina.” Shonraich e an dealbh as a’ Bhall, ‘s an uair sin na fìor chreagan eagach far a robh fios aige gu robh Sealgairean a’ Phaisde air falach. Bha a’ chridhe a’ bualadh gu laidir na bhroilleach ach cha robh eagal air co-dhunadh a dheanamh. On am a smaoinich e air na Daoine Beaga bha e air fairicheadh ciuin ‘s cinnteach. “A-null ann a-thid. Sin far a bheil iad.”

Choimhid e a-rithist air a cho-ogha ‘s na caraidean aige. Bha e soilleir gu robh iad uile gle dhiombach ‘s bha iad a’ crathadh na Buill-Criostal aca ‘s a’ crathadh an lamhan gu feargach ri cheile.

Tha’n uair ann rabhadh a thoirt seachad,” chagair e gu Rabina.

Choimhid an dithis cho-oghaichean do shuilean a’ cheile mar a thug Rabina a-mach an Corn-Sealgaireachd.

Rinn Rabina gnog ‘s ghnog Ciaran air ais.

Chuir i an corn fada cnamha, air a’ snaigheadh cho breagha leis na Daoine Beaga, ga beul is sheid i.

B’ e an rabhadh a bu marbhtach dha na Cinnidhean trì toirmean goirid ‘s an uair sin trì toirmean fada. B’e rabhadh nach robh air a thoirt re beatha Chiaran ‘s cha chual e riamh e ach nuair a bha Cleachdadh-Cuirn a’ tachairt. Bha fios aig a h-

uile paisde anns na Coig Cinnidhean de bha e a' ciallachadh, ge-ta. Bha e a' ciallachadh cunnart basmhor, chan ann bho biast sam bith, eadhon mathan mor ban, chiallaich e aon rud a-mhain: Sealgairean a Tir na Paisde na' Chadal gu Brath.

Leum Alban 's a' charaidean gun casan as a' bhad 's sheas iad culaibh ri culaibh ri cheile, a' sgrudadh an aile on a h-uile taobh. Cha robh teagamh ann gun do thuig iad na toirmean 's gu robh iad deiseil, air bhoil, ullamh airson sabaid. B'e iongnadh a bh'ann cho luath 's a thionndaich iad bho mhuinntir gearanach, luideach a bha ris a' chrotal gu Saighdearan na Coig Cinnidhean.

Direach mar a bha iad a' tarraing na buill-airm aca, ruith Sealgairean a' Phaisde a-mach bhon a' Chreig Dhubh far an robh iad air falach 's rinn iad dìreach orra. Bha dìthis dhiubh a' crathadh buill dealrach airgid nach romh Ciaran air fhaicinn riamh.

A dh'aindeoin uamhas an t-suidheachadh b'urrainn do Chiaran a bhith mothachail air maise na bein dubha 's a' cheannbheart, sgeadaichte le adharcan, a bha air Sealgairean a' Phaisde. Chan fhac e riamh sealladh cho druidhteach. Sheas Alban 's Kyril 's Drango an aghaidh na naimhdean aca is a dh'aindeoin a' ghrainn a bh'aige dhaibh dh'fheumadh Ciaran aideachadh a' mhisneachd a dh'fheumadh iad airson sin.

Bha Sealgairean na Paisde eagalach.

Thog fear dhe na daoine air adhart am ball neonach airgid aige is reub fuaim mar

thairneanach an t-adhar. Ann am priobadh, ged nach robh e air a' bhualadh, thuit Kyril don lar mar gum biodh e marbh. Chunnaic Ciaran an sneachda timcheall air a' tionndadh dearg le fuil.

Ciamar a ghabhadh seo a bhith? De na buill a mharbhadh le tairneanach nach gabhadh fhaicinn? De an cothrom a bhiodh aig duine sam bith an aghaidh Innealan Arsaigh cho cumhachdach?

Thog an darna Sealgair a' Phaisde am ball airgid aige is chluinnear an fhuaim arithist. Sgreuch Drango is chuir e suas a' ghairdean. Bha fuil a' sputadh as is thionndaidh e 's theich e, a' sgreuchail mar a dh'fhalbh e, a' fagail Alban leis fhein.

B'urrainn do Chiaran eagal Drango a thuigsinn ach sheas Alban far a robh e. Eu-coltach ri Drango, cha do ruith e. Dh'eigh e a-mach gairm-cogaidh mor, gairm-cogaidh na Coig Cinnidhean, is thilg e gath air a naimhdean. Bhuail e fear de na Saighdearan, bhiodh e coltach ga mharbhadh ann am priobadh. Mar a chaidh e airson gath eile bha na Saighdearan air a' mhullach. Thog am fear leis an inneal airgid e is thomh e ri Drango e mar a theich e. Ged a bha Drango pios math air falbh, thuit e marbh mar a chualas an fhuaim uabhasach a' bristeadh a-mach arithist. Chan fhaca duine leithid a rud riamh roimhe is bha Ciaran lan oillt.

Chruinnich Sealgairean a' Phaisd' timcheall air an t-slaod 's cha ghabhadh deanamh a-mach de bha tachairt.

"Am bu choir dhuinn saigheadan a' thilgeil orra?" dh'fhaighnich Rabina?" le a

lamh a' dol don bhogha aice.

“Chan eil cothrom sam bith againn.” Chuir Ciaran a lamh air a' gairdean ga cumail air ais. “S e a dh'fheumas tu dheanamh, Rabina, 's e ruith a-nise. Ruith cho luath 's as urrainn dhut is inns do ar daoine mu dheidhinn na h-innealan sin. 'S e fiosrachadh a dh'fheumas iad fhaighinn as a' bhad. Chan urrainn dhaibh ionnsaigh a thoirt air Cloinn a' Phaisde ann an doigh cumanta sam bith air neo bidh iad air am marbhadh a astar. Eighidh an tairneanach basmhor is bidh an sneachd dearg le fuil ar cairdean.”

“Feumaidh sinn falbh as a' bhad,” thuirt Rabina. “An dithis againn.”

“Chan fheum,” thuirt Ciaran. “Bidh Sealgairean a' Phaisd' a' tighinn a dh'fhaighinn a-mach co rinn an Rabhadh. Feumaidh gun do chluinn iad e is bidh iad a' tighinn a lorg am pearsa a sheid an Corn. Tha na cumhachdan aca miorbhaileach. Dh'fhaodadh gu bheil Buill Criostal neo Innealan Arsaigh aca a sheallas dhaibh far a bheil mi. Feumaidh mi fuireach an seo mar a ruitheas thusa.”

“Bidh thu air do mharbhadh!” Choimhid Rabina air le uabhas.

“Rabina, tha mi gad ordachadh a bhith falbh a-nise.” Dh'fhairich Ciaran nas beothaile na dh'fhairich e riamh. Bha e cinnteach gu robh e a' toirt ordugh ceart don a cho-ogha aige. Cha do dh'fhairich e teagamh sam bith na chridhe. Dh'fhairich e gu robh e a deanamh suas airson a' chron a rinn e air a'

Chinnidhean. “Cha ghabh rud sam bith a dheanamh airson ar co-ogha a chuideachadh a-nise. Chan eil na h-innealan againn, eadhon na sgilean agadsa le bogha ‘s gathan, ach mar neoni an aghaidh na h-innealan acasan. Tha e riatanach gum bidh thu a’ falbh a dh’innse do ar cairdean nach fhaod iad ionnsaigh a dheanamh gu dìreach orra ach a chumail air falach is a thighinn orra le diomhaireachd. Chan urrainn gum bidh sabaid chothromach ann mar a bha as na sgeulachdan mu amannan fad as. Tha stoiridhean seachad. Tha seo diofraichte. Faodaidh iad Bas a’ dheiligeadh bho Astar. Fhalbh, Rabina, fhalbh ‘s inns do ar cairdean de a tha a thighinn orra. Fhalbh gu luath is cuir stad air casgairt!”

“Co-dhiu, cum mo bhogha ‘s na gathan,” arsa Rabina.

“Mo cho-ogha, mo ghaol.” Fhuair Ciaran gum b’urrainn dha fhathast snodha gaire a dheanamh a’ dh’aindeoin uabhas an t-suidheachadh aca. “Tha fios agad cho luideach ‘s a tha mi air boghadaireachd. B’e fealla-dha a bhiodh ann. Cum thusa iad ‘s cleachd iad mu dh’fheumas tu thu fhein a dhion. Thoir dhomh dìreach do Chorn ‘s an uair sin mu lorgas iad mi bidh iad a’ smaoinreachadh gum b’e mise a sheid an Rabhadh ‘s cha tig iad a choimhid ortsa.”

Ghnog Rabina a ceann. Ghluais i ri thaobh ‘s thug i lamh Chiaran na laimh fhein ‘s dh’fhaisg i e. Thug i seachad an Corn.

“Beannachd leat, a’ cho-ogha bhig,” thuirt i, ‘s an uair sin bha i air falbh, cho luath ris a’ ghaoith, eadar na creagan dhubh shneachdach. Chum Ciaran suil orra gus an deach i a sealladh is chrith e le eagal.

Caibideil XXXI : Tha Ciaran a' Coinneachadh ri Sealgairean a' Phaisde

Cha robh tide ann airson eagal fhaireachadh, ge-ta, 's bha fios aig Ciaran gum b'è a chiad rud ri dheanamh a h-uile lorg air Sabina a bhith comhla ris a dhubhadh a-mach.

Bha da shreath de lorgan chasan 's an t-sneachda, a' dol don chreig far a robh e air falach, 's thoisich e as a' bhad le laimh ann am miotag 's an sgian-shealgaireachd, air mineachadh is smalachadh lorgan Sabina. B'è sgile a bh'ann aig a robh fios aig a h-uile paisde dhen Chinnidh. Chaidh e air ais pios, ga dheanamh mar gum biodh e air tighinn leis fhein, 's an uair sin thill e don ait' aige, a' coiseachd gu faiceallach 's nan aon lorgan.

Bha Sealgairean a' Phaisde fhathast timcheall air slaod Alban 's cha b'urrainn dha a' cho-ogha fhaicinn idir. Laigh corpan Kyril 's Drango, pios math o cheile, air an t-sneachd far an d' thuit iad. Bha corp eile ann cuideachd, le Sealgair a' Phaisde a bha air a bhualadh le Alban, 's bha cuid dhe chairdean cruinnichte timcheall, a' feuchainn ri dhusgadh, neo 's docha a' coileanadh Deas-ghnath Bais air choreigin. Bha fios aig Ciaran gum bu choir dha math iarraidh airson Kyril 's Drango, 's Beannachd an t-Sealgair a chantail dhaibh, airson gum b'urrainn do na spioradan aca a dhol gu sìothchail gun Tir as nach eil Tilleadh. Fhuair e ge-ta, nach b'urrainn dha a bhith gan caoidh 's cha tigeadh na faclan gu bheul.

“Thoireamh mathanas dhomh, a’ Dhaoine Bhig, ach chan urrainn dhomh Beannachd an t-Sealgair a chantail dhaibh.” Bha fios aig Ciaran gum bu choir dha mathanas a thoirt dhaibh airson an cron a rinn iad air ach cha b’urrainn dha.

Bha na faireachdainn aige mu Alban diofraichte. B’e a’ chiad co-ogha a bh’ann, fear-cinnidh faisg air, ‘s an-deidh a h-uile rud bha e air a’ bheatha a shabhaladh. ‘S docha gu robh Alban marbh cuideachd, neo an robh Sealgairean a’ Phaisde ga chraidheadh, neo an robh e na chiomach? Cha b’urrainn dha de bha tachairt fhaicinn ‘s thug e mach am Ball Criostal ‘s phut e na tuill a dh’fheumadh e.

B’ ann an uair sin a chual’ e da ghuth sonraichte.

Cha mhor nach d’roinn a’ chiad te air am Ball Criostal a leigeil as.

“Na biodh eagal ort, a’ Chiaran, tha mise comhla riut.” Be an guth – an guth cho aithnichte – aig a’ Phearsa Bheag shonraichte aige.

Chuairtich Ciaran timcheall le toileachas fiadhaich na chridhe is ‘s ann an uair sin a chual’ e an darna guth.

B’e guth neo-bhinn grannda a bh’ann ‘s bhruidhinn e ann an teanga aig nach robh fios aig Ciaran.

An sin, dìreach air a’ bheulaibh, ga choimhead le suillean fuar dubh, bha Sealgair bho Thir a’ Phaisde.

Bhruidhinn an guth a-rithist ‘s chomharraich e Ciaran ‘s am Ball Criostal.

Bha e follaiseach gum b’e seo ordugh am Ball Criostal a thoirt seachad ‘s bha fios aig Ciaran nach robh roghainn aige. Dh’fheumadh e sin a dheanamh. Dh’fhairich e ciuin, gu neonach, ge-ta, cha mhor sona. Bha am Pearsa Beag comhla ris ann an doigh air choreigin! Cha robh rud sam bith eile cudromach. Ged nach robh ciall ann, cha robh eagal air bhon t-Saighdear Mor dcomhdaichte an dubh is choinnich e an amharc aige gun chaogadh ‘s gun chlisgeadh.

Nochd Saighdear eile ‘s chaidh e timcheall air allaban, gann ‘s a coimhead air Ciaran, ach a’ sgrudadh na lorgan san t-sneachd. Bha Ciaran taingeil gun robh e air lorgan Rabina a chur as is bha dochas air nach obraicheadh iad a-mach gu robh dithis dhiubh ann. Cha robh e ag iarraidh Saighdear mor cumhachdach as deidh a’ cho-ogha. Eadhon leis na sgilean boghadaireachd aice, cha bhiodh cothrom ann i fhein a dhion.

Thug e seachad am Ball Criostal don a’ chiad Saighdear a’ Phaisde is choimhead e le amharas mar a chrom an darna Saighdear, a’ sgrudadh na lorgan a b’fhaisge. Bha e follaiseach gu robh an duine a’ feuchainn ri deanamh a-mach an robh Ciaran ceart gu leor leis fhein. Thoisich e air coiseachd air ais air an t-slighe, a’ coimhead sios air an aon bhuidheann de lorgan. An fhac e Ciaran ‘s Rabina an am Ball Criostal aige fhein? Bha an cunnart mor.

Airson an duine a chur dhe, thug Ciaran a-mach an Corn ‘s chuir e e ri bhilean. Sheid e aon uair ‘s rinn an dithis leum.

Ghabh a' chiad Saighdear e bhuaithe 's thill an darna Saighdear 's phut e sìos e, ag eigheach rudeigin borb na theanga fhein. Bhreab e e uair neo dha ach ag innseadh na firinn cha robh e cho dubhailceach 's a bha Kyril neo Drango air a bhith.

Bha Ciaran air a sgrudadh airson innealan 's bha an gath 's na sgeinan aige air an toirt bhuaithe. Bha e an uairsin air a shealtainn dha gu feumadh e an dithis a leantainn.

Bha iad neonach 's coigreach, Sealgairean a' Phaisde sin. Bha e air leithid de sgeulan a chluinntinn mun deidh thairis air na bliadhnachan 's nach robh e ri chreidsinn gu robh iad gu fìor timcheall air a-nise, 's e a' faicinn na bein dubh aca 's na h-adharcan air an cinn, ag eisdeachd ris an teanga gharg aca. Bha eadhon am faileadh diofraichte bho fhaileadh Sealgairean na Coig Cinnidhean 's bha e coltach gu robh creis air choreigin air a smeuradh air an cuid aodaich, 's docha a bhith a' cumail a-mach an t-uisge.

B' e am faireachadh a bu laidire, ge-ta, cha b'e eagal, ach geasachd 's iongantas. B'urrainn dha guth a' Phearsa Bheag a chluinntinn na chluasan 's bha e fhathast air a' mhisneachadh leis. Bha i nas luachmhoire ne a-huile Saighdear a' Phaisde san t-saoghal. Bha e gun inneal 's ann an lamhan a naimhdean ach chum e a' cheann suas 's fhuirich e ciuin. Dh'fhaodadh e cuideach a bhith taingeil gun d'thug e cothrom do Rabina a bhith faighinn air falbh gun iad a bhith air a toir.

Mar a ruig e am buidheann de Shaighdairean a' Phaisde, choimhid e sios ri taobh an t-Slaoid-Malairt, comhdaichte le bein, is an sin chunnaic e Alban, le fhuil a' spotadh an t-sneachd timcheall air.

"Hai, a' Charran." Dh'fhosgail Alban a' shuilean 's choimhid e air. Gu iongantach, bha e fhathast beo. Chrom Ciaran sios as a' bhad 's bhean e don aodann aige gu socair.

"Tha thu beo!" thuirt e.

"Cha bhidh ro fhada, tha eagal orm. Tapadh leat airson an rabhadh ach cha d'rinn e moran math don dithis againn, an d'rinn?" Dh'fheuch Alban ri gaire a dheanamh ach chrìochnaich e ann am muig de phian. "Bidh mi comhla ri mo chairdean a' dh'aithghearr san Tir as nach Till sinn. 'S chan eil mi a' smaoin eachadh gu faigh sinn moran de fhailte an sin bho na Daoine Beaga, am faigh?" Cha gabhadh e chreidsinn ach dìreach mar a bha e na laighe a' basachadh b'urrainn do Alban fealla-dha os-iriosal a dheanamh.

Dh'eigh fear de Shealgairean a' Phaisde ordugh a dh'ionnsaigh Ciaran ach cha do thuig e 's cha d'thug e an aire dha.

"De s'urrainn dhomh a dheanamh air do shon, a' Cho-ogha," dh'fhaighnich e.

"Sguir na Buill Criostal againn air obrachadh, gu h-obann," chagair Alban. Bha a bhith bruidhinn, bha e soilleir, gle dhoirbh dha. "Cha do mhair iad fada an deidh

an am a dh'fhag thusa. Cha robh neart ann an gin dhiubh." Thog e gairdean 's chomharraich e an saighdear a b'fhaisge air. "Bidh na Sealgairean a' Phaisde sin doirbh a' shabaid, a' Charran. Mharbh mi aonnan dhiubh, tha fios agad." Rinn e leth-ghaire, 's an uair sin gruaim de phian. "Feumaidh tu innse do ar cinnidh mu na h-innealan aca. Tha iad uamhasach laidir, na h'innealan sin. 'S urrainn dhaibh ..."

Bhreab Sealgair a' Phaisde air Alban 's dh'eigh e faclan garg ris, bhiodh e coltach a dh'iarraidh air a bhith samhach.

"Inns do mo mhathair..." Rinn Alban ionnsaigh air bruidhinn is chomharraich aon de na Sealgairean gath air 's thog e e airson a bhualadh.

"Innsidh mi dha do mhathair 's na Cinnidhean uile gun do shabaid thu 's gun do bhasaich thu mar ghaisgeach, Alban." Bhruidhinn Ciaran gu luath oir dh'fhairich e gu robh deireadh a' cho-ogha cha mhor air tighinn. 'S tha mi ag iarraidh air na Daoine Beaga failte a chur ort anns an Tir as nach eil Tilleadh."

Mus tuirt e na faclan mu-dheireadh dhen Bheannachd, chuir Saighdear a' Phaisde crìoch air beatha Alban le Buille laidir Bais.

Caibideil XXXII : Tha Turas air a Ghealltain

Cha do d'fhairich Ciaran cho mor leis fhein na bheatha. Bha e ann an lamhan a naimhdean, gun comas e fhein a dhion, 's bha e air bas bruideal a cho-ogha 's a' chairdean fhaicinn. Cha robh adhbhar ann airson gun cumadh iad a bheatha, ach gidheadh sin cha do dh'fhairich e eagal sam bith.

D'fhairich e toileachadh gu robh e air Beannachd an t-Sealgair a thoirt do Alban, 's gum biodh Rabina 's Silbha a' toirt fiosrachadh luachmhor do na Coig Cinnidhean. Os cionn a h-uile ni, d'fhairich e laidir le guth a' Phearsa Bhig sonraichte aige fhein glaiste na cheann. Ma bha i comhla ris ann an doigh air choreigin, cha b'fhiach rud eile ach neoni.

"Deanabh leam mar a dh'iarras sibh," thuirt e a-mach, a' coimhead dìreach do shuilean an duine a mharbh a' cho-ogha aige. "Chan eil eagal orm bhuaibh."

Thuirt an duine seo rudeigin na theanga fhein nach do thuig Ciaran. Bha na suilean aige fuar 's borb 's cha robh duil aig Ciaran ri trocair sam bith. Chuir e roimhe gum basaicheadh e gun iarraidh air a' bheatha a shabhaladh. Mu b'urrainn do Alban aghaidh a chur air bas gu calma, dheanadh esan an aon rud. Bha fios aige na chridhe gum biodh na Daoine Beaga a' feitheamh ris anns an Tir as nach gabhadh Tilleadh is bha e an dochas gum biodh am Buile Bais luath.

"Chan eil eagal ort romhainn, ma-tha?" Phut Sealgair a' Phaisde na bu shine a-nall is bhruidhinn e ri Ciaran ann an seorsa den teanga aige a b'urrainn dha deanamh a-mach. B'e an Teanga Arsaigh Chumanta a bh'ann is b'fhearr le Ciaran gun robh e air barrachd aire a thoirt air leasan na Seanairean. Bha a h-uile paid' den Chinnidh air an teanga seo a theagasg dhaibh ach cha do d'fhairich e

cudromach e riamh roidhe 's cha robh Ciaran na sgolair math uaireannan.

Rinn e amas air briadhran an t-Sealgair a thuigsinn.

“De an t-ainm a thoirt, a’ bhalaich?” B’e seo an ath cheist. Choimhid Ciaran gu dìreach air. Bha e gu math nas sine ne cach san bhuidheann, le falt glas ‘s fiasag ghoirid ghlas. Bha a’ shuilean soilleir ‘s dealrach ach cha robh an geire unntasan a bha Ciaran air fhaicinn an suilean na daoine eile.

“Is mise Ciaran,” thuirt e.

Rinn an Sealgair na bu shine gnog.

“Ciaran, an e? Feumaidh sinn ceistean a chur riut, a’ Chiaran,” thuirt e.

“Faighnichidh sinn ‘s feumaidh tu freagairt firinneach a thoirt ma tha thu airson fuireach beo. Tha fios agam nuair a dh’innseas daoine an fhirinn dhomh. Tha fios agam a h-uile uair.”

Chuartach smaointean aig astar an ceann Ciaran. An robh cothrom fuireach beo ann as deidh a h-uile rud? De na ceistean a churadh iad? An sgiursadh iad e a d’fhaighinn a-mach an fhirinn, ‘s mu dheanadh iad sin, am b’urrainn dha cur suas ris? Cha mhor nach do mhiannaich e gu marbhadh iad e as a’ bhad leis an inneal dealrach torranach aca.

A-nise dh’eigh am fear a bhruidhinn ris roimhe ordugh do aon de chach, is fhuair

Ciaran e-fhein air teadhair, aon uair eile, ris an t-Slaoid-Mhalairt. Ged a bha e air a cheangal 's air a phutadh gu garbh don talamh cha b'urrainn dha ach a bhith smaoineachadh nach robh iad cho borb 's a bha a' cho-ogha 's a' chairdean aig Uaimh na Daoine Beaga.

Chuir Sealgairean a' Phaisde corp a' charaid marbh aca air an t-Slaod-Mhalairt, air mullach na Buill Criostal, 's fhuair Ciaran a-mach an uine ghearr gum b'e esan a d'fheumadh an Slaod a tharraing 's a bhith gan leantainn mar a rinn iad air a' Chiad Uaimh-Dachaidh, a b'fhaisge ri Tìrean na Criochean. Chan fhada gus an robh e gun anail 's air a chlaoidheadh le bhith a' cumail suas riuthe 's cha robh moran tide ann airson smaoin neo eagal. Bha tarraing an t-Slaoid a' toirt a h-uile pairt dhen neart 's dhen bhriogh aige. Bha a h-uile sian a-mach as a lamhan is chum e greim air an smaoin gu robh am Pearsa Beag aige comhla ris ann an doigh air choreigin, ga stiùireadh.

Choimhid e air ais aon uair, chan ann air cuirp Kyril 's Drango, ach air a chorp gun deo aig a' cho-ogha, Alban. Cha bhiodh deas-ghnath tìodhlacaidh ann airson duin' aca. Bhiodh na cuirp air an ithe le ainmhidhean fiadhaich. B'e crìoch uabhasach a bh'ann do Shealgair as na Coig Cinnidhean.

"Thug iad e orra fhein," smaoinich e gu bronach mar a rinn e ionnsaigh air coiseachd ceum ri ceum ri cach.

An deidh iomadh uair de coiseachd chruaidh stad na Sealgairean ri taobh fuaranan teth. Thug iad a-mach pocannan bidhe de chraiceann roin 's shuidh iad timcheall ag ithe. Cha do choinnich Ciaran ri'n suilean neo eadhon de bha iad ag

ithe. Ged a bha an t-acras air cha robh duil sam bith aige gum faigheadh e rud sam bith ri ithe. B'e a bhith air fhagail gun bhualadh an aon rud ris am b'urrainn dha coimhead.

An deidh dhaibh ithe, thionndaidh na Sealgairean an aire ris a' chairn de Bhuill Criostal fo na bein air an t-Slaod-Mhalairt. Smaoinich e gum biodh fios ceart aca air de dheanadh iad riutha is chum e suil orra mar a thog gach fear dhiubh Ball 's mar a thoisich iad air obair. Chrath cuid dhiubh na Buill, laimhsich cuid iad gu cearbach airson tuill, 's thilg cuid sios is suas iad as an adhar. Bha e coltach gu robh iad air an cur fo gheasaibh leotha ach gun eolas orra. Bha seo a' cur iongnadh air. 'S carson nach robh na Buill ag obrachadh tuilleadh?

Bha an Sealgair na bu shine, a' bhruidhinn anns an Teanga Chumanta, ag obair leis a' Bhall a bh'aig Ciaran roimhe. Bha e nas bige ne cach 's cha robh e cho dealrach. Leum cridhe Chiaran fhathast aig an t-sealladh 's mhiannaich e a chumail na lamhan a-rithist.

Gu iongantach, cha robh am Ball a' freagairt mar a rinn e do Chiaran 's a chairdean. Phriob e 's bha dathan diofraichte ri fhaicinn ach bha e coltach nach robh e a' sealltainn dealbhan. Rinn an Sealgair gruaim mi-fhoighidneach. Choimhid e suas gu h-obann 's ghlais e a' shuilean ri suilean Ciaran.

"A' bhalaich!" thuirt e, a' togail am Ball suas na lamhan. Choimhid Ciaran sios. Cha robh e airson gum biodh aire air a chumail air.

Thusa, a' bhalaich! Ciaran!" thuirt an duine a-rithist, 's thog feadhainn dhe na

Sealgairean eile an cinn cuideachd. Dh'fhairich Ciaran mar gum biodh a h-uile duine a' coimhead air.

"A bheil thu a' tuigsinn na rudan sin?" dh'fhaighnich am fear na bu shine.
Bha'n guth aige feargach.

"Cha.. .chan eil mi cinnteach." Cha robh fios aig Ciaran de chanadh e.

"Thuirt iad gu robh thu a' coimhead air nuair a lorg iad thu, ars' an duine.

"Bha thu a' deanamh dealbhan leis. A' deanamh iomhaighean. A bheil sin ceart?"

Bha cridhe Ciaran a' bualadh cho mor na bhroilleach 's gu feumadh iad a chluinntinn, smaoinich e. D'fhuirich e samhach oir cha robh fios aige de d'fhaodadh e innse dhaibh. B'e naimhdean a bha 's na daoine sin.

"Bheirinn comhairle dhut a bhith bruidhinn rinn, a' bhalaich." Bha a' ghuth ciuin 's iosal, ach gidheadh sin a' bagairt. Bha e coltach gu faiceadh e dìreach am broinn ceann Ciaran.

"De ni mi?" dh'fhaighnich Ciaran dhen Phearsa Bheag sonraichte aige an an teanga samhach 's dh'fhairich e am freagairt, laidir 's soilleir, ag innse dha gum biodh fios aige de chanadh e aig an am. Aon uair eile dh'fhairich e nas laidire.

Bha cuid dhe na Sealgairean eile a' gearain gu crosda a-nise. Bha e coltach nach b'urrainn dhaibhsan dealbhan fhaighinn nas motha as na Buill Criostal aca.

Cha robh sian a dh'fhios aige de bha air tachairt air na Buill neo carson nach robh iad ag obair ach choimhid e air an fhear a bu shine.

"Cha robh mi a' deanamh dealbhan," thuirt e. "Bha mi a' coimhead air dealbhan as a' Bhall sin. Cha do rinn mi feum dhe gin de na Buill eile 's chan eil fios agam ciamar a tha iad ag obrachadh."

"Seall dhomh de ni mi." Phut an duin' e gu garbh do Chìaran 's chum e suil mhath air.

Ghabh e am Ball na lamhan is a dh'aindeoin uabhas a' shuidheachadh dh'fhairich e boc de aoibhneas gu robh e air ais aige. Phut e na tuill ann an doigh sonraichte, is nochd dealbh fon a' mhuir as a' bhad. Bha sgaothan de dh'eisg a' snamh fon deigh-mara san uisge dorch. B'e iomhaigh gun chunnart a bh'ann 's chan innseadh e rud sam bith mu Shaighdearan na Coig Cinnidhean. Ghabh am fear a bu shine bhuaith' e gu laidir 's choimhead e air an dealbh gu teann. Chruinnich Sealgairean eile timcheall 's eigh iad le iongantas.

Cha robh an t-iongantas aca cho anabarrach ri frith-ghluasad na Coig Cinnidhean. Bha e soilleir gu robh iad eolach air Innealan Arsaigh a b'urrainn do mhiorbhailean a' dheanamh. Bha e mar gum biodh an Inneal sonraichte seo ur

dhaibh, ge-ta. Dh'obair inntinn Chiaran gu math luath mar a' chunnaic e iad uile a' comharrachadh na dealbhan 's a' bruidhinn gu faramach nan teanga fhein.

"Ciamar a rinn thu air na h-eisg san uisge a bhith a' nochdadh anns a' Bhall?" dh'fhaighnich an Sealgair a bu shine.

"Feumar na tuill sin a' phutadh." Bha Ciaran faiceallach a bhith sealltainn dhan t-Sealgair an sreath de thuill a thug dha na dealbhan fon mhuir. Cha robh e airson gum faigheadh iad a-mach gum b'urrainn dhaibh na Coig Cinnidhean fhaicinn.

Bha'm Ball air a thoirt bhuaithe 's thoisich am fear a' bu shine air putadh. As a' bhad dh'fhalbh na dealbhan is mhionnaich e na theanga fhein.

"Seall dhomh a-rithist. Seall dhomh gu mall." Chuir e air ais e do lamhan Chiaran 's coimhid e gu teann mar a phut e a-rithist cho mall 's a b'urrainn dha.

Aon uair eile dh'fheuch an duine is aon uair eile dh'fhalbh na h-ìomhaighean gluasadach. Dh'fheuch feadhainn dhe na Sealgairean eile. Bha iad uile a' coimhead feargach agus teann.

"Tha mealladh air choreigin an seo!" Bha e coltach gu robh am fear na bu shine a' dol a bhualadh Ciaran."

"Chan eil mealladh sam bith ann," fhreagair Ciaran gu ciuin. "Thug e uine mhor dhomhsa agus torr cleachdadh mus b'urrainn dhomh seo a dheanamh."

Aig a' cheann thall phut fear dhe na Sealgairean a b' oige, a bha a' cumail suil air Ciaran le foighidinn, na tuill, 's thainig an dealbh air ais a-rithist . An uair seo mhair e cha mhor mionaid mus do dh'fhalbh e.

"Feumaidh na Buill Criostal uine is foighidinn," thuirt Ciaran. "Tha mi air uairean is uairean a' thide a chur seachad leis an fhear seo."

"Tha fios agad ge-ta nach eil e ceadaichte dha na daoine agad Inneal Arsaigh a bhith agaibh." Bha am fear a bu shine a' coimhead mugach. "Cait' an dh'fhuair thu seo?"

"Nuair a fhuair mi e cha robh fios agam gum b'e Inneal Arsaigh a bh'ann," arsa Ciaran.

"Feumaidh gun do ghoid thu e bhon tir againne. A bheil thu a' smaoineachadh gu bheil mi gorach?" ars' an Sealgair. Phut e aodann faisg air aodann Ciaran. "Na bidh ag innse bhreugan dhomh, a' bhalaich. Tha fios agam nuair a tha daoine breugach."

"Tha mi an dochas gun urrainn, 's mar sin bidh fios agaibh gu bheil mi ag innse an fhirinn a-nise." Cha tug Ciaran speis do na Sealgairean eile 's choimhid e ann an suilean an fhir a bu shine. "Cha deach mi a-null air na crìochan. Cha robh mi riamh air taobh eile na crìochan. Fhuair mi am Ball Criostal seo mar thiodhlac, mar mhalairt bho . . na Daoine Beaga."

Bha tosd ann ‘s ghabh Ciaran iongantas. Am biodh e air a pheanasachadh airson a bhith ag ainmeachadh na Daoine Beaga? An cuireadh iad as dha leis na h-innealan torranach? Bha creideamh anns na Daoine Beaga air na Coig Cinnidhean a ruaigeadh a Tìrean a’ Phaisde anns na ciad bliadhnachan eachdraidheil. Chum e a’ cheann suas is fhuair e gu robh e coma. Cha robh naire air gu robh e ag innse na firinn.

As deidh beagan uine sheas am fear a bu shine air ais is dh’eadartheangaich e briathran Ciaran do chairdean ‘s gu mor-iongnadh Chiaran bhris iad uile a-mach ann an gaire, cuid gu fuaimeil, cuid le siot-ghaire.

“Hai, ‘s e balach gle eibhinn a thunnad, a’ Chiaran!” B’e seo fear dhe na Sealgairean eile a bhruidhinn an Teanga Cumantach. “Daoine Beaga! Gle eibhinn, nach eil?”

Sguir an Sealgair a bu shine de ghaireachdaich is comharraich e gun cuireadh Ciaran am Ball air falbh.

“Tha mi a’ faicinn gu bheil thu a’ smaoinachadh gu bheil thu ag innse na firinn. Tha firinn nad shuilean. ‘S e sin a’ rud a tha neonach. Ach co-dhiu, bidh tide gu leor agad airson an fhirinn innse, a’ bhalaich. Moran rudan firinn. Tha thu a’ tighinn air ais comhla rinne. Tha, a’ Chiaran, tha sinn ga do thoirt dhachaidh.” Dhealraich na suilean dorch aige gu an-ìochdmhor.

“ Dhachaidh?” chagair Ciaran.

“Chan eil tide neo foighidinn againn a bhith ag obrachradh na h-Innnealan sin an-drasda. Tha thu a’ tighinn comhla rinn, a’ bhalaich. Bheir sinn ort na ruindiomhair gu leir innse dhuinn.”

Dh’fhairich Ciaran e fhein glaichte le eagal.

“Caite, cait’ a bheil sibh ga mo thoirt?” dh’fhaighnich e.

“A’ dhachaidh, a’ Chiaran. Tha sinn a’ smaoineachadh gum bidh thu feumail dhuinn. Aon uair ‘s gun cuir sinn crìoch air do chairdean mealltach, bidh sinn ga do thoirt dhachaidh. Do Thir na Mathair. Do Thir a’ Phaisd’ a chaidleas gu brath . . .”